

M U D H R E U C H D

AGUS

MU FHRITHEALADH NAN AINGIL

DO

OIGHREACHAIBH NA SLAINTE:

MAILLE RI

TRI LITRICHEAN AGUS CUNNTAS MU BHEATHA
AN UGHDAIR.

LE

MR. CHRISTOPHER LOVE,
MINISTEIR AN T-SOISGEIL A BH' ANN AN
LAURENCE-JURI AN LUNNAÍNN.

"Campaichidh aingeal an Tighearna mu'n timchioll-san d'an
eagal e, agus teasairgidh e iad."—*Salm xxxiv. 7.*

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG,

LE

I A I N R O S E.

INVERNESS:

PRINTED BY WILLIAM CORNER,
AND SOLD BY

J. SMITH, K. DOUGLAS, D. FRASER, AND C. KEITH,
BOOKSELLERS, INVERNESS.

1849.

INVERNESS:
PRINTED BY WILLIAM CORNER,
6, BRIDGE STREET.

CUNNTAS MU'N UGHDAIR.

UGADH Gillecriosd M'Ionmhuinn (Love) ann an
ardiff an Siorrachd Għlamorgan, ann an Uales,
us aig aois sheachd bliadhna-deug chaidh c a
· ionnsachadh do dh' Oil-thig Ocsford. An
gh dha dol troimh chūrsa fhogħlum, dh'
uicheadh e air tūs na mhinistear do Dhaing-
tch Uindsor; re àm nan aimhreitean ri linn
ceud Righ Tearlach. Bha e ritist na mhini-
r ann an eaglais Anna fagus do Aldersgate,
us an deigh sin ann an Laurence-Juri, araon
a an Lunnuinn.

Anns a bhliadhna 1651, am feadh a bha na
Albanaich a' togail feachd air son seirbhis an
a Righ Tearlach, bha litrichean uaigneach
ar iad féin agus na Presbiterianich Shas-
nach; mar an ceudna sgriobhadh litrichean,
is chuireadh teachdairean o Lunnuinn a dh'
nsuidh an Righ agus a mhathair do'n Fhraing,
eabtag a chuir chum còrdadh ris na h-Alban-
i, a' toirt dearbh chinnte dhoibh gu'n eireadh
Presbiterianaich Shasunnach 'na aobhar an
l chothrom a gheibheadh iad. Bha na priomh
oine uaisle agus na ministearan a bha sgriobh-
nan litrichean so chum an Righ a' cumail an
neamhan uaigneach ann an tigh Mhaidseir
Ms, Choirnileir Barton, agus Mr. Love.

gànn a b' urrainn a leithid so a chomh-bhànn
i air a chumail an cleith air sùil fhurachair
uachdaranan ùra, aig an robh an luchd
haidh anns gach cearnaidh. Ghlacadh

Maidsear Adams air son amharus, agus b'ess an ceud neach a dh' fhoillsich an nì so *chomairle an stàda*. A réir an fharbhais fhuaireadh uaithe-san, thugadh ughdarras chua chuid bu mhò dhe na daoine uaisle agus dhe ministeirean a bha 'sa chomh-bhànn so a ghlaadh; ach thàr mòran dhiu as, agus theich iad cùstòirm. An ceann beagan ùine fhuaire an t-iomlondhiubh-san a chuireadh an làimh an cead, a chumha gu'n striochdadadh iad do'n luchd riag laidh 'san àm ri teachd; ach Mr. Love agus M. Gibbons (duine uasal) dream dhe'n d' rinnean eisimpleir, chum eagal a chuir air muinntir eil.

Thugadh Mr. Love an lathair na h-àrd chùl cheartais nuadh a shuidhicheadh a chum na cric so, a réir cleachdadadh nan amannan sin gu luiceannaire an aghaidh an stàda fheuchainn; an 20amh là dhe'n 7amh mios thugadh a chadhàtidh so a leanas na aghaidh air son cheannaire an aghaidh an stàda: "Gu'n d' r' esan, maille ri dream eile, aig caochladh amannts na bliadhna 1649, 1650, agus 1651, a ann an iomadh àite, comh-bhànn mhi-rùna agus gu'n dhealbh iad feachd a thogail an aghaidh na h-uachdranachd a th' ann 'san àm—gu'n aidich agus gu'n ghairm iad Tearlach Stiubhard mac is seine an Righ a bh' ann mu dheircadh bhi na Righ air Sasunn, as eugais aonta na Iamaid—gu'n d' rinn iad còmhnhadh ris na h-Àannaich chum briseadh a steach air a chofhlaitheachd so—gu'n robh esan anns na bliadhna 1650, agus 1651, a' sgriobhadh litrich agus a' cur teachdairean a dh' ionnsuidh Thearlach Stiubhard, mac an Righ mu dheireadh, agus a bhan-righ a mhathair, &c.,—mar an ceud gu'n robh esan maille ri muinntir eile a' sgriobhadh.

adh gu caochladh dhe na h-Albannaich, agus gu'n robh e 'gan còmhudh le airgiod agus le àirm, &c."

Thagair Mr. Love an aghaidh na eùis dhitidh so, nach robh e ciontach dh'i. Thugadh oehdnair dhe na daoine uaisle bha an eomh-bhànn maille ris féin nam fianaisean na aghaidh. Bha fear dhiu, Mr. Jaeson, (ministeir) a dhiult fianais a thoirt, do bhrigh gu'n do mheas e gu'm bu duive maith Mr. Love; ag ràdh, gu'm biodh ifrinn aige na ehoguis gu là 'bhais, nam béc 's gu'n labhradh e nì sam bith a bhitheadh erouail an aghaidh Mr. Love; nì air son an do chuir a chùirt e ann am priosan, maille ri ùbhladh cuig ceud pùnnnd sasunnash a chuir air. Ach thug cuid eile dhiu fianais gu'n robh Mr. Love a' sgriobhadh araon a dh' ionnsuidh an Righ agus nan Albanuach.

Chuir Mr. Love, na dhion-ehainnt, an aghaidh nam fianaisean, a chionn gur ann a dh' eignich-cadh iad ehum na seirblis gu'm bcatha féin a shaoradh. Thug e fainear nach robh ach aou fhianais air son iomadh dhe na cùiscan dìtidh; agus gu'n tug cuid dhiu mionnau eithich, uo aig a chuid bu lugha gu'n dhì-chuimhnich iad cuid a nithe; ni a dh' fhaodadh tachairt gle fhurasd - a thaobbh an ùine mhòr a bli' ann o'n thachair iad, ach aig co'dhunadh a dhion-ehàiunt dh' aidich e gu saor gu'n robh eaoehladh eoinneamhan aig na daoinibh uaisle a dh' ainmieh iad 'na thigh, gu'n éubhadh eomh-bhànn a rinneadh ann, gidheadh gu'n chuir esan na h-aghaidh. Mar an ceudna, dh' aidich e, gu'u robh e lathair aig léubhadh trichean, no aig cuid a dh' earrannan dhiu, 'aeh bha mi aineolach (ars' csan) air a chunnart tha mi a' faieinn 'sam bheil mi a nise. Tha 'n Reachd a rinneadh air an 2 là dhe'n 8amh Mios, 650, a dcanamh ecannairec dhe comunn air bith

a bhi ri Albainn, no litrichean a chuir an sin ged a b' ann an rathad malairt, a thaobh 's gu bheil an dà Rioghachd aig cogadh an aghaidh a cheile ; a nise tha m' fhear-tagraidh ag innse dhomh an cunnart sam bheil mi ; a thaobh 's gu'n robh mis a lathair 'nuair a lénbhadh litrichean nam thigh, tha mi ciontach do dh' ana-chleith agus uime sin a thaobh an nì sin tha mi 'ga m thilgeadh féin ann 'nr'n uchd air son maitheanas. Tha e a' co'dhunadh lc bhi guidh air a chùirt gu'n a chuir gu bàs mar fhear ceannaire an aghaidh na rioghachd, "Oir (ars' esan) tha 'm 'ga mo thoirt féin agus gach nì a bhuineas dhomh thairis do Dhia, agus do 'nr breith agus do 'u coguisean-sa, ann am briathraibh Jeremiah d-luchd-riaghlaidh Israeil, "Air mo shon-sa, fenc tha mi 'n u'r làimh ; deanaibh rium mar a chitheal maith agus ecart dhuibh. Ach biodh gu cinnteach fios agaibh, ma chuireas sibh gu bàs mise, gu'n tarruing sibh ful neo-chiontach oirbh féin. Shuidh a chùirt sea laithean aig toirt breith aì a chùis so, agus air a 5amh là dhe'n 7amh Mio thugadh a mach bìunn a bhàis air mar fhear ceannairc an aghaidh na comh-fhlaitheachd.

Air an 22 là dhe'n ochdamh mios 1651, thugad Mr. Love gu Tòm-an-tùir ann an Lunnninn g bhi air a chuir gu bàs. Dhirich c an Sto casgairt gu sgairteil misneachail, agus air dh ad a thoirt dhe dà uair do'n t-sluagh, chnir c a céill cho toilichte 'sa bha e na inntinn a thaobh an aobhar air son an robh c gu fulang ; agns a sin thuirt c, "Ged nach 'eil ach beagan eada mis agus am bàs, gidheadh tha so a' toirt mi neach dhomh, nach 'eil ach beag eadar mi ag neamh. Thug e sòlas do'n Ollamh Thaillear a martair, 'nuair a bha e dol gu bàs, nach robh

ach dà staidhir eadar e agus tigh 'athair; tha
 uidhe ni's giorra eadar mis agus tigh m' athair,
 cha'n 'eil ach dà cheum eadar mis agus glòir.
 Cha'n 'eil ann ach luidhe sios air a chnap sin,
 agus eiridh mi suas air righ-chaithir. Tha mi
 an diugh a' seoladh chum cuan na siorriudhcachd
 troimh aiseag ghailbheach gu ncabh m' fhois,
 troimh mhuir ruadh gu tìr a gheallaidh. Ar
 leam gu'n cluinn mi Dia ag ràdh rium, mar a
 thuirt e ri Maois, Rach suas gu sliabh Nebo agus
 faigh bàs an sin; mar sin tha e 'g ràdh riumsa,
 ràch suas gu Tòm-an-tuir agus faigh bàs an sin.
 Thuirt Isaac ris féin, gu'n robh c sean, agus
 gidheadh nach robh fios aige air làtha bhàis:
 ach cha'n urrainn mise sin a ràdh; tha mis òg
 agus gidheadh tha fhios agam air latha mo bhàis,
 agus tha fhios agam air a ghné bhàs a gheibh
 mi, agus mar an ceudna an t-àite anus am faigh
 mi bàs. Tha mi air mo chuir gu leithid a bhàs,
 'sa chuireadh dà shearmonaich urramach an
 t-soisgeil romham; thugadh an ccann araon dhe
 Eoin baiste, agus dhe'n abstol Phol. Mar an
 ceudna tha mi a' léubhadh anns an Taisb. xx. 4.
 Gu'n chuireadh na cinn dhe na naoimh air son
 fianais Iosa, agus focail Dé. Ach 's ann an so a
 tha'n t-ana-cothrom fo 'm bheil mis ann am
 beachd mòran; 'se 'm barail nach ann air son
 coguis, no air son facal Dé a tha mi a' fulang,
 ach air son a bhi buntainn ri gnothaichibh na
 rioghachd. Mar fhreagair dha so cha'n abair
 mi ach a mhàiu, gur seana chuilbheart le Satan,
 a bhi cumail a mach gur c pobull Dè a bhi dealbh
 a' mhléas an aghaidh an Stàda is aobhar d'am
 fulangasaibh; 'nuair, gu cinnteach, is ann air
 son an coguis agus an diadhachd a tha iad air an
 geur-leanmhuinn. B' àill le uachdaranan Israel

Jercmiah a chuir gu bàs mar neach a bha buintinn ri gnothaichibh na rioghachd, ged is fior gu'm b' e a mhàin treibhdhireas fhaidhcadair eachd a b' aobhar dha na h-uachdaranan a bhì ann an corriuch ris; agus gidheadh nam b' fhior dhoibh-san 's ann a bha e rùnachadh dol thairis chum nan Caldeach, gu féachd choigreach a thoirt gu briseadh a stigh orra, agus mar sin gu'm feumadh iad a chuir gu bàs. Tha an ni ceudua air a chuir as mo leith-sa, dhe am bhiel mi che neo-chiontach 'sa bha Jeremiah. Air an doigh cheudna, ged nach d'rinn Pol ach a mhàin Iosa Criosda shearmonachadh, gidheadh b'aill lenaimhdibh a chuir gu bàs, air leithsgeul gu'm b' fhear-dusgaidh suas ceannaire e. 'Sann aic leithsgeul a bhi buintinn ri gnothaichibh na rioghachd a tha mo bheatha-sa gu bhi air a toirt air falbh; 'nuair is e am fior aobhar, do bhrigh gu bheil mi a' dlùth leantuinn ri mo chumhnant agus nach truaill mi m' aidmhcil agus mo choguis do àrdan agus do ana-miannaibh dhaoine. B' fhearr leam bàsachadh am fhear-coimhead cumhnaint, na bhi beò am fhear brisidh cumhnaint. A mhuinntir ionmhuinn, tha mi ag iom laid cubaid air son stòl-casgairt, agus stòl-casgairt air son righ-chathair; agus dh' fhaodainn air treas aon a chuir ris tha mi ag iomlaid lathair eachd an t-siuaign lionmhor so air Tòm-an-tùin air son euideachd do-aircamh do naoimh agus dainglibh air neamh, enochd naomh Shioin; agus tha mi 'g iomlaid freiccadan shaighdearan air son freiceadan aingil, a ghabhas mi agus a ghiulana mi gu uchd Abrahaim. 'Se an stol-casgairt so chubaid is fearr anns na shearmonaich mi ri amblann an cubaid m' caglais, rinn Dia mi troimh ghràs nam inneal chun buidhean eile thoirt d

neamh ; ach auns a ehubaid so, bheir c mi fhéin do neamh. An deigh sin, thuirt e, Ged nach fuil àrd-uaislean m' fhuil-sa, gidheadh is fuil Crioduidh i, fuil Ministeir, seadh ni's mò na sin, is fuil neo-ehiontaeh i mar an ceudna. Ardaicheam saoibhreas gràis agus tràcair Dhé d' am thaoblach gu'm bithinn-sa rugadh ann am Uales, duthaich neo-inbheach agus do phàrantaibh neo-inbheach air mo shònachadh a maeh gu bhi am fhacar-fulangais urramach. Cha chuala mi riamh searmoin air a liubhairt, ré a cheud cheithir bliadhna deug dhe mo beatha ; gidheadh aig aois chuig bliadhna deug, b' e toil Dhé m' iompachadh. Gu ma beannaichte gu'u robh Dia, a rinn mi cha'n e mhàin am Chriosduidh aeh mar an eeudna am Mhiniesteir, a mheas mi frinneach agus a chuir mi ann an dreuchd na ministrcilcachd, ni is e mò ghlòdir. B' fhearr leam a bhi am shearmonaich ann an cubaid, na nam phrionnsa air righ-chàthair ; b' fhearr leam a bhi am inneal chum anama a thoirt do neamh, na ged dh' iocadh na h-uile ehinnieh cùs' dhomh. Roimhe so bha mi fo spiorad daorsa ; seadh, air uairibh bhitheadh ni's mò dh' cagal orm á fiacail a tharruiug, na tha nise orm as a bhi dol a thoirt a ehinn dhiom. 'Nuair a bha eagal orm, cha robh am bàs dlùth dhomh ; a uis, 'nuair a tha 'm bàs dlùth dhomh, theieh m' eagal. Tha mi gabhail sòlas anns an ni so, ged mharbhas daoine mi, cha'n urrainn doibh mo dhiteadh gu siorruidh ; ged thilgeas iad a maeh as an t-saoghal mi, gidheadh cha chomasaeh dhoibh mo dhùnadadh a mach as na flaithcanas. 'Nuair a dhoirtcar m' fhuil, tha doeas agam ri làu dearbhadh air slainte agus maitheanas peacaidh troimh fhuil Iosa Criod. Tha mise dol gu mo dhaehaidh fhada,

agus sibhse gú bhur' dachaidhean ghoirid; ach bithidh mis aig mo dhachaidh, ma's bi sibhse aig 'ur dachaidhean-sa. Comh-dhuineam ann an càinnt an abstoil; "Chomhraig mi an deadh chomhrag, chriochnaich mi mo thurus, ghleidh mi an creidimh: O so a mach taisgear fa m' chomhair crùn fireantachd—agus cha'n ann dhomhsa a mhàin ach dhoibh-san uile mar an ceudna leis an ionmhuinn ar Tighearn Iosa Criosd." Agus mar sin gu'm beannach an Tighearn sibh uile."

An sin rinn e urnuigh air a shon féin agus air son fhear co'fhlolang Mr. Gibbon, agus ghuidh o na bha e air a ghairm gu obair a dhcanamh nach d' rinn e riamh, gu'm faigheadh c'near nach d' fhuair e riamh. Mar an ceudna ghuidh e air son Shasuinn, air son a bhraithrean cùmhantachaидh ann an Albainn, agus air son comhchordadh calamh eadar an dà Rioghachd—An sin dh' eirich c' dhc ghluinean, agus air dha chead a ghabhail dhe na ministeirean, agus dh' na mhuinntir eile bha maille ris, chuir e 'chean air a chnap, agus ghearr an crochadair dheth e dh' aona bhéum, mu'n d' raínig e aois dha fhicheabliadhna. Bha Mr. Love na Phresbiterianach eudmor, na shearmonaich urramach, agus ana-barrach measail aig a bhraithrean.

Air 'n fhirean bidh cuimhne shiorruidh,
Iomradh cubhr' cha teid air di-chuimhn',
'N easonoir ged chuirte sios e,
Maiseach bidh air deas-lamh Chriosda.

M U

FHRITHEALADH NAN AINGIL.

EABH i. 14. “*Nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur a mach chum frithealaidh dhoibhsan a bhios 'nan oighreachaibh air slainte?*”

’Se an ni sònruichte air am bheil an t-abstol a’ dearcadh anns a chaibdeal so bhi nochdadhbh gù bheil òirdheirceas àrd-inbhe Iosa Criodh a’ toirt barrachd os ceann nan crèutairean is àirde, eadhon, nan aingil; ni a tha e dearbhadh leis na sea argumaidibh so.

1. Tha c nochdadhbh àrd-inbhe Iosa Criodh os ceann nan aingil, do bhrigh gù’n robh ainm ni bu ro oirdheirce aige na bh’ aig na h-ainglibh, rann 4, “*Air dha bhi air a dheanamh ni’s ro òirdheirce na na h-aingil, mheud ’s gu’n d’ fhuair e mar oighreachd ainm bu ro fhearr na iadsan.*” Bha ainm ni b’ oirdheirce aig Iosa Criodh na bh’ aig na h-ainglibh. ’S iad na h-aingil scirbhisich Dhé, ach is e Iosa Criodh Mac Dhé.

2. Ged a tha ’n sgriobtuir a’ gairm Mic Dhé dhe na h-ainglean, (Job xxxviii. 7—“*Nuair a sheinn reulta na maidne cuideachd, agus a rinn uile mhic Dhé gairdeachas;*”) gidheadh tha Iosa Criodh na mhac do Dhia air mhodh ni’s ro urramaiche na na h-ainglean, rann 5, “*Co do na h-aingil ris an dubhaint c uair air bith, Is tu mo*

Mhacsá, an diugh għin mi thu?" agus a rìs,
 "Bithidh mise a' m' Athair dhasan, agus bithidh
 esan 'na Mħac dhomhsa?" Ged is iad na h-aing-
 gleān mie Dhé, gidheadh cha'n 'eil an sgriobtnir
 ag ràdh, gur mic do Dha iad a thaobh gin, ach
 tha e air a' ràdh mu Iosa Criosd, gur Mac do
 Dha e a thaobh gin; is iadsan mie Dhé a thaobh
 cruthaehaidh, ach is e Iosa Criosd mac siorruidh
 Dhé a thaobh ginealach shiorruidh, agus uime sin
 tha e fada os ceann nan aingleān.

3. Tha Iosa Criosd ni's àirde na na h-aingleān,
 a chionn gu bheil e air òrduchadh dhoibh le Dia
 an t-Athair aoradh a dheanamh do Iosa Criosd
 am Mae, rànn 6, "Agus a rìs, 'nuair a tha e a
 tabhairt a' cheud-ghin a steach do'n t-saoghal, a
 deir e, "Agus deanadh uile aingil Dhé aoradh
 dha." Tha àrd inbhe agus urram Iosa Criosd
 fada os eeann inbhe nan aingleān, do bhrigh gu
 bheil e air àithneadh do na h-ainglibh fējn tuitean-
 sios agus aoradh, agus umlaehd a thoirt dha.

4. Tha Iosa Criosd fada os ceann 'nan ainglibh
 a chionn gur esan a chruthaich iad, agus nach
 'eil annt' ach a spiorada frithealaidd-san, rànn 7,
 "Agus a thaobh nan aingcal a deir e, Neach a ta-
 deanamh aingle 'nan spioradaibh, agus a mhini-
 teirean nan lasair theine." Agns cha'n e mhàin
 gur e Iosa Criosd a chruthaich na h-aingleān aeb
 'sann leis-san a rinneadh na h-uile nithe a rin-
 neadh, araon air neamh agus air thalamh, agus
 rinn e 'aingleān 'nan spioradaibh frithealaidd,
 agus a mhiniċċirean nan teine lasarach, agus
 uime sin is éigin gu bheil e ni's àirde na iad.

5. Tha e air a ràdh gu'n shuidh Iosa Criosd
 air deas làimh na mòraehd anns na h àrdaibh,
 rànn 13. "Aeh co do na h-ainglibh ris an dub-
 hairt e uair air bith, Suidh air mo dheas-làimh,

gus an cuir mi do naimhde 'uan stòl-chos fo d' chosaibh?" Cha'n 'eil na h-ainglean gu suidh air deas làimh Dhé, ach tha Criosd air a chuir na shuidh air deas làimh Dhé; gidheadh tha iadsan gu seirbhis a dheanamh do Iosa Criosd, agus siu air sgàth muinntir thaghta Dhé anns au t-saoghal.

6. Mar sin tha Iosa Criosd air àrdachadh fada os an ccann anu am mòrachd agus an urram; oir a deir am bòun teagaisg, "Nach spiorada frith-ealaidh iad uile, air an cur a mach chum frith-ealaidh dhoibh-san a bhios 'nan oighreachaibh air slainte?" Agus mar so threòraich mi thu chum nam briathran féiu.

"Nach spiorada frithealaidh iad uile?" Is ceisd i so a tha 'n taobh thàll do thecagamh, oir cha'n 'eil a h-aon de na h-ainglean, uach 'cil air an cur a mach nan spiorada frithealaidh, do mhuianntir thaghta Dhé a bhios 'nan oighreachaibh air slaiute. Tha cuid dhe'n luchd uinneachaidh phapanach a' cumail a mach uach 'eil each a mhain cuid dhe na h-àrd ainglean, mar a ta na cherubans, a' deanamh seirbhis do Dhia, a chionn gu bheil iad de uaduir ui's urramaiche, agus tha iad 'a bòuntachadh na beachd so air, Dan. vii. 10. "Bhrùchd sruth tèinteach, agus thainig e ruach bho a làthair: bha mìle do mhìlibh a' frithealadh dha;" ach cha'n 'eil an so ach gmineachadh mearachdach. Tha iad a deanamh seirbhis do Dhia le bhi deanamh seirbhis dhuinué. A rithist tha thu faicinn gu bheil an t-abstol ag nnseadh dhuit gur spiorada frithealaidh iad uile, gun eadar-dhealachadh air bith.

"Spiorada frithealaidh." Tha am focal a th'air eadar-theangachadh an so frithealadh a' siallachadh, fear-dreuchd a chleachdadh uile dhi-ochioll agus chumhachd, chum maith a dheanamh

agus a bhi feumail 'na ghairm : tha am focal ceudna ann an Rom xiii. 6. "Oir air an aobhar so tha sibh mar an ceudna a' toirt cùs dhoibh : oir is iad seirbhisich Dhé iad, a' sior-fheitheamh air an nì so féiu." Mar sin is e àrd-obair an luchd-frithealaidh so bhi deanamh maith do phobull Dhé.

"Air an cur a mach le Dia." Ni a tha nochdadh gu bheil iad gu bhi air an sìor-bhuanachadh anns gach linn 'nan spiorada frithealaidh do mhuinntir thaghta Dhé auns an t-saoghal.

"Dhoibhsan a bhios nan oighreachaibh air slainte." 'Se an sochair shònruichte-sa gu bheil ainglcan a' feitheamh dhoibh. Cha bhi deadh ainglean a' feitheamh orra-san a tha nan trailean aig an diabhol; tha ua pàpanaich a' cumail a mach, gu bheil ainglcan a' feitheamh air na h-aindiadhaich co maith is air sluagh Dhé, Dan. x. 20. "Am bheil fios agad c'ar son a thàinig mi a d'ionnsuidh ? agus a uis pillidh mi gu cogadh ri priònsa Phersia : agus an uair a theid mis' a mach, feuch, thig prionnsa na Gréigc."

1. Mar fhreagair dha so, thoir fainear gur ceisd an c ainglcan Dé a th'air an ciallachadh leis na h-alinglibh a th'air an ainmeachadh an sin : no an e tha gu bhi air an tuigsinn leo, daoine mòra éigin a chuireadh le Dia gu còmh-nadh leis na Persianaich an aghaidh naimhdean sluagh Dhé.

2. Ged a b'ainglean a bhiodh ann, gidheadh cha b'ann air an sgath fein a bha an còmh-nadh so, ach air sgáth pobull Dhé.

Anns a bhònn tcagaisg tha tri nithe sònruichte ri'n toirt faincar :

1. Nadur nan ainglean, cha chuirp iad ach spiorada.

2. An dreuchd no'n obair, is spiorada frithealaidh iad, is seirbhisich do Iosa Criosd iad.

3. A mhuinntir shònruichte dh'am bheil na h-ainglean a' frithealadh, cha'n 'eil iad a frith-ealadh do na h-uile, ach dhoibhsan a tha agus a bhios 'nan oighreachaibh air slainte; is iad so na tri nithe sònruichte th' anns a bhònn teagaisg. Cha'n 'cil mi rùnachadh moille a chur ort le bar-ailibh diomhair agus foghluimte mu thimchioll nan aingeal, a thaobh an aireamh no an inbhe fa-leith, no mu dheimhiun taibhse ainglean, agus a bhi gabhail cruth corporra, &c. Cha labhair mi air teagasg nan ainglean ach a mháin a reir na beachd 'sam bheil an t-abstol 'ga nochdadadh an so.

Teagasg. Gu bheil ughdarras agus àithne aig ainglibh ncimh bho Dhia, bhi feumail agus tarbhach do mhuinntir thaghta Dhé an so air thalamh: "Nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur a mach chum frithealaidh dhoibh-san a bhios nan oighreachaibh air slàinte?"

Tha an teagasg so gu mòr fhicum agus sòlas do chreidmhich. A nis ann am mineachadh an tea-gaisg so, labhraidh mi air na tri nitibh so.

1. Nochdaidh mi co ann a tha féum nan ainglean a thaobh na muinntir thaghta a' co' sheasamh?

2. C'ar son a tha Dia a' toirt a leithid a dh' àithne agus a dh' ughdarras d' a ainglibh a mhuinntir thaghta ghleidheadh, agus seirbhis a sheanamh dhoibh, 'nuair a tha e soilleir gur fìrrainn do Dhia féin an gleidheadh?

3. Am bheil aon aingeal shòuruichte aig gach teach taghta fa leith chum frithealadh dha, uo am bheil tuille aigc?

Ceisd. 1. Ciòd a bhuaunachd a th' aig a mhuinntir thaght' a thaobh seirbhis nan aingeal?

1. Bheir mi fainear, ciod nach 'eil aca bho flirithealadh nan aingeal, cha'n iad ar 'n cadar-mheadhonairean-ne, cha'n 'eil buntainn aig an obair-san ri roinn no earrann air bith do dh' cadar-mheadhonaireachd ri Dia; oir taisbeanadh an lathair Dhé gu tagair au sin as ar leth, agus ar 'n urnuighean a nochdadh fa chomhair-san, is oifig sin a bhuineas do Chriosd, agus ni h-ann doibh-san. Tha na papanach a' teagasc gu bheil na h-ainglean nan cedar-mheadhonaircan as ar leth-ne ri Dia, ach tha a bheachd sin air a ditcadh lcis na h-uile luchd-mineachaiddh is fal-lainc; is seann mhearachd i so, mar a tha bhi cumail a mach gu'n robh iad nan luchd comh-pairt maille ri Dia ann an obair a chruthachaidh. Ach a chum nach biodh neach air bith air a rib-eadh leis a bharail so, tha an t-abstol ag earal-achadh nan Colosianach na h-aghaiddh, Colos. ii. 18. "Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachadh thoilcil, agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh a steach gu dàna chum nan nithe nach fae c, gu dìomhain air a shéideadh sùas le intinn fheòlmhor féin." Tha an t-abstol a' toirt ràbhadh dhoibh an so air eagal gu'm biodh iad air an toirt a thaobh le aoradh do ainglibh, agus le eadar-mheadhonaireachd ainglibh; cha'n 'eil iad nan spiorada frithealaiddh gu bhi deanamh eadar-ghuidhc as ar leth-ne ri Dia, oir is e sin a mhàin obair aingeal a chumhnaint, an Tighearn Iosa Criosd; 's i oifig-san a mhàin taisbeanadh an lathair Dhé as ar leth-nc, is esan a mhàin a tha taisbeanach an lathair Dhé as ar leth-ne, agus tre bholtrach chùbhraiddh a thùis a' deanamh a pearsachan agus ar gniomharan taitneach an lathair Dhé; mar sin cha'n 'eil comh-pairt aig aingeal air bith 'sna flaitheanas ann a bhi deanamh

réite agus eadar-ghuidhe ris an Athair as leth sluagh Dhé.

2. Bheir mi fainear ciod a th'aca bho fhri-th-ealadh nan aingeal, is spiorada frithealaidh na h-ainglean chum seirbhis a dheanamh do shluagh Dhé, a mhuinntir thaghta 'san t-saoghal; agus mar dhearbhadh air sin, cuiridh mi na nithe sònruichte so a leanas fa' do chomhair.

1. Tha e air a ràdh gur seirbhisich na h-ainglean do shluagh Dhé, a chionn gu bheil iad mar fhreiceadain air muinntir thaghta Dhé chum an gleidheadh anns an t-saoghal bho chunnart an lcth a mach; tha thu a' léubhadh anns an Salm xci. 9, 10, 11, 12. "A chionn gu'n d' rinn thu an Tighearna 'na thearmunn, an Ti a's àirdc 'na ionad-còmhnuidh dhuit; cha'n éirich olc air bith dhuit, agus cha tig plàigh am fagus do d' fhàrduich: oir bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, chum do ghleidheadh ann ad shlighibh uile. Nan làmhaibh togaidh iad suas thu, air eagal gu'm buail thu do chos air cloich." Tha na briathran so air an labhairt mu Chriosd anns an Tiomnad Nuadh, Mata. iv. 6. 'Nuair a thainig an diabhol chum Chriosd a bhuaireadh gu aoradh a dheanamh dha, dh' ainmich e an earrann so, "Oir a ta e sgrìobhta gu'n toir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, agus togaidh iad suas thu nan làmhaibh, chum nach buail thu, uair air bith, do chos air cloich." Ged tha so air a labhairt mu Iosa Chriosd, gidheadh tha e mar an ceudna air a labhairt mu na h-uilc creid-mheach fo'n t-Seann Tiomnad roimh theachd Chriosd, mar a tha e 'san Tiomnad Nuadh bho thainig e, Salm xxxiv. 6. "Campaichidh aingeal an Tighcarna mu'n timchioll-san d'an eagal c, agus teasairgidh e iad." Mar an ceudna anns an

Gen. xxxii. 1, 2. Tha thu a' léubhadh mar a dh' imich Iacob air a shlighe, gu'n chòmhluich aingeal an Tighearu e, "Agus thubhairt Iacob 'nuair a chunnaic e iad, Is e so feachd Dhé;" an so tha na h-ainglean a bha nam freiceadan air Iacob air an gairm feachd Dhé; mar an ceudna tha thu a' léubhadh gur e aingeal a theasairg Lot a mach a Sodom, nach robh e air adhlacadh maille ri muiuntir aingidh a bhaile sin, Gen. xix. 15. Mar an ceudna tha e air a ràdh anns an Taisb. vii. 1, 2, 3. "Agus an déigh nau nithe sin, chunnaic mi ceithir aingil 'nan seasamh ain ceithir oisiunibh na talmhainn a' cumail ceithir ghaothanna na talmhainn, chum nach seideadh a' ghaoth air an talamh, no air an fhaирge, no air aon chraoibh. Agus chunnaic mi aingeal eile ag eirigh o'n aird an ear, aig an robh seula an Dé bheò: agus ghlaodh e le guth mòr ris ua ceithir aingil, d' an d' thugadh cumhachd cron a dhean amh air an talamh agus air an fhaирge. Ag ràdh, na deauaibh dochann do'n talamh, uo do'i fhaирge, no do na craobhaibh, gus an cuir sini seula air scirbhisich ar Dé air clàraibh an eudain. B'äm geur-leanmhuinu ghoirt so air eaglais agus air sluagh Dhé air an talamh, ach cha robh a gheur-leanmhuinn gu teachd gus am biodh sluagh Dhé ann an rathad diou agus tearuinteachd, l seula chuir air clàraibh an eudain, agus an deigil sin thigeadh c, agus marbhadh iad iad co luath 's b'äill leo, agus tha so air a dheanamh le frithealadh nan aingeal, à tha Dia a' gnàthachadh chun a phobuill a theasairginn bho dhochann, agus g bhi na thearmunn doibh bho chunnartaibh a leth a mach anns a bheatha so. Tha na h-ainglean nan didean duinn anns gach linn. Th Rogers ag ràdh gu bheil na h-ainglean a' cur

chodal clànn bhcag 'nuair a tha iad 'sa chreathall, Mata xviii. 10. Mar sin tha iad a' gabhail euram dhinn anns gaeh ionad; thug aingeal sòlas do Phol air a chuan, Gniomh. xvii. 23, 24. Stiùir aingeal Iaeob air tìr air a thurus gu Mesopotamia, Gen. xxviii. Dh' fhuasgladh ceangalaiche Pheadair anns a phriosan le aingeal; mar a ta droch ainglean a' toirt euslaintibh, mar sin tha deagh ainglean a' deanamh còmhnhadh ri 'n leigheas.

2. 'Se an dara ni sònruichte anns am bheil féum nan ainglean a' co'sheasamh, eadhon, gu bheil iad a' deanamh dioghaltas air naimhdibh na muinntir thaghta air son gach cucoir agus gach dochair a tha iad a' deanamh orra, Eabh. i. 7. "Neach a ta deanamh 'aingle 'nan spioradaibh, agus a mhinisteirean 'nan lasair theine." Goirear seraphim dhe na h-ainglean, cha'n e mhàin a chionn gu bheil iad a' losgadh le gràdh do Dhia, agh do bhrìgh gu bheil iad ullamh gu dioghaltas a dheanamh air son gach eu-ceairt a nithear air a mhuinntir thaghta, agus ullamh gu naimhdean sluagh Dhé a' losgadh, uime sin, tha caral air a thoirt do na h-aingidh an aire ghabhail gu'n chron a dheanamh air neach air bith do phobull Dhé, Mata xviii. 10. Thugaibh an aire nach dean sibh tarcais air aon neach do'n mhuinntir bhig so; oir tha mis' ag ràdh ribh, gu bheil an aingil-san air nèamh a' faicinn a ghnàth gnùis m'Athar-sa, a ta air nèamh." A nis cionnas is urrainn sin a bhi na aobhar gu'n iad tarcais a dheanamh orra do bhrìgh gu bheil ainglean a' faicinn gnùis Dhe? Tha do bhrìgh gu bheil iad a' faicinn gnuis Dhé ullamh gu dioghaltas a dheanamh as an leth air an dream a ni e ora; agus tha iad a' faicinn gnùis Dhé chum a

bhi fcitheamh air Dia gu chorruich a' chur an gniomh air na h-uile ni dochann d'a shluagh. Ann an 2 Righ xix. 35, tha thu a' léubhadh, 'nuair a thainig Sénacherib chum sluagh Dhé a' sgrios, gu'n bhual aingeal Dhé e air a shon, "Agus air an oidhche sin féin chaidh aingeal an Tighcarna mach, agus bhual e ann an camp nan Asirianach ceud agus ccithir fichead agus cùig mìle: agus an uair a dh' éirich iad gu moch anns a mhaduinn, feuch, bha iad uile 'nan corpaibh marbha." Mar an ccudna tha thu a' léubhadh mu Herod, cionnas a rinn e geur-leanmuinn air egalais Dhé, Gniomh. xii. 1, 2. "A nis mu'n àm sin, shìn Herod an righ 'a làmhan, a dheanamh uile air dream àraidh dò'n eaglais, agus 'mharbh e Scumas bràthair Eoin leis a' chlaidhcamh." Agus air son a ghniomh an-iochdmhor so tha c air a ràdh, rann 23, gu'n bhual aingcal an Tighearna Herod, "Agus air bàll bhual aingeal an Tighearn e, do bhràgh nach d' thug e glòir do Dhia: agus dh' itheadh le cnuimhibh e agus chaidh an deò as." A rithist tha thu a' léubhadh anns an Taisb. xvi., mu na seachd soithiche a bha gu bhi air an doirteadh a mach air an talamh, ni a rinneadh leis na h-ainglibh. Oir tha iad an còmhnuidh ullamh gu corruiich Dhé a' chur an gniomh air naimhdibh pobuill Dhé a' tha deanamh cucoir agus dochann orra; agus an so tha aobhar againn a bhi beannachadh Dhé air son frithcaladh nan aingeal, gu'm biodh ainglean cho feumail do shluagh Dhé a ta chòmhnuidh air an talamh, 's gu'm biodh iad nam freiceadain chum an gleidheadh am feadh a bhios iad beò anns an t-saoghal.

3. Tha na h-ainglean feumail do phobull Dhé, a chionn gu'n d' rinn Dia meadhon diubh chum

carrauu mhòr de' thoil agus de' inntinn fhoillseachadh d'a eaglais, nithe air nach biodh aithne sam bith aca-san air mhodh cile, dh' òrduicheadh an lagh le ainglibh, Galat. iii. 19. "C'ar son uime sin a thugadh an lagh? thugadh e air son eusontais, gus an tigeadh an siol, d' an d' rinneadh an gealladh; air òrduchadh lc ainglibh an làimh eadar-mheadhonair." Gniomh. vii. 53. "Sibhse a fhuair an lagh lc frithealadh nan aingeal, agus nach do choimhidh e." Tha thu a' faicinn an so gu'n ghnàthaich Dia frithealadh nan aingeal ann an tabhairt an lagha; mar an ceudua tha thu léubhadh ann an Dan. ix. 22. Gu'n d' fhoillsichcadh an taisbeanadh do Dhaniel lc aingeal; "Agus thug e flos dhomh, agus labhair e rium, agus thubhairt e, O Dhaniel, tha mise uis air teachd a mach a thoirt duit gliocais agus tuigse." 'Sc aingeal a thug fios dha mu'n taisbeanadh, mar sin is e aingeal a dh' innis dha mu bhàs Chriosd, agus mar innseadh aingeal dha mu thimchioll, cha b' urrainn da fios a bhi aig air anns na laithibh ud, a bha cho fada roimh thcachd Chriosd anns an fhéilidh, ach dh' fhoillsicheadh so dha le frithealadh nan aingeal. Dh' innseadh mu bhreith Chriosd le aingcal, Lueas i. 26, agus ii. 10, 11. Dh' fhoillsicheadh teagascg mòr ais-eirigh Chriosd le ainglibh, Mata. xxviii. 5. "Fhreagair an t-agineal agus thubhairt e ris na mnaibh, Na biodh eagal oirbhse: oir a ta fhios agam gu bheil sibh ag iarraidh Iosa, a chaidh cheusadh," &c. Cha bhiodh fhios againn air an doigh 'san tig e chum brcitheanais, mar innseadh aingeal dhuinn c, Gniomh, i. 11. "An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh." Mar sin faodaidh tu fhaicinu leis a so uilc cia

mòr a tha sinn an comain nan ainglean, agus a bhi beannachadh Dhé air an son, a ehionn gu'n do noehd e leo-san earrann co mòr de 'thoil agus de 'inntinn d' a shluagh, nithe as an eugais-san nach biodh air am foillseachadh dhuinne.

4. Tha làimh mhòr aig na h-ainglibh ann an toirt agus ann an suidheahadh ministeirean dileas chum pobull Ðhé iompaehadh agus a theag-asg, Gniomh. xvi. 9, 10. "Agus chunneas sealladh lc Pòl san oidheche: Sheas duine àraidih o Mhaecdonia, agus ghuidh e air ag ràdh, Thig thairis gu Macedonia, agus euidieh leinne. Agus an uair a chunnaic an sealladh air bàll dh' iarr sinn dol thairis gu Macedonia, a' dearbh-thuigsinn gu'n do ghairm an Tighearna sinn ehum an soisgeul a shearmonaehad dhoibh." B' aingeal a bh' anns an duine so bho Mhaecdonia a dh' fhoillsieheadh do Phol, agus a dh' iarr tcaehd thairis gu Macedonia, a shearmonachadh an t-soisgeul; oir bha mòran obair gu bhi air a deanamh leis-san an sin, agus le a dhol-san bha mòran air an toirt gu aideachadh an t-soisgeil, agus bu ghairm so bho Dhia le aingeal. Mar an eeudna tha thu a' léubhadh gu'n d' òrduich aingeal do Philip an soisgeul a shearmonaehadh do na chaillteanaeh, Gniomh. viii. 26, 35, "Agus labhair aingeal an Tighearna ri Philip, ag ràdh, Eirieh agus imich ehum na h-àirde deas, ehum na slighe a ta dol sios o Hierusalem gu Gasa, a ta 'na fhàsaeh. An sin dh' fhosgail Philip a bheul agus shcarmonaich e Iosa dha." Tuille fòs tha thu a' léubhadh ann an Gniomh. x. 3, 4, 5, 6, mu Cornelius, duine eràbhaeh air an robh eagal Dhé, "Chunnaic e ann an scalladh gu soillcir mu thimehioll na naothad uaire do'n là, aingeal Dhé a' teachd a stigh d'a ionnsuidh agus ag ràdh, A Chornelius.

Agus air dhosan amhare gu géur air, ghabh e cagal, agus thubhairt e, Ciod e, a Thighearn? Agus thubhairt e ris, Chaidh t-urnuighean agus do dhéircean suas mar chuimhneachan ann am fionuis Dhé. Agus a nis cuir duine gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an co-ainm Peadar: tha e air aoidheachd maille ri Simon àraidh fear-deasachaидh leathair, aig am bheil a thigh làimh ris an fhairge: innsidh esan duit ciod is còir dhuit a dheanamh." Tha thu a' faicinn an so nach do shearmonaich an aingeal do Chornelius, ach sheol e dha fios a chuir air Peadar, chum gu'n innseadh e dha ciod bu chòir dha a dheanamh; b' éigin do Chornelius cuir gu Iopa gus an searmonaicheadh Peadar dha, agus b' éigin do Philip dol gu Gasa, a shearmonachadh do na chaillteanach, mar sin le seoladh na h-aingil bha iad nam meadhon ann an toirt anamanna chum Iosa Criod. Tha e ri fhaicinn uaithe so gur e a h-aon de obair shònruichte nan aingeal, a bhi gleidheadh ministcirean na h-eaglais, agus a bhi 'gan seòladh far am mò an dean am ministrealachd a d' fheum do dh' anamanna.

5. Tha na h-ainglean a' deanamh gairdeachas ri iompachadh aon de na daoine taghta 'san t-saoghal; tha na h-ainglcan air neamh a' deanamh gairdeachas ann a bhi faicinn a h-aon de na daoine taghta air a ghairm dhachaidh agus air iompachadh gu Iosa Criod; mar chi thu ann an Lucas xv. 10. "Mar an ceudna a deiream ribh, A ta gairdeachas an làthair aingle Dhé, air son aon pheacach a ni aithreachas." Tha Augustin ag ràdh, "'Nuair a tha thusa gu math, no a' deanamh gu math, gu bheil gairdeachas agus aobhneas air na h-ainglibh, agus dubhachas air na deamhnaibh: ach 'nuair a ta thu a' deanamh

an uile, gu bheil thu a' toileachadh an diabhoil,
agus a spùineadh nan ainglean de 'n sòlas."

6. Tha na h-ainglean a' deanamh seirbhis
dhiomhair ann an comh-fhurtachadh agus ann
an comhairleachadh nan daoine taghta 'uuair a
ta iad an anshocair, au amhgar agus ann au
teanndachd, tha Dia 'gan gnàthachadh 'sau doigh
so, Dan. viii. 16. "A Ghabrieil, thoir air an
fhear so an sealladh a thuigsinn;" agus anns an
Caib. ix. 22. Tha mise nis air teachd a mach a
thoirt duit gliocas agus tuigse." Tha e air innse
ann an Gen. xxi. 17, mu thimchioll Hagair 'nuair
a bha i ann an teanndachd mhòr, gu'n d' thainig
aingeal Dhé agus gu'u d' thug e sòlas dh'i, "Agus
chuala Dia guth an òganaich, agus ghairm ain-
geal Dhé air Hagar o nèamh, agus thubhaint e
rithe, Ciod a tha teachd riut, a Hagar? Na
biodh eagal ort; oir chuala Dia guth an òganaich
far am bheil e." Mar an ceudna, tha thu a
léubhadh ann an Lucas ii. 10. 'Nuair a bha na
buachailean ag iarraidh air son Chriosd, gu'
robh eagal orra 'nuair a dhealraich glòir an Tigh-
earna mu'n timchioll, "Agus thainig aingeal ar
Tighearn orra, agus thubhaint e riu, Na biodh
eagal oirbh: oir feuch, a ta mi ag innseadh
dhuibh deadh sgéil mhòr-aoibhneis, a bhithean
do'n uile shluagh.". Agus anu an Mata xxviii.
5, 6, 7. 'Nuair a chaith Muire chum uaig
Chriosd, dh' fhoillsicheadh aingeal dh'i, a thubh
airt ris na mnaibh, "Na biodh eagal oirbh sc
oir a ta fhios agam gu bheil sibh ag iarraidh Iosa
a chaith chéusadh." Agus a chum comhfhur-
tachd a thoirt d'a cridhe fo'n eagal so, thuirt e
"Cha'n 'eil e 'n so; oir dh' eirich e, mar a thubh
airt e: thigibh, faicibh an t-àit an robh an Tigh-
earna 'na luidhe, agus imichibh gu luath, agr

innisibh d'a dheisciobluibh gu'n d' eirich e," &c.
Tha so uile a' nochdadadh am mòr fheum agus a
bhuannachd a tha pobull Dhé a' mealtuinn tre
fhrithealadh nan aingeal, mar a ta iad 'gan
comhfhurstachadh, agus 'gan comhairleachadh
anns gach àmhghar agus cunnart.

7. Tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nan
aingeal chum pobull Dhé a' chumail bho mhòr
phcacadh a' chur an gniomh an aghaidh Dhe,
mar chi sinn ann an Iudas 9. Gidheadh cha do
ghabh Michael an t-àrd aingeal, 'nuair a cha-
thaich e 'n aghaidh an diabhoil, agus a rinn e
deasboireachd mu chorp Mhaois, dànadas air
casaid thoibheumach a thoirt 'na aghaidh, ach
thubhairt e gu'n cronusheadh an Tighearn thu."
Cha'n innseadh an aingeal c'ait an robh corp
Mhaois, a chionn gu'm biodh an sluagh ullamh
gu iodhal a dheanamh dhe 'chorp, agus a thaobh
a ghaoil dhoibh-san cha'n innseadh e do'n diabhol
c'ait an robh corp Mhaois, chum 's nach feuch-
adh e dhoibh e; air eagal 's nam biodh fios ac'
air gu'n deanadh iad e na aobhar peacachaidh an
aghaidh Dhé. Tha thu a' léubhadh ann an Gen.
xvi. 6, 9, gu'n theich Hagair bho ghnuis a bana-
mhaighstir, ach thaisbean aingeal an Tighearna
do Hagair, agus dh'iarr e oirre 'n aire ghabhail
gun phcacachadh, "Agus thubhairt aingeal an
Tighearna rithe, Pill a dh' ionnsuidh do bhana-
mhaighstir, agus ùmhlaich thu féin f'a làimh."
Nam b' e's gu'n bhuanach Hagair na ceannaire,
dh' fhaodadh i mòran peacaidh a' chur an gniomh
an aghaidh Dhé; mar sin tha féum nan aingcal
ri fhaicinn an so mar an ceudna, ann a bhi dean-
amh math do phobull Dhé, le bhi 'gan gleidheadh
bho aobharaibh peacachaidh na aghaidh.

8. Tha na h-ainglean a lathair maille ruinn, ag

amharc oirnn ann ar comh-thionalaibh 'san eaglais, 'nuair a thig sinn a dh' aoradh an lathair Dhé; 'nuair a ta thu a cuairteachadh aoradh agus seirbhis Dhé, an sin tha na h-ainglean maille riut, ag amharc ort ged nach 'eil thusa 'gam faicinn. Mar a ta na h-ainglean ag amharc oirnne 'nar fulangasaibh, 1 Cor. iv. 9. 'S amhuil a tha iad a' faicinn ar gniomharan cràbhaidh mar an ccudna, 1 Cor. xi. 10. "Uime sin is còir do'n mhnaoi cumhachd a bhi aice air a ccann air son nan aingeal." Tha cuid do'n bharail gur ministcirean a th'air an ciallachadh leis na briathraibh so, dream d' an goirear ainglean ann an earrannaibh eile de'n sgriobtuir, gidheadh 'siad na h-ainglean féin a tha gu bhi air an tuigsinn leo, a chionn gu bhcil iad a' gabhail tlachd ann an gnothaichibh an t-soisgeil. An so tha'n t-abstol a' toirmearasg do mhnathaibh teachd do'u eaglais as eugais còmhdaichadh air an cinn; c'ar son? tha, air son nan aingeal, 's cha'n ann air son nam ministrean; agus tha na mnathan gus an aire gabhail 'nuair a thig iad do'n eaglais cia mar ghiulanais iad iad féin, do bhrigh gu bheil na h-ainglean nan luchd-amhaire oirbh, oir tha iad nan comh-luchd aoraidh maille ribh ann ar comh-thionalaibh cràbhaidh, agus bu chòir da so bhur deanamh faicilleach 'n 'ur giulan; oir ged nach aithne dhoibh 'ur cridheachaibh, gidheadh tha iad ag dearcadh air 'ur giulan ann 'ur teachd an lathair Dhé; tha na h-ainglean a' faicinn 'ur suidheachadh mi-chiatach, agus 'ur sgeadachadh neogheimnidh, uime sin bu chòir da so eagal a' chuir 'ur spioradaibh, cionnas a thaisbeanas sibh an lathair Dhé ann an co'thionalaibh follaiscach chum nach taisbean sibh fa chomhair Dhé le bhuidheudachadh mi-bheusach, le bhur broillichibh

lomnochd mar striopaiche, agus le bhur gairdeinibh ruisgte, mar mhuinnitir air a chaothach, cha'n 'eil an leithide sin a chleachdaidhean freagarach do luchd aoraidh Dhé, gu h-àraidh do bhrigh gu bheil na h-ainglean ag amharc oirnne 'nuair a ta sinn ag aoradh dha-san.

9. Cha'n c mhàin gu bheil na h-ainglean ag amharc oirnne ann ar co'thionalaibh 'sna h-eaglaisibh ach tha iad mar an ceudna nan inneal-aibh an làimh Dhé chum ar brosnachadh gu aoradh a dheanamh dha; Taisb. xxii. 9. "An sin thubhairt c rium, Feuch nach dean thu e: oir is comh-sheirbhiseach dhuit mise, agus do d' bhràithribh na fàidhean, agus dhoibh-san a choimhdeas briathran an leabhair so: dean aoradh do Dhia." Dheanadh Eoin aoradh do'n aingeal, agus chròm e sios dha, ach thuirt e ris, na dean e, dean aoradh do Dhia; mar an ceudna, c'ar son nach fhaod deadh ainglean daoine a bhrosnachadh chum aoradh a deanamh do Dhia, cho maith 'sa tha droch ainglean a' buaireadh agus a' brosnachadh dhaoine aingidh gu pcacachadh an aghaidh Dhé, agus a' toirt orra fàs sgìth de dheadh dhleasnasaibh? Agus faodaidh so bhi deanta, às eugais lughdachadh sam bith air oibreachadh an Spioraid: tha'n Spiorad ag obair mar an t-ughdair, ach iadsan mar mheadhona chum 'ur brosnachadh gus am maith so a dhcanamh dh' an ugdair, Spiorad Dhé.

10. Tha na h-ainglean air an deanamh nan luchd-frithealaidh oirbh aig a bhàs, agus cha'n e mhàin sin, ach a chum an t-anam a ghiulan gu beatha shiorruidh an deigh a bhàis, Lucas xvi. 22. "Agus tharladh gu'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiulaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahaim." An so tha

sibh a' faicinn gu'n d' fhuair Lasaras bàs, agus fhritheal na h-ainglean dha, agus ghiulain iad anam do fhlaitheanas gu uehd Abrahaim; O smuainiehibh ma ta, 'nuair a thig sibh uile gu bàsaehadh, gu'n d' rinn Dia na h-ainglean nan spiorada frithealaidh gu feitheamh dhuibh air 'ur leapaiehibh euslan, agus a ehum 'ur 'n anamanna a ghiulan do neamh aig àm 'ur bàis.

11. Tha na h-ainglean feumail do'n t-sluagh thaghta, mar a ta iad air an cuir a maeh le Iosa Criod a chruinneachadh cuirp nan naoimh aig an là mhòr chum a bhi nam freiceadan doibh, agus gu'n toirt an lathair an Tighearn Iosa Criod, a chum aig an là sin gu'm bi iad air an làn-shaoradh, agus air an togail suas gu glòir Mata xxiv. 31. — “Agus cuiridh e maeh 'aingil le fuaim mhòir na gall-truimp, agus eruinnichidh iad a shluagh taghta o na ceithir gaothaibh, o leth-iomall nèimh gus an leth-iomall eile.” Marc. xiii. 27. — “Agus an sin cuiridh e 'aingil a mach, agus eruinniehidh e r'a chéile a dhaoine taghta féin o na eeithir gaothaibh, o leth-iomall na talmhainn gu leth-iomall nèimh.” An so chi sibh air a chuir sios gu soilleir obair nan aingeal as leth an t-sluagh thaghta; mar an ceudna eha'n c mhàin gu'n cruinnieh siad iad bho leth-iomall na talmhainn, aeh giulanaidh siad iad do neamh mar an ceudna, cadhon gu leth-iomall nèimh; tha mi a' cur nan nithe so fa 'r eomhair, chum 's gu'm faic sibh an t-soehair mhòr agus urramaeh air am bheil an sluagh taghta air an deanamh nan luehd-eomhpait a thaobh na eòir sin a th' aca ann an Iosa Criod, gu'n d' thugadh Dia òrdugh agus ughdarras agus àithne d'a ainglibh na h-uilc de na h-aon dreuehdan deug so a dheanamh air 'ur son, a dh' ainmich mi dhuibh aig an àm.

Leisgeul. Theagamh gu'm faod cùid a' ràdh, "Tha e fior, léubh agus chuala sinn gu'n d' rinn ainglean an leithid sud a dhreuchdan air son dhaoine 'sna h-àmannaibh a chaith seachad, ách thaisbean iad dhoibh aig an àm sin ann an cruthaibh corporra, mar a rinn iad do Lot, agus do Dhaibhidh, agus do mhuinntir eile; ach am bheil na h-ainglean a' deanamh nan dreuchdan ceudna fathast air son nan naomh, a bha iad a' deanamh air an son bho shean?"

Nis tha dà ni gu bhi air an toirt fainear ann am freagairt an leisgeul so.

'Sa cheud àite, Tha na h-ainglean a lathair maille ruinne nis a cheart cho cinnteach 'sa bha iad maille ri pobull Dhé bho shean, ged nach 'eil iad eho faicsinneach: agus b'e an t-aobhar air son an do thaisbean na h-ainglean gu follaiseach do na naoimh bho shean, eadhon:

1. Do brigh nach robh ann an sluagh Dhé ach clann aig an àm sin, bha feum aca air cruthaibh corporra fhaicinn chum toirt orra creidsinn, agus a chum an deanamh laidir agus an neartachadh anns a chreidimh; ach tha lathaирeachd nan ainseal maille ruinne 'sna linnibh so dhe'n t-saoghal cho maith 'sa bha c 'sna linnibh roimhc so, oir tha iad nam freiccadain ort ann do thigh chum do mhaith agus do bhuanachd ma's ann do'n t-sluagh thaghta thu; tha do thigh làn ainglean, ged nach comasach dhuits' am faicinn, cha'n urrainn duit luidh sios, na eirigh suas, no ni sam bith a dcanamh, nach 'cill na h-ainglean 'ga d' dhion agus 'ga d' ghleidhcadh.

'San dara àite, Cha'n 'eil an sgriobtuir ag ràdh gu'n robh na h-ainglean nan spiorada frith-ealaidh, ach gu bheil na h-ainglean nan spiorada frithealaidh; cha'n e gu'n robh iad mar sin 'sna

h-àmannaibh à chaidh seachad, ach gu bheil iad mar sin fathast; agus cha'n e gu bheil iad nan spiorada. frithealaith 'san àm a ta lathair, ach gu'm bi iad mar sin, eadhon dhoibh-san a bhios nan oighreachaibh air slainte; mar sin bitidh na h-ainglean nan spiorada frithealaith 'sna linnibh ri teachd cho math 'sa bha iad 'sna linnibh a chaidh seachad, agus ged nach 'eil na h-ainglean ri 'm faicinn ann an cruthaibh corporra nis, gidhcadh tha iad a' coilionadh an drenchd agus am frithcalaidh 'san àm so anu an tomhas cho iomlan 'sa bha iad 'sna linnibh a chaidh seachad, 'nuair a bha iad ri 'm faicinn ann an cruthaibh corporra.

Ceisd. 2. Ach c'ar son a tha'n Tighearn a' cleachdadadh frithcaladh so nan aingeal a thaobh a shluagh taghta? Nach urrainn an Tighearn c féin an gleidheadh?

Freagradh. : 1. Cha'n ann mar gu'm biodh feum air bith aig Dia air ainglibh, oir air an doigh sin cha'n 'cill feum aige air a h-aon de 'aingeal; oir as an eugais b'urrainn da a rùintean glòrmhor féin a choilionadh. Ach is àill le Dia bho 'dheadh-ghean maith féin gu'm fritheal iad chum maith a mhuinnitir thaghta, am feadh a bhios iad a chòmhnuadh anns an t-saoghal; agus tha ccithir aobharan glòrmhor agus gràsmhor, airson am bheil Dia a' cleachdadadh frithealadh nan aingeal a thaobh math a shluagh féin anns an t-saoghal.

An ceud aobhar. Gu bhi taisbeanadh na réite agus a chòrdaidh a tha cadar ainglean nam flaitheanais, agus na naoimh a th' air thalamh rinn tuiteam an duine eadar-dhealachadh cadainglean agus daoine; agus air do'n duine bh' air tuitcam mar so, agus na namhad do Dhia, bha e ann an naimhdeas agus ann an diubhras ris ne-

h-ainglibh : Nis réitich Iosa Criod le 'chrann-ceusaidh araon daoine agus ainglean. Nis, tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nan aingeal chum so a chuir an céill, agus a chum an réite sin fhoillseachadh a tha, cha'n e mhàin, eadar Dia agus daoine, ach eadar ainglcan agus daoine, Colos. i. 20. "Agus gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris féin trìd-san, air dha sìth a a dheanamh trc fhuil a chroinn-cheusaidh-san ; trid-san, a ta mi ag ràdh, ma's nithe iad a ta air talamh, no nithe a ta air nèamh." Tha'n sgriobtuir a' deanamh iomradh air réite dhà-fhillte.

1. Daoine bhi air an deanamh réidh ri daoinibh, agus mar so bha Iudhaich agus Cinnich air an deanamh réidh ri cheile.

2. Rinneadh réite anns na flaitheanas le Iosa Criod eadar na h-aingil air neamh agus daoine air an talamh, agus mar sin rinn e iad araon réidh ri Dia ; a nis air dha so bhi air a choilonadh cedar daoine agus ainglean, agus eadar duine agus duine, tha Dia a' clachdadhbh frithcaladh nan aingeal a chum an rcite so a dheanamh folaiseach, gu bhi cur an céill do'n t-saoghal gu bheil cordadh agus réite eadar na h-aingil air neamh agus na naoimh air an talamh.

San dara àite, Gu bhi cur an céill do'n t-saoghal a mhòr ghràdh d'a shluagh, agus a dheadh-ghean d'an taobh, gu'm biodh e cho tràcaireach 'sa leithid a luchd frithealaidh òirdheirc ris na h-ainglibh a thoirt d'a shluagh féin. Ma ni sibhse seirbhis do Dhia, ni ainglean scirbhis dhubh-san. Tha so gu bhi nochdadadh an gràdh mòr do-labhairt a th' aig Dia d'a shluagh féin. gu'm biodh iadsan a tha uan luchd frithealaidh do Dhia féin, a' feitheamh air mu'n cuairt d'a

righ-chaithir ghlòrmhor, gn'm-biodh iad sin air an òrdnchadh le Dia gn frithealadh dhoibh-san a bhios 'nan oighreachaibh air slàinte.

'San treas àitc, Gn bhi deanamh suas an sgrios sin a thainig air cnid dhe na h-aingil; oir thuit cuid dhe na h-aingil agus thilgeadh a mach iad as na flaitheanas, (bha'n càll mòr.) A nis tha an slnagh taghta, na h-uile a ta air an saoradh le Iosa Criosd, a' deanamh snas àite nan aingeal a thuit; tha araon naoimh agus ainglean a' deanamh suas aon chorp, agus tha iad a nis araon a seinn moladh do Dhia; agns bithidh an t-iomlan de na naoimh 'nnair a theid iad do fhlaitheanas air an cleachdadadh ris an dearbh obair a bha aon nair aig na h-ainglibh a thnit, agus air do fhios a bhi aig na h-ainglibh air gu'm b'e so deanamh suas a challa; tha sin 'gam fagail cho deonach nan scirbhis a thaobh sluagh Dhé a' dhion agns a ghleidheadh am feadh a ta iad beò air an talamh.

'Sa cheathramh àite, Tha'n Tighearn a' faicinn iomchnidh frithealadh nan aingcal a chleachdadadh chum maith a chloinne taghta; a chionn gu bheil droch ainglean, na deamhain a' feithcamh air na naoimh gn dochann a' dheanamh dhoibh am feadh a tha iad beò anns an t-saoghal: uime sin tha Dia a' gnathachadh nan ainglean ue chum a shlnagh taghta dhion am fcadh a tha iad beò anns an t-saoghal: Oir 's e is gnàth obair de na h-ainglean a thuit a bhi 'gam buaireadh, agus nam biodh e so-dheanta dhoibh an damnadhbh agus an anamanna a' sgrios; nime sin tha Dia a toirt àithne d'a ainglibh an slnagh taghta a chiomheadh, agus a ghleidheadh bho fhamradh bho chorrnich, agus bho mhi-rnn an diabhoil tha 'g iarraidh an slugadh snas agns an sgrios agus is iad so na ceithir aobharan air son ar-

bheil Dia a' faicinn iomchuidh frithealadh nan aingeal a ghnàthachadh air sgàth an t-sluaigh thaghta.

Ceisd 3. Ach 'nuair a tha'n sgriobtuir ag ràdh, gur spiorada frithealaidh na h-ainglean air an cur a mach le Dia chum frithealaidh dhoibh-san a tha 'nan oighreachaibh air slainte. Am bheil an sgriobtuir a' ciallachadh gu bheil aon aingeal shònruichte air leth aig gach neach de'n t-sluagh thaghta chum feitheamh dhoibh, no am bheil tuille aca. Tha na Platonich a' cumail a mach gu bheil aingeal féin aig gach neach, ris an abair iad a spiorad-gleidhidh, a tha na ghna-thearmunn da, agus a' deanamh mòran de ghnioimharan maith eile air a shon; tha cuid dhe na seann aithrich-ean, agus mòran de'n mhuinnitir fhoghluimte de'n bheachd sin, mar a ta, Tomas Aquinas, Origen, Basil, agus Theodore. A measg dhiadharan nan inneau so tha Zanchy de'n bheachd so; 'si am riomh earrann air am bheil e a' bònntachadh Gniomh. xii. 15. "An sin thubhairt iad, Is e aingeal a ta ann:" 'Nuair a bha Peadar anns a shriosan agus a rinneadh bith urnuigh leis an aglais gu'm biodh e air a chuir fa sgaoil, aig an earrbh àm thainig e chum an doruis, agus ruith ruagach da'n ionnsuidh agus dh' innis i dhoibh u'm b'e Peadar a bh 'ann; "Agus thubhairt iad rithe (rann 15,) tha thu air mhi-chéill. Ach ha ise toirt dearbh-chinnte gu'n robh e mar sin. An sin thubhairt iad, Is e 'aingeal a ta ann." Mar sin tha iad a' comh-dhunadh bho'n sgriobhair so gu bheil 'aingeal a' feitheamh mar fhreiceadair gach uile dhuine maith; a nis chum fior niall agus mineachadh na h-earrann so a thoirt huibh, labhraidh mi air na tri nithe sònruichte so.

1. Tha am focal a th'air eadar-theangachadh

an sin, 'aingeal, a' ciallachadh, is e a theachdaire a ta ann cho maith ris "is e 'aingeal a ta ann," mar chi thu ann an Lucas vii. 24. 'Nuair a dh' fhalbh teachdairean Eoin, &c., 'se sin an t-aon fhocal, ionnas gu bheil e a' ciallachadh aona chuid teachdaire no aingeal; agus 'nuair a tha'n sgriobtuir ag ràdh, is e 'aingcal a ta ann, is e sin mar gu'n abradh iad, gu'm b'e teachdaire éigin a chuir Peadar uaithe bho'n phriosan a bh' ann.

2. 'Se beachd Ghualter air an sgriobtuir so, gu bheil na briathran a' ciallachadh laigse nan deisciobuil ann an lcantuinn saobh-chreidimh sluagh nan amannan ud, agus gu'n do labhair iad a reir beachdan nan Cinneach a bha crídsinn ann an diathan dionaidh.

3. Tha Deodate ag ràdh, gu'n robh taibhsean minig de mhuinntir mharbh ri'm faicinn am measg nan Iudhach, a mheas iadsan a b' iad spiorada na muinntir an riochd an robh iad a' taisbeanadh; ionnas gu'n do lean iad a bheachd chummant a bha measg an t-sluaign, agus shaoil iad bàs Phcadair do-sheachainte, a chionn gu'n do thoisich a spiorad ri taisbeanadh.

'Siad na réusanán a tha 'n aghaidh an teagast so.

1. A chionn a reir coslais gu'n d' fhàs c bho dhroch fhreumh, cadhon, bho mhearachdan nam Cinnéach, a bha cumail a mach, gu'n robh a dheadh-aingcal agus a dhroch-aingeal aig gach neach, a' frithealadh dha; deadh ainglean chum maith a' dheanamh dha, agus droch ainglean chum a dochann; deadh ainglean chum a dhuaiseachadh, agus droch ainglean chum a pheanasachadh.

2. Mar a ta e 'g eirigh bho dhroeh fhreumh,

amhuil a tha droch bhuaidh aige, agus tha e toirt a mach droch thoradh.

'Sa cheud àite, Tha e cumail taice ri diadachd dhiomhair nan Iudhach amaideach. Bha iadsan a' comharrachadh aingeal do na h-uile réul, Raphael, do'n Ghrein; Gabriel, do'n Ghealach; Michael, do Mhercurius, &c., agus do cheithir àirde an t-saoghail, Michael, do'n àirde-'n-ear; Raphael, do'n àirde-'n-air; Gabricl, do'n àirde-tuath; agus Nariel, do'n àirde-deas.

2. Tha e ro choslach gu'n robh a bheachd so mar bhònn do bhi comharrachadh naomh àraidh do ionadaibh sònruichte; mar a ta an N. Seumas do'n Spàint; an N. Denis do'n Fhraing, an N. Padruig do dh' Eirinn, an N. Seòrus do Shasunn, an N. Aindrea do dh' Albainn. Agus bhitheadh a bhi do'n bharail so a' fosgladh dorus do'n bharail ud.

3. Agus ni's ro shònruichte, tha bhi de'n barail sin a' dorchadh agus a' lughdachadh gu mòr nan sochairean a dheònaich Dia do'n iomlan de' n mhuinntir thaghta, mu'm bheil e air a ràdh, gur spiorada frithealaidh na h-ainglean uile chum frithcaladh dhoibh-san. A nis ann a bhi comharrachadh a mach aon aingeal bho na h-uile dè' n chuid eile dc ainglean nam flaithcanais, a chum aon neach shònruichte a' dhion agus a ghleidhcadh, lughdaichcadh e gu mòr sochairean 'nan naoimh. Tha e air a ràdh gu bheil na h-ainglean a' deanamh gairdeachas air son aon pheacach a ni aithreachas, Lucas xv. 10. "Mar an ceudna a deiream ribh, A ta gairdcachas an lathair aingle Dhé, air son aon pheacaich a ni aithreachas." Amhuil ann an Lucas xvi. 22. "Agus tharladh gn'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd

Abrahim." A nis mar biodh ach aon aingeal shònruchté air a chomharrachadh dha-san, cha bhiodh e air ainmcachadh ainglean, ach aingeal; ach tha e air a ràdh gu soilleir, gu'n do ghiulain-eadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahim. Mar an ceudna, 'nuair a thainig Esau le armait an aghaidh Iacoib, chunnaic Jacob mòran ainglean, agus thubhairt e, Is c so ainglean Dhé, feachd Dhé. Air an doigh cheudna ann an 2 Righ. vii.

17. 'Nuair a chunnaic Elisa lionmhorachd nam naimhdean a thainig 'na aghaidh, chuairtich mòran ainglean mu'n cuairt e nan aghaidh "Agus rinn Elisa urnuigh, agus thubhairt e, A Thighcarna, fosgail, guidheam ort, a shùilean a chum gu'm faic e. Agus dh' fhosgail an Tigh-earna sùilean an òganaich, agus chunnaic e; agus feuch, bha'n sliabh làn do eachaibh, agus do charbadaibh teine mu'n cuairt air Elisa." Agus b' iad so ainglean Dhé a bha mar fhreiceadaidh air 'ga ghleidheadh. Chuireadh aon aingeal a sgrios feachd Shenacherib, agus mòran ainglean a ghlcidheadh aon duine diadhaidh.

4. 'Se an ceathramh réusan air son nach 'ei aon aingeal shònruchté mar fhreiceadan air gael neach fa leith, eadhon, do bhrigh nach e mhàin gu bheil aon droch aingeal, ach mòran dhroch ainglean a' frithealadh do dhaoinibh aingidh uime sin, ma's e 's gu bheil ni's mò na aon droch aingeal a' coimheadachd, agus a' feitheamh do dhaoinibh aingidh, mar sin air an laimh eile, tha ni's mò na aon deagh aingeal a' dion agus a' gleidheadh dheagh dhaoine: Oir air uairibh tha e air a ràdh, gu bheil legionan aig duine aingidh is e sin, mòran a' frithealadh dha, agus mòran a sealbhachadh aon neach, mar bh' ann am Muir Magdalen. Uime sin is cinnteach, gu bheil ni'

mò na aon aingeal aig dcagh dhuiue chum a dhion, agus a shaoradh bho dhochann; agus ma chead-aichear, gu bheil ughdarras aig ainglean sònruichte a bhi mar thearmuinn do mhuinntir shònruichte, is éigin, gu bheil cuid á dh' ainglean sònruichte nach 'eil air an cleachdadhbh air son math agus buanachd na muinntir thaghta. Oir is éigin a smuaineachadh gu bheil ni's mò do dh' ainglean air neamh na tha do dhaoine air an talamh: oir ma's e 's gu bheil ni's teirce do dh' ainglean na tha do dhaoine ann, mar sin cha'n urrainn na h-uile duine 'aingeal shònruichte bhi aige chum a dhion; agus ma's e 's gu bheil ni's mò do dh' ainglean air neamh na tha do dhaoine air an talamh, mar gu cinnteach gu bheil (faic Dan. vii. 10. "Bha mìle do mhiltibh a' frithealadh dha, agus sheas deich mìle uair deich mìle 'na fhianuis," &c.) Nis ma's e 's gu bheil ni's mò do dh' ainglean na do dhaoine ann, agus mar biodh ach aon aingeal a' frithealadh do dh' aon duine agus gu'n tuille, mar sin cha bhiodh feum air bith 'sa chòrr dc na h-ainglean a tha ni's lionmhoire ann an aircamh, agus cha bhiodh iad idir air an cleachdadhbh chum maith na muinntir thaghta, sluagh Dhé, agus mar sin thilgeadh e am bònn teagaitsg so bun os ccann, a tha cur an céill gur spiorada frithealaidh iad uile, air an cuir a mach chum frithealaidh dhoibh-san a bhios nan dighreachaibh air slainte.

Leisgeul. Ach theagamh gu bhcil thus' ag ràdh, Tha thu gun amharus a' labhairt mòran bho'n sgriobtuir mu thimchioll seirbhis agus tairbhe nan aingeal do sheirbhisich thaghta Dhé, ach gidheadh tha sinne cur an teagamh co dhiubh a tha e fior no nach 'eil, do bhrigh nach aithne dhuinn c'uin a chruthaicheadh iad, na cia mar

chruthaicheadh iad : Oir gun teagamh dh' innis Maois dhuinn mu chruthachadh an duine, ach cha do labhair e diog mu chruthachadh nan aingeal.

Freagradh. Mar fhreagradh do'n leisgeul so, labhraidih mi focal no dhà mu chruthachadh nan aingeal. Oir ged tha na Sadusaich ag aicheadh gu bheil ainglcan no spioradan ann, gidheadh tha an leithidcan sin a bhithcan spioradal neo-chorporra ann air an cruthachadh le Dia chum a ghloire, agus maith na muinntir thaghta. 1. B'ann air a h-aon de na sia laithean a cruthaicheadh iad, agus mu'n do chruthaicheadh an duine, air neo cha bhiodh diobhal ann a chum an duine bhuaircadh : tha cuid dhe'n bhcachdh gur ann air an dara latha a thachair e, agus a chionn gu'n do thuit na droch ainglean air an dcarbh latha air an d'rinneadh iad, uime sin nach deach a' ràdh mu'n la sin, "Chunnaic Dia gu'n robh e maith." Tha cuid eile dhe'n bheachd gur ann air an treas latha chruthaicheadh iad, do bhrigh mar chi sinn ann an Gen. i. 16, gur ann air an là sin a bha na neamhan air an uidheamachadh, agus air an criochnachadh ; ach tha c ro choslach gur ann air an treas latha a thachair e 'nuair a chruthaichcadh na ncamhan, mar a chruthaicheadh an duinc air an t-scathamh latha, 'nuair a chriochnaicheadh an talamh, Iob xxxviii. 4, 7. "Nuair a leagadh bunaitean na talmhainn, sheinn reulta na maidnc cuideachd, agus rinn uilc mhic Dhé gairdeachas." Mar an ceudna ann an Salm cxlviii. 2, 3, 'Nuair a tha 'n Salm-adair ag earail air na creutairibh Dia a mholadh, tha e toiseachadh leis na h-ainglibh, "Molaibh e, 'ainglce uile." Ach cha'n 'eil mi ach a beantuinn ris a so,

2. A thaobh àm an cruthachaidh, cha'n 'eil e deanamh diubhras c'uin a chruthaicheadh iad, cha'n 'eil mòr theagamh na aobhar imcheist ag eirigh uaithe so mu thimchioll am frithealaidh agus an dreuchd.

A nis tha am bònn teagaig ag cuir an céill gu soilleir, gu'n chruthaicheadh iad air son maith sluagh Dhé, gur spiorada frithcalaidh iad uile air an cuir a mach chum frithealaidh dhoibh-san a bhios 'nan oighreachaibh air slainte; chruthaicheadh iad chum glòir Dhé, agus maith a mhuinnitir thaghta; mar sin tha sibh a' faicinn gur e dreuchd nan aingcal a bhi frithealadh do mhath na muinntir thaghta 'san t-saoghal; mar so labhair mi gu h-aithghcarr air an carrann so dc'n teagascg, 'san do nochd mi dhuibh co ann a tha frithealadh nan aingeal a' co 'shcasamh, agus 'san d' thug mi dhuibh na h-aobharan air son am bheil Dia a' clachdadadh nan aingcal chum frithcalaidh d'a shluagh, agus au sin mhinich mi dhuibh nach 'eil aig gach ncach fa leth dhc'n mhuinutir thaghta aon-tingeal shònruichte chum feitheamh dha, ach stuille, tha ughdarris cadhon aig na h-uile dc na h-tinglecan frithcaladh chum math do'n mhuinntir thaghta. A nis thig mi gu fcun a dheanamh dc'n teagascg so.

Feum 1. Ma's e's gu'n d' thug Dia àithnc agus ughdarris do uile ainglibh nam flaitheanais frithealadh do 'mhuinntir thaghta chum am maith: O ma ta cia mar bu chòir dha so bhur 'n éig-neachadh chum saoithreachadh gu bhi 'n 'ur oighreachaibh air slàinte. O c'arson a tha sibh a' gabhail tlachd ann a bhi buanachadh 'nur cuspairibh de chorruich Dhé, agus a bhi 'n 'ur oighreachaibh air ifriun agus sgrios, agus a bhi dh' easbhuidh didcan aingeal ncimh, a th'air au

òrdachadh le Dia chum frithealadh do na h-uile bhios air an saoradh: O c'arson nach caralaich-eadh, agus nach eignicheadh so sibh gu teachd a steach agus còir fhaotuinn ann an Criod, chum leis a sin gu'n tig sibh gu bhi tagradh còir ann am frithealadh nan aingeal, agus gu'm biodh an diou agus an tearmunn so agaibh uatha? C'arson a ruitheas sibh ann an slighibh a pheacaидh agus ann an ceumaibh na h-amaideachd agus au easaontais, agus mar sin 'gar dùnadh féin a mach o dhidean nan aingeal? Thug Dia àithnc d'a aingeal 'ur teasraignn ann 'ur 'n uile shlighibh, Salm xxxiv. 7. Ma thig sibh a dh' ionnsuidh Iosa Crioda chum gabhail ris; agus mar tig sibh air an doigh so, faodaidh sibh a bhi cinnteach nach bi sibh gu bràth fo thearmunn 'aingealsan.

San dara àite, Tha e nochdadadh àrd inbhe sluagh Dhé, ged dh' fhaodadh iad a bhi bochd agus taireil 'san t-saoghal so a ta'n lathair; ciod a tha thu a' d' chreutair bochd air do dhimeas, a' d' thruaghan bochd ann an suilibh an t-saoghail, eadhon, a'd' bhàll fochaidh dhaointe 'san t-saoghal so, gidheadh ma's neach thu a th' air do thaghadh, duine no bean ann an Iosa Criosh, tha thu ann an seilbh àrd shocharaibh, 's neach thu a th' ann an àrd inbhe, agus an àrd urram, ged nach 'eil thu mar sin an sealladh an t-saoghail, gidheadh tha thu mar sin ann an sealladh Dhé agus Iosa Criod, ged nach biodh tu ach a' d' sheirbhiseachd bochd anns an t-saoghal so, gidheadh tha thu a'd' neach urramach an sealladh Dhé, agus tha 'n t-urram cho mòr, 's gu bheil luchd frithealaidh urramach agad chum do dhion agus do ghleidh-eadh; tha ainglean Dhé agad chum do dhion agus do choimhead a'd' uile shlighibh. Tha e

air a ràdh gu'n robh aig righ Solamh dà cheud fear le targaidibh, agus tri cheud fear le sgiathraig do dh' òir buailte mar fhreiceadan gach là chum a dhion: gidhèadh, O a dhuine na bhean dhiadhair, tha freiceadan ni's mò agad-sa na bha aig Solamh; tha agad-sa O a dhuine, uile ainglean Dé nam freiceadan ort, agus gu bhi nan spiorada frithealaith dhuit chum do ghleidheadh, agus do stiùradh a'd' uilc shlighibh.

3. Tha so a' teagast dhuinn a bhi beannachadh, a' cliùthachadh, agus ag àrdachadh maith-eas Dhé d'ar taobh-ne, gu bheil creütairean cho urramach glòrmhor ri ainglibh neimh a' deanamh seirbhis dhuinne air an talamh. Labhraidh mi nis mu na nithe àraidh sin anns am bheil Dia air dhoigh shònruichte a' gnàthachadh frithealadh nan aingeal as leth na muinntir thaghta.

1. Ghnàthaich Dia frithealadh nan aingeal chum an sluagh taghta a' dhion bho thinneas corporra ré àmanna ghalairean gabhaltach agus nàrbhach. Mar dhearbhadh air a sin faic Salm (ci. 10, 11, 12. "Cha'n eirich ole air bith dhuit, agus cha tig plàigh am fagusg do d' fhàrduich: òir bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, hum do ghleidheadh ann ad shlighibh uile. Nan làmhaibh togaidh iad suas thu, air eagall u'm buail thu do chos air cloich." Ged tha e oir gu'm faod daoine maith bàsachadh le tinneas àm àmhghar chumanta, gidheadh air son sin le tha iad fo dhidean nach 'eil an t-iomlan de'n saoghal ach iad féin; oir tha iad fo thearmunn an aingeal, a gheall Dia, agus 'gan d' thug e ghdarris an dion nan uile shlighibh; uime sin a e ri thoirt fainear gu soilleir, an ni a tha'n triobtuir a' cur as leth frithealadh nan aingeal uair a tha phlàigh, no galar mòr agus cràiteach

air bith eile am measg sluaigh; tha'n sgriobtuir a' cur sin as leth dhroch ainglean; tha e air a chuir an céill gu bheil Dia a' ceadachadh dhoibh tinneas a thoirt mu'n cuairt am measg sluaigh air son pheacanna an ionaid anns am bheil iad a chòmhnuidh, mar a chi thu ann an Salm lxxviii. 49, 50. "Thilg e orra teas 'fheirge, boile agus corruiich, agus teinn, le aingil olc a chur nam measg; rinn e slighe d'a fheirg, nach do chaomhain c an anam o'n bhàs, ach thug e thairis am beatha do'n phlàigh." Tha thu a' faicinn an so, gu bheil Dia a' ccadachadh do na droch ainglean galairean a thoirt mu'n cuairt, agus an sluagh a mharbhadh le tinneas. A nis, mar tha Dia a' ceàdachadh do na droch ainglean so a dheanamh, mar sin dh' òrduich e mar an ccudna na deadh ainglean chum a shluagh a ghleidheadh air dhoigh shònruichte bho na h-àmhghairibh so. Tha ccad aig an diabhol air uairibh bho Dhia an corp a bhualadh, mar a bhualil e corp Iob le neasgaidibh agus le crêuchd-aibh. Tha sinn a' léubhadh mu nighean do Abraham, a cheangail Satan rè ochd bliadhna deug, Lucas xiii. 16. Mar sin cheadaich Dia an so do na droch ainglean uilc a chuir am measg a shluagh; agus mar a ta 'n Tighearn a' ccadachadh do na droch ainglean galaran agus àmhgharan a thoirt air a shluagh, mar sin tha e toirt ughd-arras do na deadh ainglean an gleidheadh bho thinneas; tha cumhachd aig an diabhol an fhuil a chuir troimhc cheile agus a thruailleadh, lc bhi beothachadh nan droch leann-tath a th' ann an corp an duine, agus leis a sin a' toirt easlaintear air a chorp; agus mar is urrainn na diabholan so a' dheanamh a thaobh a chead sin a th' aca bho Dhia; 's amhuil air an laimh eile, thug Dia

ughdarras do dheadh ainglean a shluagh a ghleidheadh bho na h-easlaintibh, agus bho na h-eucalreibh corporra ud, le bhi nam freiceadan-dionaidh dhoibh an àm ghalaraibh gabhaltach cumanta.

2. 'Se dara drcuchd shònruichte nan aingeal chum maith sluagh taghta Dhé: Gu bheil cumhachd àraidih aca ann an òrduchadh agus an suidh-eachadh chòmhragan agus chogaidhean, cha'n e mhàin gu bheil na h-ainglean nan seasamh a' coimhead agus a' beachdachadh air a chòmhrag, ach tha àithne shònruichte aca bho Dhia an taobh sin is mò tha seasamh air son a ghloire-san a dhion agus a ghleidheadh; mar chi thu ann an 2 Righ xix. 35. 'Nuair a thainig na h-Asirianach an aghaidh Israeil, tha e air a ràdh, gu'n bhuaile aingeal an Tighearn iad. "Agus air an oidhche sin féin chaidh aingeal an Tighearna mach, agus bhuaile ann an camp nan Asirianach ceud agus ceithir fichead agus cùig mile: agus an uair a dh' eirich iad gu moch anns a mhaduinn, feuch, bha iad uile 'nan corpaibh marbha." Tha thu a' faicinn an so cionnas a dhion aingeal Dhé a shluagh, agus a bha e na mheadhon anns a bhuaidh mhòr sin a fhuair iad air an naimhdibh; faic a bhàrr air sin ann an Gen. xxxii. 2. 'Nuair a bha Iacob air a thurus, agus ann an cunnart, choinnich ainglean Dhé e chum a chomhfhurtachadh agus a choimhead, agus ghairm e feachd Dhé liubh. Mar an ceudna ann an Salm lxviii. 17. 'Tha carbaid Dhé 'nam fichead mile, le mìltibh do mhìltibh aingeal,' &c. Mar a bha na carbadan nan didean doibh ré àm cogaidh, mar sin coirear carbada Dhé do ainglibh Dhé, chum a shluagh a dhion ré àm an amhghair; uime sin ha thu a' léubhadh ann an 2 Righ vi. 14. Gu'n obh ainglean Dhé nan tearmunn d'a shluagh an

àm cogaidh. 'Nuair a bha Elisa ann an teanndachd mhòr, air a chuairteachadh le naimhdibh, "Riun e urnuigh ris an Tighearn, agus thubhairt e, Buail, guidhcam ort an sluagh so le doille," &c. Is e sin, bhual aingeal an Tighearn na naimhdean chum leis a sin gu'm biodh a shcirlbhisich air an saoradh; tha mòran do na bheachd gu'n robh cruthan corporra aig na h-ainglibh chum an iorghuill agus a chomh-stri eadar sluagh Dhé agus an naimhdcan a réiteachadh. Tha thu a' léubhadh anns a Sechar. i. 8. Gu'm faca Sechariah, ann an taisbean duine na sheasamh am measg nau craobha-miortail, "Cunnaic mi san oidhche, agus feuch duinc a' marcachd air each ruadh, agus sheas e measg nan craobha-miortail a bha sa' gheann, agus air a chulaobh bha eich ruadha, bhreaca, agus bhàna." 'Se th' ann an rùn an fhaidh an so, a bhi nochdadadh staid iosal na h-eaglais, le neach na sheasamh anns a ghleann air cùlaobh nan craobha-miortail; 'sc th' air a chiallachadh, arsa Iunius, leis ua h-cachaibh ruadha, bhreaca, agus bhàna, ainglcan a bh' ait an òrduchadh chum caochladh oibre, na h-eich ruadha chum breitheanais, na h-eich bhàna chum tròcair, tha na h-eich bhreaca a' taisbeanadh na dream a bha chum oibre mhicasgta chuir an guiomh, a bh' aig an aon àm gus a mhuinntir dhiadhaidh a dhion, agus gu breitheanas a chuir an gniomh air na h-aingidh.

3. Tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nar aingeal ann an suidheachadh staid shòlaimte a phòsaidh chum sòlas, agus math a shluaigh féin mar chi thu ann an Gcn. xxiv. 7. "An Tighearna Dia nèimh, a thug mise o thigh m' athar, agus thìr mo dhilscan, agus a labhair rium, agus a mhionnaich-dhomh, ag ràdh, Do d' shliochd bhei

mi am fearann so; cuiridh esan 'aingeal féin romhad, agus gabhaidh tu bean do m' mhac as a sin." Mar a chur Dia 'aingeal a dh' fhaighinn bean do Isaac; tha na h-ainglean féin an fhad sin a' cur onoir air a phòsad, nach diult iad a bhi air an cleachdadadh 'na thoirt mu'n cuairt.

4. 'Se an dreuchd a bhi cuir smuaintibh naomh ann an cridheachaibh sluagh Dhé; tha e fior, cha'n 'cil an sgriobtuir a' labhairt gu soilleir mu'n ni so, gidheadh tha aobhar a bhi 'ga chreid-sinn, agus tha diadharan a' toirt an aobhar so a leanas mar dhearbhadh gu bheil frithealadh nan aingcal, a' tràorachadh chum a bhi cur smuaintean naomh ann an cridheachaibh sluagh Dhé, agus gidheadh gu'n sin idir a bhi na dhi-meas air bith do Spiorad Dhé, a chionn gur e an Tigh-earn is ughdar doibh, ach is iad na h-ainglean na meadhona ann an làimh an Spioraid, agus sin, do bhrigh gu bheil cead aig na droch ainglibh bho Dhia droch smuaintean a' chur ann an cridheachaibh dhaoine, Eoin xiii. 2. Gniomh. v. 3, agus uime sin air an laimh eilc, tha ughdarras aig na deadh ainglibh bho Dhia deadh smuaintean a' chur ann an eridhibh sluagh Dhé, air neo mar biodh sin mar sin, bhiodh ni bu mò chumhachd aig na droch ainglean gu thoirt ort raidean an diomhanais a' leantuinn, agus ruith ann an slighibh peacach, na tha chumhachd aig na deadh ainglibh chum toirt ort le'n deadh shanasainbimeachd ann an slighibh nan naomhachd, agus leis a sin do shlighe a chuideachadh air aghart ann an céumaibh na slainte; 's cinnteach gu bheil nadur dheadh aingeal cho iomchuidh, agus an cumhachd a thugadh dha buntuinn ri ar spioradane cho mòr, 'sa tha aona chuid nadur, no cumhachd dhroch aingeal; tha so air innse, mar 'eil

air a dhearbhadh leis an abstol ann an 2 Cor. xi. 14, gu'n cuir an diabhol e féin an cruth aingil soillse; agus tha e dcanamh sin chum thusa bhuaireadh guimeachd ann an slighe a pheacaidh, tha esan a tha na aingeal dhorchadais 'ga chuir féin an cruth aingil soillse, chum do ribeadh agus do chuir am mearachd, eadhon le bhi cuir nithe maith a'd' inntinn ann an an-àm, no chum droch chrioch; agus mar so tha e mealladh t' anam agus a' toirt ort peacachadh ann am beachd a bhi deanamh maith, mar so, is aingeal dhorchadais e 'n uair a bhuaireas e thu chum ni sam bith a ta gu h-iomlan peacach: ach is aingeal sholuis e a reir coslais le bhi cur ann do chridhe sin a tha math ann féin a dheanamh, gidheadh ann an an-àm: mar a ta bhi 'ga do bhuaireadh gu urnuigh 'nuair a ta thu 'g eisdeachd searmon, a bhi tarruing air falbh d' aignidhean bho'n fhocal air a shearmonachadh, le bhi 'gán suidhcachadh air dleasnas eile; agus an uair a tha thu 'g urnuigh faodaidh c do bhuaireadh gu lèubhadh, agus anns an t-seadh so faodar aingeal sholuis a ghairm dhe; agus mar so tha diadharan a' dearbhadh mar a ta droch ainglean 'ga do bhuaireadh chum uilc le bhi cur droch smuaintean a' d' chridhe; mar sin gu bheil ughdarras aig deadh ainglean bho Dhia deadh smuaintean a chuir ann an cridh-ibh sluagh Dhè chum am maith.

5. Tha Dia a' gnàthachadh frìthealadh nan aingeal chum maith a shluaign, ann a bhi cur air aghart agus a' craobh-sgaoileadh soisgeul Iosa Criosda leo, agus air dhoigh àraig a' dion nam ministeirean sin a tha searmonachadh an t-soisgeil, ni's mò na daoine 'sam bith cile 'san t-saoghal.

'Sa cheud àite, Tha na h-ainglean a' craobh-sgaoileadh an t-soisgeil, mar chi thu ann an

Gniomh. xvi. 9. “Agus chnnncas sealladh le Pol san oidhche: Sheas duine àraidh o Mhace-donìa, agus ghuidh e air, ag ràdh, Thig thairis gu Maccdonia,, agus cuidich leinne.” B’ aingeal a bh’an so a ghairm air Pòl, agus leis a sin thuig Pòl gu’n do ghairmcadh e chum an soisgeil a shearmonachadh do’n t-sluagh sin, agus mar sin chaidh e ; mar an ceudna chi thu ann an Gniomh. viii. 26 Gu’n labhair aingeal an Tighearna ri Philip a dhol agus an soisgeul a shearmonachadh. “ Agus labhair aingeal an Tighearna ri Philip, ag ràdh, Eirich agus imich chum na h-àirde deas, chum na slighe a ta dol sìos o Jcrusalem gu Gasa, a ta ’na f hàsach.” An so tha gairm shònruichte aig Philip le aingeal bho neamh an soisgeul a shearmonachadh agus a chraobh-sgaoileadh, agus rinn e sin, agus air an doigh so chraobh-sgaoil se e ’san àite sin le duine àraid iompachadh, a bha na dhuine mòr ann an cumhachd agus an ughdarras, a bhiodh na mheadhon mòr gu cuideachadh le cràbhadh agus lc diadhachd ; “ Oir bu duine e aig an robh mòr-ùghdarras fo Chandacc ban-righ-inn na h-Etiopia, agus a bha os ceann a h-ionmhais uile : ” ghairmeadh Philip le aingeal chum an duine mòr so iompachadh gu creidimh Chriosda.

’San dara àite, Mar an ceudna chum minist-eircan agus luchd searmonachaидh an t-soisgeil a dhion bho dhochair agus bho thrioblaid. Tha sinn a’ léubhadh ann an Isa. vi. 6, 7, 8. “ An sin thàinig aon do na scraphim ag itcalaich a m’ ionnsuidh, agus ’na laimh eibhleag bhò, a thug, e leis a’ chlobha bhàrr na h-altarach ; agus bhean e ri mo bheul, agus thubhairt e, Feuch, bhean so ri d’ bhilibh ; agus tha d’ aingidheadhd air a toirt air falbh, agus do lochd air a għlanad ;— agus thubhairt mi, Feuch, tha mise an so ; cuir

fios leam-sa." A nis tha Percins ann an labhairt air an sgriobtuir so ag ràdh, gur e mòrachd na ministeirleachd a th'air a' chiallachadh leis a so, 'nuair a bhean au aingeal ri Isaias, an sin bha e làn misnich, agus dearbhta, de thearmunn, agus durachdach 'na obair. Ged tha ainglean nan spiorada frithealaidh chum muinntir thaghla Dhé a' dhion anns an t-saoghal, gidheadh tha Dia ag àithneadh dhoibh curam ni's ro shònruichte gabhail dhiubh na do mhuinntir eile; oir ma tha Dia a' toirt àithne d'a ainglibh na h-uile bhios air an tearuadh a dhion; ni's mò mhòr a tha Dia a' toirt àithnc d'a ainglibh, cha'n c mhàin iad-san a bhios air an tearnadh a dhion, ach iad-san a tha nam meadhon ann am buidhean eile a thearnadh. Tha thu a' léubhadh mu'n àithne thug Pol do Thimoteus, gu'n bhi mi-churamach agus dcarmadach ann an ciomhlionadh a dhleas-nais, ach a bhi dichiollach 'na dreuchd ann an riaghait agus smachd a ghnàthachadh 'san eaglais, &c. 1 Tim. v. 21. "Tha mi a' sparradh ort am fianuais Dhé, agus an Tighearu Iosa Criod, agus nan aingeal taghta; gu'n coimhead thu na uithe so, gun aou a chur roimh neach eile, gun ni air bith a dhcanamh le claon-bhreith." An so tha an t-abstol a toirt àithne do Thimoteus am fianuis Dhé, agus an Tighearn Iosa Criod, agus am fianuis nan aingeal taghta uile; c'arson, ciod an t-aobhar? Tha do bhrigh gur iad na h-ainglean a bha gu bhi nan didcàin dha, cha'n c mhàin gu'm bi Dia agus Iosa Criod, ach bidh na h-ainglean nan tcarmunn duit ma theid thu air t-aghaidh gu firinnseach a coimhlionadh do dhleasnais anns an t-soisgeul a shcarmonachadh. Mar an ceudna, ann an 1 Cor. iv. 9, 'nuair a tha Pol a' labhairt an sin mu 'fhlangais féin,

agus mu fhlangais a chuid eile de na h-abstoil, tha e 'g ràdh, "Oir is i mo bharail gu'n do chuir Dia sinne na h-abstoil a mach mu dheireadh mar dhream a ta air an òrduchadh chum bàis. Oir rinneadh sinn 'nar bàll-amhaire do'n t-saoghal, agus do ainglibh, agus do dhaoinibh." Tha Dia 'ga d' fhaicinn, 'us tha daoine 'ga d' fhaicinn, agus tha ainglean 'ga d' fhaicinn, ann an cùrsa do mhinisteirleachd: Mar gu'n abradh an t-abstol, ged tha sibh an dùil cron a dheanamh dhuinne, agus ar treòrachadh mu'n cuairt le masladh, gidheadh tha Dia 'gar faicinn, 's tha daoine 'gar faicinn, agus tha ainglean a' faicinn ciod an eucoir a tha sibh a' deanamh do mhinisteiribh firinneach, agus ni iad dioghaltas as leth an dochair a nithear oirnne; tha Dia mar so 'gan gleidheadh-san a tha teagasg an t-soisgeil. Ni h-eadh, goirear comh-sheirbhisich de na h-aingil, Taisb xxii. 9. "Feuch nach dean thu e: oir is comh-sheirbhiseach dhuit mise;" mar a ghoirear ministeirean de aingil, mar sin goirear ainglean de mhinisteirean.

6. Tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nan aingil chum maith 'a shluagh, ann a bhi gleidheadh na muinntir thaghta an amannaibh geur-leanmuinn bho dhian-chorruich agus an-tigh-earnas an-iochdmhor an luchd-toireachd, Salm xxxiv. 7. "Campaichidh aingeal an Tighearna mu'n timchioll-san d'an eagal e, agus teasairgidh e iad." A nis c'uin a thachair gu'n chàmpaich aingeal an Thighearna mu'n timchioll-san d'an eagal e? Ma sheallas tu ri tiodal na Salm sin, chi thu gur ann 'nuair a dh' atharraich e a ghiulan an lathair Abimeleich, agus rinn e an Salm so 'nuair a leig e air féin a bhi air a chaothach chum a bheatha a shaoradh, mar chi

thu an sgeul air aithris ann an 1 Sam. xxi. 11, 12, 13. "Agus thubhairt seirbhisich Achis ris, Nach e so Daibhidh righ ua tire? nach anu m'a thimchioll-san a chau iad le cheile ann an danns-aibh, ag ràdh, Mharbh Saul a mhìltean, agus Daibhidh a dheich mìlteau? Agus thaig Daibhidh suas na briathra sin 'na chridhe, agus bha eagal mòr air roimh Achis righ Ghait. Agus dh' atharraich e a ghiùlan 'nam fianuis, agus leig e air fèin a bhi air a chaothach 'nan làmhaibh, agus scriob e air comhlaichibh a gheata, agus leig e lc 'shileadh tuiteam sios air 'fheusaig.' B'e so tha thu a' faicinn amhgaran Dhaibhidh agus gidheadh air son sin b'e so an t-àm anns ar robh gealladh aige air frithealadh nan aingeal chum a dhion agus a ghlcidheadh, eadhon ann an àm so na gcur-leanmuinn. Amhuil mar a ceudna bha Daniel air a theasairginn le ainglibh bho fhiaclaibh nan leòmhan, Dan. vi. 22. 'Nuai a thilgeadh e do għaraidh nan lcòmhan, thuirt o "Chuir mo Dhia-sa nuas 'aingeal, agus dhruid beoil nan leòmhan air chor as nach d'rinn ia mo dhochann." Agus thugadh Peadar a mac as a phriosan le aingeal, agus shaoradh e bh' gharg-chorruich, an-iochd, agus geur-leanmuin Heroid, Gniomh. xii. 7, 8. Agus thearnadh a triuir chloinne as an amhuinn theintich le aingeal Dan iii. 25, tha na nithe so uile a' dearbadh għ soilleir, gu bheil Dia a' saoradh a shluagh bh' chorruich dhaoine an-ochdmhor le frithealad nan aingeal.

7. Tha an Tighearn a' gnàthachadh fritheadh nan aingeal chum a mhuintir thaghta shaoradh an amannaibh buaraidh, agus a chua an teasainginn bho bhuaraidhibh an diabhol. Tha an diabhol 'gad bhuaireadh agus cha'n 'e-

thu 'ga fhaicinn ; mar sin tha deadh ainglean a' frithealadh dhiut agus cha'n 'eil thu 'gam faicinn ; 'nuair a tha'n diabhol 'gad bhuaireadh le gluas-adaibh truaillidh, agus le smuaintibh truaillidh gu peacadh a chuir an gniomh, an sin tha na deadh ainglean a' frithealadh chum nam buairidhean so a chumail air falbh bho dochann a dheanamh dhuit. Tha thu a' léubhadh ann an Sechar. iii. 1, gu'n sheas an diabhol aig laimh dheis a sheirbhiseach Iosua. "Agus thaisbein e dhomh Iosuah an t-àrd-shagart, 'na sheasamh an lathair aingeil an Tighearn ; agus Satan 'na shcasamh aig à laimh dheis, gu cur 'na aghaidh." Tha thu a' faicinn an so gu'n sheas an aingeal laimh ri Iosuah gu cur an aghaidh an diabhoil a thainig a thoirt dùlan da agus 'ga bhuaireadh, gu bhi nochdad, mar a ta'n diabhol cho gniomhach chum pobull Dhé a leantuinn le' bhuairidh-ibh, mar sin gu bheil an Tighcarn a' gnàthachadh frithealadh nan aingcal chum an saoradh bho na buaraidhibh so.

8. Tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nan aingcal, le bhi a' toirt àithne shònruichte do na h-ainglibh a mhuinnfir thàgh't a' dhion 'nuair a tha iad air leabaidh am bàis : An sin tha Dia a' gnàthachadh nan aingcal air dhoigh àraidh gu frithcaladh dhuibh aig an àm sin, a chionn gur e sin an obair mu dheireadh is urrainn iad a dheanamh air 'ur son anns an t-saoghal so ; tha sibh a' léubhadh ann an Lucas xvi. 22, gu'n d' Eug Lasarus, agus gu'n ghiulaineadh e leis na h-ainglibh gu uehd Abrahaim. Gèd bu chomh-shamhlachd a bhiodh an so, (ni tha cuid a' cur an teagamh) gidheadh tha e ro fhreagarrach ris an ni th' ann ar 'n amharc-ne, gu bhi nochdad, gu bheil na h-ainglean a' giulan anama na

muinntir thaghta do neamh aig a bhàs. A nis cuir an t-iomlan de na nithe sònruichte so cuid-eachd, agus faic an t-aobhar a th'agad a bhi moladh agus ag àrdachadh an Dia ghràsmhor sin a ghradhaich thu le leithid a ghràdh ionmhuinn troimh a Mhac, ionnas gu'n òrduicheadh agus gu'n d' thugadh e ughdarras agus àithne d'a ainglibh a bhi nan dion agus nan tearmunn duitse ré àm do bheatha 'san t-saoghal so, agus cha'n ann a mhàin dhuitse, ach do na h-uile dhe na mhuinntir thaghta bhios nan oighreachan air slainte: Mar so thug mi dhuit na h-ochd nithe sònruichte so anns am bheil Dia air dhoigh àraidh a' dion a chloinn thaghta tre fhrithealadh nan aingeal.

A nis tha dà leithsgeul eile ri 'm freagairt. Their leam gu bheil spiorad iomadh neach ag at 's ag eiridh suas an aghaidh an teagaisg so, agus ag ràdh, Ma tha so fior, gu bheil an Tighearu a gnàthachadh frithealadh nan aingeal gu coitchionn, agus gu sònruichte, mar chuir thu an céill dhuinne mu thimchioll na sochair chumant, agus na sochair àraidh a tha mhuinntir thaghta meal-tuinn d'an taobh, c'arson ann an labhairt mu oibre a chruthachaidh, nach d' rinn Maois iom-radh air ainglibh, dh' innis e dhuinn mu uile eunlaith an adhair, agus mu uile bheathaiche na macharach, mu'n ghréin, mu'n ghealaich, mu na reultan, agus mu'n iomlan de'n chruthachadh, ach cha do labhair e smid mu ainglean; agus nam biodh iad cho feumail agus a tha thus' a cur an céill, c'arson ma ta nach d' rinneadh iom-radh air na h-ainglibh?

Chaith na daoine is ro eòlaiche mòran ùine ann am fuasgladh an t-snuimh so, agus ann am freagairt na ceiste so; agus tha tri aobharan mòra aii

son nach do labhair Maois mu ainglean air aon de na sea laithean, 'nuair a tha e cinnteach gu'n do chruthaicheadh iad air aon de na laithean sin.

'Sa cheud àite. Cha do labhair Maois mu chruthachadh nan aingeal, do bhrigh gu'm b' àill leis na h-Iudhaich a chumail bho iodhal-aoradh, gun aoradh a dheanamh do ainglibh, nan d' innis e dhoibh mu oirdheirccas nadur nan aingeal, mu'n neart, mu'n cumhachd, mu'n ard-inbhe, mu'n gliocas, mu'n glòir agus mu'm mòrachd ; bha na h-Iudhaich co ullamh chum tuiteam gu iodhal-aoradh 's gu'n d' thugadh iad aoradh do dh' ainglibh : oir rinn iad aoradh mar Dhé, do dhaoinibh mòra bh' ann an àrd inbhe 'san cumhachd, agus ann am mòr mheas 'san t-saoghal ; agus is e so an t-aobhar gu'n d' fholuich Dia corp Mhaois, agus cha'n aithne do dhuine sam bith 'uaigh gus an là 'n diugh ; agus chathaich an diabhol agus an aingeal mu chorpa, a chionn gu'm b' àill leis an diabhol a thoirt am follais, agus cha cheadaicheadh an aingeal sin dha, do bhrigh gu'n robh fios aige gu'n dcanadh iad aoradh d'a chorpa marbh.

'San dara àite, Cheil Maois teagascg so cruthachadh nan aingeal, a chionn ann an labhairt mu'n chruthachadh nach do labhair c' ach a mhàin mu nithe faicsinneach, nithe a dh' fhaodar fhaicinn leis an t-sùil, agus a thoirt fainear le tuigse an t-sluaigh ; tha sibh a' faicinn nan neamh os 'ur ceann, tha sibh a' faicinn na talmhainn fodhaibh agus a' saltairt air, tha sibh a' faicinn beathaichean na machrach a' beathachadh, eunlaith nan spéur ag itealaich, agus iasg na mara a' snàmh ; agus tha'n t-Abstol Pol ag innse dhuiibh, gu'n chruthaich Dia nithe faicsinneach

agus nco-fhaicsinneach ; mar sin cha do labhair Maois mu chruthachadh nan aingeal, ach d' fhag e sin do linnibh ri teachd.

'San treas àite, Cha d' rinn Maois iomradh mu chruthachadh nan aingeal, air eagal nam b'e 's gu'n labhradh e mu'n cruthachadh-san, a tha nan creutairean cho oirdheirc, cho fada os ceann dhaoinc, 's gu'm biodh an sluagh ullamh gu smuaineachadh gun robh làmh aca maille ri Dia ann an cruthachadh an t-saoghal, mar a bha na Fcallsanaich bho shean a' cumail a mach, gu'm b' iad na h-ainglean luchd-comhairle nam flaith-eanais, agus mar sin gu'm faodadh iad a' ràdh, gu'n robh làmh aig na h-ainglean ann an cruthachadh neimh agus na talmhainn ; agus ged tha àm an cruthachaидh air a chleith, gidheadh cha bhu chòir dha sin idir a bhi na aobhar chum 'ur creidimh a lughdachadh a thaobh na firinn so, gu'n do chruthaicheadh na h-ainglean agus gu'n d' rinneadh iad nan spiorada frithealaidh dhoibh-san a bhios 'nan oighreachaibh air slainte.

Ma tha Dia a' gnàthachadh frithealadh nan aingeal chum na criche so, tha na Papanaich ag ràdh, gu bheil e dh' fhiachaibh oirnne urram agus aoradh a thoirt dhoibh ; agus tha Bellarmine aig mòr shaothair a' dearbhadh gur còir aoradh a thoirt do ainglibh, bho Gen. xlvi. 16. "Gu'n deanadh an t-aingeal a shaor mi bho gach olc, na leinnibh a bheannachadh, agus ainmichear m' ainmsa orra, agus ainm m' aithriche Abrahaim agus Isaac : agus mar iasg na mara fàsadadh iad lionmhor am meadhon na talmhainn." Is iad sò briathran Iacoib, leis am b' àill le Bellarmine a dhearbhadh, gu'n d' rinn e urnuigh ri ainglibh air son beannachd, agus ars' esan, is earrann de aoradh 'urnuigh, uime sin buinidh aoradh do

ainglibh cho maith is do Dhia. A nis mar fhreagairt do'n leithsgeul so.

Air tÙs, Cha'n e aingeal an Tighearn, arsa Augustine, a th' air a chiallachadh an so le aingeal, ach an t-tingeal, an Tighearna; cha'n e aingeal chruthaichte sam bith a th' air a chiallachadh, ach Cruithear nan aingeal, Iosa Criod, neach dhe'n goirear aingeal a chumhnaint anns an sgriobtuir.

'San dara àite, Cha'n 'eil e 'g ràdh, shaor aingeal mi, ach an t-tingeal a shaor mi, ni tha ciallachadh Iosa Criod, agus a thuille air sin tha'n sgriobtuir féin a dearbhadh, gur e Dia a th' air a chiallachadh, agus cha'n e aingeal Dhé, faic Gen. xlvi. 15. "Agus bhcannaich e Ioseph, agus thubhairt e, Gu'n deanadh Dia an lathair an do ghluais m' aithriche Abraham agus Isaac, an Dia a' bheathaich mi ré mo bheatha uile gus an là 'n diugh," &c. An aingeal so a shaor mi, an tì a tha siorriudh, is urrainn coimhead bho gach uile olc, b'esan an Dia ris an d' rinn Iacob urnuigh. Tighcarna nan aingeal, 's cha'n e aingeal an Tighearna.

'San treas àite, 'S co math agus co ceart a dh' fhaodar a ràdh gur e Dia a th' air a chiallachadh an so ri earrannaibh eile de'n sgriobtuir; uime sin tha thu a' léubhadh ann an Gen. xxxii. 26, gu'n d' rinn Iacob strì agus gleachd ri aingeal, agus thubhairt e, "Cha leig mi air falbh thu, mar beannaich thu mi;" 'se Dia a th' air a chiallachadh leis an aingeal so: oir ann an Hosea xii. 4. Seadh, le a neart bha cumhachd aige maille ri Dia, "Seadh, bha cumhachd aige maille ris an aingeal; agus thug e buaidh: ghuil e agus rinn e guidhe ris: fhuair e ann am Betel e, agus an sin labhair c ris. Agus tha so air a labhairt

mù ghleachd Iacoib maille ri Dia, da'n goirear aingeal, uime sin is eigin e bhith gur e Dia a th' air a chiallachadh leis a chainnt sin ann an Gen. xlviii. 16, mar an ceudna ; oir tha thu a' faicinn cia mar a tha aon earrann dhe'n sgriobtuir a' mincachadh earrann eile dhe gur e ainglean Dhé th' air an ciallachadh, agus cha'n e aingeal Dhé. Faodaidh sinn urnuigh a' dheanamh ri Dia air son tearmunn nan aingeal, ach cha'n fhaod sinn urnuigh a dheanamh ri ainglibh air son tearmunn Dhé. Agus a chum so a' dhearbhadh ni's ro shoilleire, bheir mi dhuibh araon sgriobtuir agus reusan air a shon.

1. Cha'n eil sinn gu aoradh a thoirt do ainglibh, a chionn gur iad ar comh-chreutairean ; ann an Taisb. xxii. 9. Tha sibh a' léubhadh cainnt an aingil ri Eoin 'nuair a b' àill leis aoradh a thoirt do'n aingeal, ars' an aingeal, " Feuch nach dean thu c : oir is comh-sheirbhiseach dhuit mise, agus do d' bhraithribh na faidhean, agus dhoibh-san a choimhdeas briathran an leabhair so : dean aoradh do Dhia."

2. Tha iad féin ag àithneadh dhuinn aoradh a thoirt do Dhia, agus cha'n ann dhoibh-san. Amhuil ann an Breith. xiii. 15, 16. " Agus thubhairt Manoah ri aingeal an Tighearna, Leig dhuinn, guidheamaid ort, do gleidheadh, agus deasaichidh sinn fa d' chomhair meann do na gabhraibh. Agus thubhairt aingeal an Tighearna ri Manoah, Ged ghleidh thu mi, cha'n ith mi do t' aran ; agus ma bheir thu suas iobairte-loisgte, do'n Tighearna bheir thu suas i :" &c. Tha sibh a' faicinn an so nach ceadaich aingeal do neach air bith aoradh a thoirt dha, a chionn gur ann do Dhia a mhàin a tha sinn gu aoradh a thoirt.

3. Tha na h-ainglean féin gu aoradh a dheanamh do Iosa Criod, agus uime sin cha'n 'eil sinne gu aoradh a thoirt dhoibh-san. Eabh. i. 6. "Agus a ris, 'nuair a tha e a' tabhairt a' cheudghin a steach do'n t-saoghal, a ta e ag ràdh, Agus deanadh uile aingil Dhé aoradh dha."

4. Tha'n sgriobtuir gu soilleir 'na aghaidh. Tha thu a' léubhadh ann an Deut. vi. gur e an Tighearna do Dhia, agus dha-san a mhàin ni thu scirbhis; tha e air àithucadh dhuinn gu'n umhlachd na aoradh diadhaidh air bith a thoirt ach do Dhia a mhàin. Amhuil ann an Colos. ii. 18. "Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachd thoileil, agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh a steach gu dàna chum nan nithe nach fac e, gu diòmhain air a shéideadh suas lc 'inntinn fheòlmhor féin." Bha an sluagh ullamh gu aoradh a thoirt dhoibh mar Dhé; agus a chum nach glacta iad 'sa choire so, tha an t-Abstol ag caralachadh nan Colosianach an aghaidh sin.

Nis tha tri féuman gu bhi air a dheanamh lhe'n teagastg so.

1, Chum ràbhaidh. 2, Chum teagaisg. 3, Chum eronachaидh.

'Sa cheud àite, Chum ràbhaidh smuainichibh ir na tri nithibh so.

1. Ma's c's gu bheil Dia a' toirt ughdarras 'a ainglibh frithealadh dhoibh-san a tha 'nan ighreacachaibh air slainte; uime sin thugaibh an aire nach dean sibh frithcaladh nan aingeal ni's farsuinge na's còir dha; tha c fior, gu bheil na h-ainglean a' deanamh maith do mhuinnitir na ghta Dhc, gidheadh na deanaibh-sa an reuchd ni's farsuinge na b' àill le Dia sinn a heanamh, is e sin, thugaibh an aire nach tuit bh ann am mearachd eaglais na Roimhe: Oir

tha iadsan ag ràdh, nach e mhàin gu bheil aing-lean Dhé mar fhreiceadan oirnn an so, agus a' giulan ar 'n anama do fhlaitheanais, ach tha iad ag ràdh gu bheil aon sochair eile againn uapa, eadhon, gu bhcil na h-ainglean a' deanamh eadar-ghuidhe ri Dia air ar son-ne, agus nach fhaqd sinne, air sgàth modhalachh, a dhol air bàll a dhionnsuidh Dhé, ach a chum nan aingeal agus urnuigh a dheanamh riu, eadar-ghuidhe a dhean' amh ri Dia as ar leith-ne, mar chithear ann an leabhar Thobit, gidheadh cha'n 'eil c air a dheachdadadh leis an Spiorad Naoimh: tha e air a ràdh anns an leabhar sin gu bheil na h-ainglcan ag giulan ar 'n urnuighean chum Dhé, agus tha sin a nochdadadh nach sgriobtuir air a dheachdadadh e, a chionn gu bheil e teagasg nithe a tha'n 'n aghaidh an sgriobtuir. Uime sin thugaibh àite do'n ràbhadh so chum gu'n toir sibh an aire nach dean sibh dreuchd nan ainglean ni's farsuinge na's còir dha; oir ged tha iad nam freiceadan dhuinne, chum ar dion bho chunnart 'san t-saoghal so, gidheadh cha'n 'eil iad nan eadar-mheadhonairean as ar leth-ne ri Dia. Tha Bellarminc aig mòr shaothair ann a bhi còmhdaich, gu bheil na h-ainglean a' taigse suas ar 'n urnuighean do Dhia, agus ag toirt an sgriobtuir sin, Taisb viii. 3, mar dhearbhadh air a bheachd so, "Agus thainig aingeal eile, agus sheas c aig au altair, agus tuisear òir aige; agus thugadl dha mòran tùisc, chum gu'n tugadh se e maille runuighibh nan uile naomh," &c.

A nis mar fhreagairt dha so: Ged tha Bright man de'n bharail gur e Constantine a th' air: chiallachadh 'san earrann so, gidheadh tha c ni' ro shoilleire gur c Iosa Criosd au aingeal mu' bheilear a labhairt ann, agus cha'n e ainglean

cruthaichte mar a ta Augustine 'ga mhineachadh. Cha'n 'eil na nithe a th' air an labhairt an so ag còrdadh ri h-aon ach ri Iosa Criod, agus sin anns na tri doighibh so.

1. Do bhrigh gu bheil an sgriobtuir ag innse dhuinn, nach urrainn a h-aon ach Iosa Criod an dreuchd so a dheanamh air ar son, ar 'n urnuighean a thoirt suas do Dhia, agus eadar-ghuidhe a' dheanamh air ar son, cha'n urrainn a h-aon a bhi na Eadar-mheadhonair as ar leith-ne ach Criod. "Cha'n 'eil ach aon Eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine, an duine Iosa Criod."

2. Tha c os ceann comas creutair air bith an obair so a dheanamh air ar son-ne, urnuighean aon sam bith de phobull Dhé a ghabhail gu an giulan a chum Dhé, an deanamh taitneach 'na lathair, agus am moladh dhasan air ar son-ne.

3. Cha'n 'eil teagamh nach e Iosa Criod a th'air a chiallachadh, a chionn gu bheil seadh an sgriobtuir so gu soilleir a' gabhail a steach Iosa Criod. Tha suil aige ri Ecesod. xxx. 7, 8. Tha an sin agaibh an t-àrd-shagairt a' losgadh tùis air an altair òir; "Agus loisgidh Aaron tùis chùblraigheoirre gach maduinn: an uair a dheas-aicheas e na lochrain loisgidh c tùis oirre. Agus an uair a lasas Aaron na lochrain mu fheasgair, loisgidh e tùis oirre; tùis bhith-bhuan an lathair an Tighearn, air feadh bhur ginealach." Bha'n t-àrd-shagairt na shamhladh air Iosa Criod, agus an altair na samhladh air a Dhiadhachd, agus an iobairt na samhladh air a Dhuineachd, agus an tùis na samhladh air eadar-mheadhonaireachd. A nis tha an altair, an iobairt, agus an tùis a' ciallachadh Criod; uime sin feumaidh c bhi gur c Iosa Criod a th' air a ghabhail a steach leis na samhlachaibh so, mar is e aingeal a.

chumhnaint, agus is esan a mhàin, le 'bhàs, le 'fhlangas, agus le 'fhircantachd, a tha moladh ar 'n uile urnnighcan do Dhia 'Athar, chnm gu'n gabh e rin as ar lcith-ne.

'San dara àite, Thugaibh an aire, na amharc- aibh air frithcaladh nan aingeal mar Inghdachadh air bith air nilc-òrdnachadh freasdal Dhé do 'ur taobh; ged is urrainn Dia bhur gleidhcadh as engais ainglean, gidheadh tha e faicinn iomchuidh 'ur dion le ainglibh; agns tha so ag àrdachadh Dhé a thaobh teasraiginn a shluagh, gn'm biodh a leithid a gràdh agns a churam aigc mu'n tim-chioll 's gu'n d' thngadh e àithne d'a ainglibh os ur ccann chum 'ur dion; tha so ag àrdachadh Dhé agns a' toirt glòir dha, do bhrigh na h-uile maith a tha deadh ainglean a deanamh dhniinne 'san t-saoghal so, gur ann le òrdngh Dhé a tha e, tha iad a' faotninn an nghdarras bho Dia am maith so a dhcanamh d'a sheirbhisich thaghta: Oir 'nuair a bhrath Iudas c do làmhaibh nan Sgriobhaichean agus nam Phairiseach, thnirt Criosd, Mata. xxvi. "An saoil thusa nach feud misc a nis m' Athair a ghnidhe, agus bheir e dhomh tuilleadh na dà lcgion deug do ainglibh." S'e Dia a tha toirt àithne d'a ainglibh os 'nne ceann chum 'nr dion, air neo bhithcadh sibh an còmhnuidh ann an gnà chnnart dochnn fhaot-uinn, agns a bhi air 'nr sgrios am feadh a tha sibh bcò anns an t-saoghal, uime sin tha Dia 'gar dion le ainglibh, ni a tha na mhòr urram dha, agus cha'n ann na lughdachadh air a fhrcasdal.

'San treas àite, Thugaibh a chcartaire, air dhuibh fhaicinn gur spiorada frithealaidh na h-ainglean do nile mhuinntir thaghta Dhé, nach togair sibh aoradh air bith a thoirt dhoibh; ged tha'n sgriobtuir a' labhairt-mòran mu na h-aing-

lean, mu naomhachd an naduir, mu mhòrachd an cumhachd, agus mu oirdheirceas an cruthachaidh, gidheadh na mealladh neach air bith sibh a thaobh frithealaidh nan aingeal, ann a bhi 'gar brosnachadh chum aoradh a thoirt dhoibh, oir cha'n 'cil ughdarras air son so a dheanamh dhoibh.

Tha'n dara féum chum teagaisg, agus sin anns na h-ochd nithe sònruichte so, mu thimchioll an ughdarrais a tha Dia a' toirt do na h-ainglibh chum frithcalaidh agus seirbhis a dheanamh do'n mhuinntir thaghta.

Am bheil dcadh ainglean ann aig am bheil ughdarras bho Dhia maith, agus frithealadh a dheanamh dhuinne? Ma tha air an laimh eile 's éigin gu bheil droch ainglean ann a tha saothrachadh chum cron a dheanamh araon do chnirp agus do anama pobull Dhé. 'Se ughdarras nan deadh aingcal maith agus tearmuinn a dheanamh do chuirp agus do anama sluagh Dhé, uime sin tha so gu diongmhalta ag ciallachadh, gu bheil droch ainglean ann a ni gach dochunn is urrainu doibh do phobull Dhé.

1. Ni iad dochunn do chuirp na muinntir thaghta; mar a rinn iad le cead Dhé do chorp Ioib; chlaoidh iad c cho cràiteach 's gu'n luidh e air an otrach, 'ga sgriobadh féin. Amhuil ann an Salm lxxviii. 49, 50. "A thilg e orra teas 'fheirge, boile, agus corruiich, agus teinn, le aingil olc a chur nam measg; a rinn e slighe d'a fheirg, nach do chaomhain e an anam o'n bhàs, ach a thug e thairis am beatha do'n phlàigh." Mar an ceudna ann ar 'n anama, chum ar buaireadh gu peacadh, agus ar cuir troimhe-cheile ann ar dleasannas. Tha Deodate a' mineachadh nam briathran sin ann an Gen. xv. 11, mar so; 'nuair a chaidh Abraham a thairgse iobairt do Dhia,

tha e air a ràdh, gu'n d' thainig na h-eunlaith a nuas agus gu'n chuir iad trioblaid air; a nis ars' esan, bu droch spioradan a bh' anns na h-eunlaith so a chuir dragh air Abraham 'na sheirbhis do Dhia 'nuair a thairg c iobairt: Mar sin tha na droch ainglean a' saothrachadh ehum amladh, buaireas, agus mi-shuaimhneas a chuir air sluagh Dhé 'nuair a tha iad a teachd dlù dha nau seirbhiscan naomh. 'S comharrachte an ni a th' air a labhairt ann an Iob i. 6. "A nis bha là air an d' thàinig mic Dhé gu scasamh an lathair an Tighearn; agus thàinig mar an ceudna Satan 'nam measg." Tha cuid a luchd mineachaich a' cumail a mach gur iad na h-ainglean mic so Dhé a sheas na lathair a dh' fhaicinn ciod a b' àill le Dia iad a dheanamh air son na muinntir thaghta 'san t-saoghal, agus thainig na deamhain nam measg a dh' fhaicinn ciod an ccad a ghcibheadh iad bho Dhia a phobull féin a chlaoïdh, a bhuaireadh, a chuir troimhe-cheile, a shàrachadh agus a dhochunn. Tha Mercer ag cur an aghaidh na beachd sin mar mhearachd gun bhònu. Tha Balducius ag ràdh, gur iad na daoine diadhaidh anns an t-saoghal a th' air an ciallachadh le mic Dhé, eadhon, ars' esan na daoine diadhaidh sin a bh' ann an laithibh Ioib, agus tha e 'ga dhcarbh-adh leis a so: Oir tha e air a ràdh, gu'm faca mic Dhé nigheana dhaoine, gu'n robh iad sgiamhach, agus ghabh iad dhoibh féin mnai do gach uilc a raoghsaich iad. Agus is i a bharail gur e latha na Sabaid a bh' ann. A nis 'nuair a sheas mic Dhé an lathair an Tighcarna, thainig an deamhan a chuir mi-shuaimhneas orra nan seirbhis, agus nan aoradh a bha iad gu cho'ilionadh do Dhia; agus is aun air là àraighe a bha e, là na sabaid, eadhon là na Sabaid sin 'nuair a thainig pobull

Dhé a chuairteachadh an dleasannasa sòleimte nan aoradh agus nan seirbhis do Dhia, an sin shaothraich an diabhol gu buaireas a chur orra ann an co'ilionadh an dleasannasa; bheir e air cuid gu'n coidil iad ag eisdeachd searmoin, agus air cuid aon ni a dheanamh, agus air cuid eile ni eile; gabhaidh e gach doigh, gach cothrom agus gach àm chum 'ur cnir troimhe chcile ann 'ur dleasannasa do Dhia: Mar sin tha droch ainglean ann chum 'ur claoidh agus 'ur dochann, cho maith 'sa tha deadh ainglean ann chum 'ur teas-airginn agus 'ur dion.

2. Ma tha na h-ainglean nan spiorada frithealaidh do'n muinntir thaghta, cha'n eil aobhar aig pobull taghta Dhé eagal a bhi orra roimh chorruich agus mhi-ruin an diabhoil agus 'ainglean; ma tha na deadh ainglean a' frithealadh dhuit, na biodh eagal ort roimh na droch ainglean; oir ged tha cead aig na deamhain air uairibh bho Dhia dochann a dheanamh do chuid á dheadh dhaoine; gidheadh tha gnà ughdarras aig na deadh ainglean bho Dhia maith a dheanamh do dheadh dhaoine, agus tha Dia a' toirt àithne shònruichte dhoibh maith a dheanamh dhoibh. An urrainncar a smuaineachadh, ma thug Dia ughdarras dhoibh cathachadh mu chorp Mhaois, nach mò gu mòr cathachadh air son anama na muinntir thaghta? Agus mar sin tha cumhachd nan deadh ainglean ni's mò na cumhachd nan droch ainglean: uime sin na biodh cagal ort rompa, do bhrigh gu'n d' thug Dia àithne do na deadh ainglean a bhi nam freiceadain agus nan didean duit, oir chàill eadhon na droch ainglean lc 'n tuiteam mòran de'n cumhachd, dc'n neart, agus de'n gliocas: ach cha do chàill na deadh ainglean ni sam bith de'n cumhachd, de'n ncarrt

no de'n gliocas, ach tha iad air an daighneachadh, agus cleachdaidh iad an t-iomlan de a thaobh an ughdarrais bho Dhia a mhuinutir thaghta 'san t-saoghal a theasairginu agus a dhiou.

3. Ma tha ua h-ainglean air au cruthachadh le Dia nan spiorada frithcalaidh do'n mhuinntir thaghta, cha'n 'eil aobhar aig deadh dhaoine eagal a bhi orra roimh na bhàs, oir is c sin an gniomh mu dheireadh a tha na h-ainglean gu dheanamh air an son; gabhaidh iad euram dhc t-anam, agus gleidhidh iad c aig a bhàs, Lucas xvi. 22. "Agus tharladh gu'n d' fhuair au duine bochd bàs, agus gu'n do ghiulaineadh lcis na h-ainglibh c gu h-uchd Abrahaim." Ma bha na h-aingleau dileas dhuit ré do bheatha uile, am bheil thu a' smuaineachadh nach bi iad dileas dhuit aig uair do bhàis? Cha bhi 'n diabhol comasach gu bràth t-anam a sgrios; uime siu, O dhuine, c'arson a tha eagal ort a bàsachadh? Faodaidh tu a ràdh, "ged tha cairdean agam gu guil maille rium, gidheadh tha mi cinnteach gu'n toir na h-ainglean sabhailt mi do neamh aig a bhàs." O thoir fainear, am bheil ughdarras aig na h-ainglean do dhion, agus maith a dheanamh dhuit ré àm do bheatha, agus am bheil thu a' smuaineachadh gu'n diobair iad thu mu dheireadh anns an obair mhòr agus dheircannach a dheanamh air do shon? Ni h-eadh tha Iosa Criod, aingeal a chumhnaint, a ghabh do nadur air féin, cha'n e mhàin 'ga d' neartachadh an aghaidh mallachd a bhàis, ach au aghaidh cagal á bhàis, Eabh. ii. 15. Uime sin, na biodh eagal ort a bàsachadh.

4. Mar uach 'cil aobhar aig deadh dhaoine eagal a bhi orra as a bhàs, mar sin cha'n 'cil aobhar aig deadh dhaoine eagal a bhi orra á

cunnart anns a bheatha so. Cha bhi eagal a cunnart air Righ anns an t-saoghal so, 'nuair a tha 'fhreiceadan mu thimchioll, do bhrigh gu'n dion iadsan e: O cia ni's mò mhòr an t-aobhar a th' agaibhse gu'n eagal a bhi oirbh á cunnart air bith, cha'n 'eil freiccadan de dhaoine agaibh chum 'ur gleidheadh, ach tha freiceadan de ainglean agaibh chum 'ur dion. Cha robh eagal air Solamh 'nuair a bha tri cheud fear le targaidibh mar fhreiceadan air, ach tha ni's mò na tri cheud fear lc targaidibh agaibh-sa, oir tha ughdarras aig uile ainglean Dhé bhur gleidheadh agus 'ur dion o chunnart anns an-t-saoghal. 'Se barail aon de dhiadhairean na linne so, gu bheil curam ni's mò aig Dia de 'eaglais'sna h-amannaibh dcireannach so na bh' aige bho shcan, do bhrigh gu bheil an eaglais ni's lionmhoire agus fraoch feirge a naimhdean ni's ro dheine na h-aghaidh. Ged bha na h-ainglean 'gan taisbeanadh féin ann an cruth na bu ro fhaicsinnich fo'n t-Seann Tiomnadha na fo'n Tiomnadha Nuadh, gidheadh tha frithealadh ni's làine fo'n Tiomnadha Nuadh na fo'n t-Seann Tiomnadha; agus tha 'n dà sgriobtuir so 'gadhcarbhadh, Esec. ix. 2. Tha sinn a' leubhadh an so, gu'n robh aig geata Jerusaleim scathnar ainglean air an robh curam a bhailc; agus ann an Taibh. xxi. 12, gu'n robh dà gheata dheug air a bhailc, agus aig na geataibh dà aingeal dheug, agus ainmean sgriobhta orra, eadhon ainmean dà threibh dheug chloinn Isracil. Bho'n dà sgriobtuir so tha diadhaircan a' foghlum gu bheil cùram ni's mò aig an Tighearna de phobull fo'n t-soisgeul na bh' aige fo'n lagh, agus tha ainglean Dhé a' dion agus a' gleidheadh a phobuill bho eagal agus bho cunnart anns an t-saoghal.

5. Bu chòir do'n teagasg so eagal agus geilt a'

chuir air daoinibh aingidh, agus am bacadh bho àmhghar, dochann, no eacor a dheanamh air pobull Dhé anns an t-saoghal; C'arson? Tha do bhrigh gu bheil iad a' deanamh eucoir orrasan aig am bheil na h-ainglean mar fhreiceadan. Theagamh gu bheil thusa a' deanamh cron do dhùine maith, agus math d' fhaoidhте gu'n toir e maitheanas dhuit, ach thoir fainear cha mhaith 'ainglean dhuit e; "Thugaibh an aire (arsa Criod) nach dean sibh dochann air aon neach do'n mhuinntir bhig so," (C'arson?) "do bhrigh gu bheil an aingil-san air nèamh a' faicinn gnuis m' Athar-sa chum dioghaltas a' dheanamh orrasan a ni cron dhoibh-san." Nuair a bha Balaam a dol a mhallaichadh pobull Dhé, tha e air a ràdh, gu'n do bhac aingeal e, Aire. xxii. 22. "Agus las corruiich Dhé a chionn gu'n d' imich c, (eadhon an aghaidh Bhalaaim) agus sheas aingcal an Tighearna 'san t-slighe mar eascaraid 'na aghàidh. A nis bha e marcachd air 'asal féin, agus a dhà òglach maille ris." Bhail Aingeál na Sodomich a chuairtich tigh Loit, le doille. Uime sin thoir an aire nach dean thu eucoir air pobull Dhé, faodaidh iadsan maitheanas a thoirt dhuit, ach cha toir ainglean Dhé maitheanas dhuit, ach ni iad dioghaltas ort air son na dochair a rinn thu orra-san.

6. Biodh naire agus eagal oirbh á mi-ghiulan air bith ann 'ur 'n aoradh follaiseach 'nuair a thaisbeanas sibh an lathair Dhé: do bhrigh gu e earrann mhòr de dhreuchd nan aingeal a bhi gabhail beachd air 'ur giulan-sa 'n 'ur comh-chruinnichidhean aoraidh, I Cor. xi. 10. "Uime sin is còir do'n mhnaoi cumhachd a bhi aice air a ceann, air son nan aingeal." A chionn gu bheil na h-ainglean a' faicinn giulan agus cleachdadhl

pobull Dhé, ann an co'-thionailibh aoraidh, thug-aibh an aire nach giulan sibh sibh féin gu mi-chiatach ann an aoradh follaiseach Dhé 'nuair a thaisbeanas sibh na lathair, aona chuid 'n'ur briathraibh, 'n ur trusganaibh, no 'n 'ur gluasad, oir is aithne dha na h-ainglean 'ur giulan, agus tha iad 'ga fhaicinn, Gnath. vii. 10. Tha sibh a' léubhadh an sin mu chulaidh striopaiche, muinneal ruisgte gus a bhroilleach. Is e sin gnànan striopaichean, arsa Cartwright, muinnealan fosgailte agus broillichean lomnochd, ni a b 'e fasan nan striopaichean anns na laithibh ud, agus tha e air teachd gu bhi na chleachdadhdh aca 'sna laithibh so, mar bha e bho shean, ni is e aon de aobharan nam breitheanas a tha air an tir. Seall ri Isa. iii. 18—25. Faic an sin seomaraodaich de dh' ardan air a chuir sios leis an fhaidh, ni a dh' aobharaich breithcanasan, "Anns an là sin bheir an Tighearn air falbh àille nan cos-fhainnechan, agus na bréidean, agus na samhlachan-gealaich, na cluigeanan, agus na lamh-fhaillean, agus na sgàilean, na cuailleanan, agus na soireachan-boltraich, agus na cluaisfhàinnean, na fainnechan, agus na séudan-sròine. Na trusgana lasach, agus na tonnaga, agus na falluinnean, agus na deilg, na sgàthanan, agus na léintean annairst, agus na curaichdean, agus na bratan-sgaile." Faic ciod an lionmhorachd de dh' fhasan an ardanach a bheir an gnàthachadh an so, ach ciod a lean? Thug Dia breitheanas orra air son so, rann 24, "Agus an àit deadh fhàile bithidh bréine, agus an àit criosa bithidh srachd, agus an àit fuit air a dheadh-chleachdadh bithidh maoile, agus an àit crios-uchd bithidh ceanglachan saic-cudaich, agus losgadh an àit maisc." Faic mar bhrosnuich an diomhañas agus

an t-ardan so Dia chum breitheanais a thoirt orra; rann 25. "Tuitidh do dhaoine leis a' chlaidheamh, agus do threun-fhir anns a chogadh." Salm cxxxviii. 1. "An lathair nan dée seinnidh mi cliù duit." Tha am Biobal Greugais 'ga eadar theangachadh, "an lathair nan aingil;" agus cuid eile, "an lathair an luchd-riaglaidh agus nam prionsachan," Ecles. v. 6. "Na h-abair an lathair nan aingil, gu'm bu mhearachd e;" Tha na h-ainglean a' gabhail beachd air na h-uile giulan mi-chiatach, codal, fiamh-ghaire, dearmad agus dimeas a nithear air na h-òrduighibh. Dh' ainmich mi so, a dh' fheuchainn duibh gu bheil Dia a gabhail aire shònruichte dhe bhur caitheamh-bcatha, agus gu bheil na h-ainglean a' faicinn 'ur giulan 'nuair a tha sibh a tarruing dlù do Dhia.

7. Ma's e 's gu bheil na h-ainglean nan spiorada fritheàlaidh do'n mhuinntir thaghta: Uime sin bu chòir dha so a theagasg dhuinne mic nan daoine bhi iriosal an lathair Dhé, ma tha na h-ainglean a tha nan creutairean a tha de dh' inbhe cho urramach, de chumhachd cho mòr, agus de nadur cho oirdheirc a' deànamh seirbhis dhuinne, am bu choir dhuinne tàir a' ghabhail a seirbhis a' dheanamh do aon a chéile; O e'arson a dh' amhairceadh sibh orra-san is àirde inbhe na sibh féin le farmad, agus orra-san is isle inbhe na sibh féin lc tarcuis? Tha sibh a' léubhadh ann an Rom. xii. 3, 16. "Oir a ta mi ag ràdh, troimh a' ghràs a thugadh dhomh-sa, ris gach neach 'nur measg, gun smuaineachadh uime féin ni's àirde na's còir dha smuaincachadh; ach smuaineachadh am measarrachd, a réir mar a roinn Dia ris gach neach tomhas a' chreidimh. Èithibh a dh' aon rùn d'a chéile. Na biodh

bhur cion air nithibh àrda, ach cuiribh sibh féin an comh-inbhe riu-san a ta iosal. Na bithibh glic 'nur barail féin." Ged robh sibh saoibhir anns an t-saoghal na measaibh mar thàire math a dheanamh do mhuinntir bhochd; tha eadar-dhealachadh ni's mò eadar ainglean agus na daoine is ro chumhachdaiche, na tha eadar prionns' air a chathair, agus diol-deirce air an òtrach, agus gidheadh cha tàir leis na h-ainglibh frithealadh dhuibh. Tha sibh a' lèubhadh ann an Eoin xiii. 14. "Uimc sin ma dh' ionnlaid mise, bhur Tighearn agus bhur Maighstir, bhur cosan-sa, is còir dhuibh-sa mar an ceudna cosan a chéile ionnlad." Dh' ionnlad Criod cosan a a dheisciobuil, a theagasc d'a shluagh a bhi iriosal, imeachd a reir eisimpleir-san, agus a dheanamh mar a rinn esan rompa. Mar sin faodaidh mise a' ràdh ribhse, ma tha na h-ainglean a tha cho àrd agus cho oirdheirc os ceann dhaoine, a' deanamh màith do phobull Dhé, ma tha iad a' frithealadh doibh chum am maith; O ma ta na deanaibh-sa tàir orra-san a ta ni's isle inbhe na sibh féin, ach deanaibh gach math a ta 'n'ur comas dhoibh. Saothraichibh air son irioslachd; tha cuid a luchd mineachaидh de'n bharail gu'm b'e an t-àrdan pcacadh nan aingil, agus uime sin a chum dearbhadh a' chur air na h-ainglean a sheas a bhi saor bho ardan, ghnàthaich Dia iad a chum frithealadh d'a phobull a th' anns an t-saoghal, dream a tha cho fada fo'n inbhc-san.

8. Ma's e 's gu bheil na h-ainglean a' frithcaladh do phobull Dhé; O biodh so na mheadhon chum impidh a chur ort-sa bhi ni's ro dhurachdaiche 'na sheirbhis: An d' thug Dia uile chrcutairean na talmhainn chum seirbhis a dheanamh dhuit? An d' thug Dia a ghrian anns na speur-

aibh chum solus a thoirt dhuit? An d' thug Dia air an talamh a chinneas a thoirt a mach chum lòn a thoirt dhuit? An d' thug Dia ainglean nam flaitheanais gu frithealadh dhuit-sa chum do mhaith? Agus an d' rinn Dia so uile air do shon? O ma ta dean seirbhuis dha do Dhia: O! thoir urram do'n Dia a' chur a leithid sin a dh' urram ort; agus O! cia mar bu chòir dhuit a bhi beò chum seirbhuis an Dia sin a chruthaich uile chreutairean chum do shcirluis? Cha'n 'eil thu a' toirt ath-dhioladh agus a freagairt na dàil a a bh' aig Dia mu do thimchioll mar 'eil thu a' deanamh seirbhuis do'n Tí sin a rinn na nithe so uile air do shon.

Tha an treas féum a chum cronaehaidh, agus sin do cheithir seorsa muinntir.

1. Tha e eronachadh mearachd sin nan Sadusach, a tha 'g aicheun nach 'eil aiseirigh, no ainglean, no spioradan ann, Gniomh. xxiii. 8. "Oir tha na Sadusaich ag ràdh nach 'eil aiseirigh, no aingeal, no spiorad ann, &c." Cionnas a b' urrainn an sgriobtuir na h-uircad a' ràdh mu ainglean, mar biodh iad ann?

2. Tha e cronachadh na muinntir sin nach do smuainich riamh bho thainig iad a dh' ionnsuidh an t-saoghal, gu bheil ainglean a' deanamh math dhoibh, no ciod e cho fada 'sa tha iad an eomain Dhé air son na beannachd mhòr so.

3. Tha e cronachadh na muinntir sin a tha toirt tuille 'sa chòir ri dheanamh do na h-ainglibh, dream a chionn gu bheil na h-ainglean a' frithealadh dhuinne le ughdarras Dhé, a tha toirt aoradh dhoibh; is e sin a bhi 'g aoradh do'n t-seirbhiseach, agus a' dearmad aoradh a thoirt do'n Mhaighstir, Dia mòr neimh agus an talmhainn.

4. Tha e cronachadh na muinntir sin a tha 'g

earbsa frithealadh nan aingil, agus gidheadh aig
 nach 'eil suim de eisimpleir nan aingil a leantuinn;
 ged a tha thu 'g ràdh anu an urnuigh an
 Tighearna, "Gu deanar do thoil air thalamh,
 mar a nithear air neamh," gidheadh nach 'eil a'
 deanamh toil Dhé air thalamh mar a ta na
 h-ainglean a' deanamh air neamh; tha mòran ag
 urnuigh ri Dia an dion air an talamh le ainglibh,
 gidheadh nach 'eil a' clachdadadh an dichioll ann a
 bhi 'g imeachd fo'n didean so a reir eisimpleir
 nan aingil. O thoir faincar gu bheil na h-aing-
 lean a' deanamh seirbhis dhuitsa tha mòran ni's
 neo-inbhiche na iadsan; tha iadsan iriosal agus
 toileach math a dheanamh dhuits' anns an
 t-saoghal, ach thusa, O dhuinc, a tha caitheamh
 do bheatha gu h-àrdanach, agus 'ga d' ghiulan
 féin gu mòr-chùiscach d' an taobh-san a tha ni's
 neo-inbhiche ua thu féin, agus aig am bheil cridhe
 farmadach d'an taobh-san a tha ni's airde inbhe
 na thu fein: O cha'n 'eil thu a deanamh toil Dhé
 'san ni so air thalamh. Ged nach urrainn duinn
 toil Dhé a' dheanamh mar a ta na h-ainglean 'ga
 deanamh, gidheadh faodaidh sinn a' deanamh a
 thaobh càileachd, ged nach urrainn duinu a'
 deanamh co 'ionnan; mar a ta na h-ainglean a'
 deanamh toil Dhé gu toileach is amhuil a dh'
 fheumas sinne a deanamh; tha na h-ainglean a'
 deanamh toil Dhé gu h-ealamh, agus uime sin
 tha neart air a thoirt dhoibh, ach cha'n 'cil sinn
 a' leantuinn an eisimpleir, oir tha sinne gle leisg,
 slaodach, agus dearmadach ann an scirbhis Dhé.
 Tha thu a' leubhadh ann an Salm ciii. 20.
 "Beannaichibh an Tighearna sibhse 'aingle treun
 an neart, a' deanamh iarrtuis, agus ag eisdeachd
 ri fuaim 'fhocail." Is e so seirbhis agus dichioll
 nan aingeal ann au àitheanta Dhé a choilionadh

gu h-ealamh; ach cha'n 'eil sinne ealamh 'na sheirbhis ann an coi'lionadh a thoile; cha'n'eil ainglean Dhé toilichite leis na rinn iad air son Dhé ach tha iad ullamh gu tuille dheanamh air a shon; tha ainglean Dhé a' ciomhead àithnte agus ag cisdeachd ri 'reachdaibh; tha iad ag eisdeachd ri fuaim 'fhocail, agus tha iad ullamh gu toil Dhé a dhcanamh, ach cha'n 'eil sinne amhuil mar na h-ainglean ann ar dleasnasaibh do Dhia; uime sin tha sinne airidh air achmhasan, a tha 'g amharc air son tearmunn bho ainglibh, agus gidheadh nach d' thug riamh oidhearp ann ar seirbhis do Dhia air an eisimpleir a' leantuinn, ann a bhi gu coguisseach a' coi'lionadh dhleasnasa dha-san, ann a bhi toirt fainear agus a' coimhead àithnte: "Nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur a mach chum frithealaidh dhoibhsan a bhios 'nan oighreachaibh air slainte."

LITIR I.

CHUM MR. C. LOVE BHO 'MHNAOI.

Annsachd mo chridhe,

Mu'n sgriobh mi ni's faide, guidheam ort gu'n bhi smuaineachadh gur e do bhean a tha nis' a' sgriobhadh dha t' ionnsuidh: Tha dòchas agam gu'n tug thu suas do bhean agus do chlànn gu saor do'n Tighearna Dia, a thubhairt; Jer. xlix. 11. "Fag do dhilleachdain, gleidhidh misc beò iad; agus cuircadh do bhanträichean an dòchas annam-sa!" O gu'n gleidheadh an Tighearna thu bho aon smuain thrioblaidcach a bhi agad mu thimchioll do chairdean. Tha misc 'g iarraigdh do thoirt suas gu saor do làmhaibh an Athair,

agus cha'n e a mhàin gu bheil mi g amhàire air mar chrùn glòir dhuit-sa bàsachadh air son Chriosd, ach mar urram dhomhsa, gu'm biodh fear-posda agam a dh' fhuilingeadh air son Chriosd. Cha dàna leam labhairt riut, na smuain a bhi am chòm mu thimehioll mo chàll do labhairt, ach tha mi gu h-iomlan a' cumail mo shuil suidhiehte air do buhannachd do labhairt agus do-smuainteachaidh-sa. Cha'n 'eil thu a' fagail aeh bean pheacach bhàsmhor, gu bhi air do phosadh gu siorruidh ri Righ na glòire; cha'n 'eil thu a' fagail aeh clànn, agus bràithrcan agus peath-raichean, gu dol a chum an Tighearn Iosa do bhrathair is siue; tha thu a' fagail chairdean gu dol a chum euideach ainglean naomha, agus gu spiorada dhaoiue ionraie air an dcanamh foirfe; cha'n 'eil thu ach a fagail talamh air son neimh; agus ma thoisicheas aignidhean nàduraeh ri cirigh, tha dòchas agam gu'n cum spiorad nan gràs sin a tha an taobh a stigh dhiot-sa fodhaid air dhuit fhios a bhi agad nach 'eil 's na h-uile nithe a tha san t-saoghal ach sàl agus aolach ann an coimcas ris na nithibh sin a ta shuas: Is aithne dhomh gu bheil thu a' cumail do shuil suidhiehte air dòchas na glòire tha toirt ort saltairt air eàll an t-saoghal.

Fhir mo ghràidh, tha fhiös agam nach c a mhàin gu'n d' ullaich Dia glòir air do shon, agus thus air son gloire, aeh tha mi dearbhta gu'n dean e taitneach an t-slige dhuit air do thuras chum a mealtuin: Agus 'nuair a bhios tu a' cur t-aodaich umad air a mhadainn sinn, smuainich gu bheil thu a' eur t-eideadh bhainnse umad, chum dol gu bhi air do phosadh ri t' Fhearaidh: 'Nuair a thig teachdaire a bhàis dha t' ionnsuidh, na euireadh e uamhas ort, ach amh-

aire air mar an teachdaire tha toirt deagh sgeul mu bheatha shiorruidh : 'Nuair a theid thu suas air an stol-chasgairt, smuainich ciod a dh' innis thu dhomhsa, "nach ròbh ann ach do charbad gu do thoirt gu tigh t' Athair" agus 'nuair a leig-eas tu sios do cheann gràdhach gu buille t' Athair fhaotuinn, cuimhnich ciod a thuirt thu rium-sa ; "ged sgairte do cheann o d' chorp, gidheadh, gu'm bi t' anam air bàll air aonadh ri Iosa Criosd, do cheann air neamh." Agus ged dh' fhaodair a mheas searbh, gu bheil sinn air ar dealachadh o cheile le làmhaibh dhaoine beagan ni's luaithe na biodhmaid air mhodh eile, gidheadh thugamaid fainear, gur e òrdugh agus toil an Athair e, agus a thuille air sin, cha b' urrainn duinn a bhi bed mòran ni b' fhaide cuideachd, agus cha'n fhada gus am meal sinn cuideachd aon a cheile anus na flaitheanas.' Oh ! thugamaid sòlas do aon a cheile leis na briathraibh so. O biodh misueach agad cha'n 'eil aun ach buille bheag, gus am bi thu "Far an sguir na h-aingidh do bhuaireas, agus far am faigh iadsau a ta sgith le saothair fois." Oh ! cuimhnich ged tha thu ag itheadh do dhiuneir le luibhibh searbh, gidcadh bithidh suipeir aoibhncach agad màille ri Criòsd 'am oidhche. Agus, fhir mo ghràidh, cha'n 'eil mi gabhail orm féin a bhi am oidionusuich dhuit-sa lcis na nithibh so tha mi a' sgriobhadh dha t' ionnsuidh ; oir fhuair mi an sòlas so bho'n Tighearna tromhad-sa. Tha mi a' cluinntinn gu bheil ughdarrings air teàchd gus an Uachdaran, tha mi ullamh gu smuaineachadh gu'm faodadh gur ann mu do thimchioll-sa tha c, chum do chuir gu crioch do thuras am maireach, agus siu do bhrigh teagamh gu'm bi bacadh air a chuir orra ma dh' fhanas iad gus an latha chomh-

arraicheadh ; ach tha fhios agam, gu bheil thusa cho fada bho eagal a bhi ort roimhe, 's gur ann a tha fidachd ort as an latha, nì, an ath nì fo Dhia, is mò bheir a shòlas dhomh-sa 'san t-saoghal, cluinntinn thusa bhi deonach a dhol gu bàs. Cha'n urrainn mi tuille a' sgriobhadh, ach bhcirc-eam scachad thu do lamhaibh an Dia sin, maille ris am bi thus' agus mise gu h-aithghearr. Slàn leat, Slàn leat,

MAIRI LOVE.

II Là dho'n t-seachdamh mios, 1651.

F.S.—Tha aon chomhfhurtachd a b' àill leam thu a ghiulan a chum t-uaghach, ma rinn Dia riagh math do m'anam-sa, bu tusa am meadhon sònruichte, oir cha d' amhairc mi riabh an deigh Dhé gus am faca mi t' aodainn-sa.

LITIR II.

CHUM MR. C. LOVE BHO 'MHNAOR.

M' ànnsachd neamhaidh,

Goiream so dhiot, do bhrigh gu'n chuir Dia neamh dha t-ionnsuidh-sa mu'n tug c thusa do neamh : Tha thu a nis' a' facinu Dhia agus Chriosd, agus glòir, mar ann an sgàthan, ach am maircach bidh gcatachan neimh air am fosgladh, agus bidh tu ann làn sheilbh na glòirc sin, nach fhaca sùil, agus nach cuala cluas, agus nach d' thainig ann an cridhe duine. Shluig Dia suas do smuaintean a nise lc aoibhneasa neimh, ach gu goirid bidh tu gu h-iomlan air do shlugadh suas aun am mealtuinn ueimh. O na gabh iou-gantas gu bheil do spiorad cho ciuin agus sàmhach, am feadh a tha 'thu air do thònn-luasgadh chum na doinionn ghailebheach so, do bhrigh gu bheil thu a' faicinn, le sùil a chreidhimh, cala

fois, far am bi thu māille ri Criosd glòir na neimh. O tog suas dō cheanu lc aoibhneas, 'nuair a leagas tu sios c air an stochd, le bhi smuain-eachadh air so, gu bheil thu a leagadh sios do cheanu gu fois a ghabhail ann an uchd do Shlannuighear, a bhios, an uair a mhosglas tu, air a chrùnadh, cha'n ann le crùn talmhaidh a shcargas as, ach le crùn neamhaidh de glòir. O na bi fo mhi-mhisneach, 'nuair a chì thu freiceadan shaighdearan a' deanamh caithream lc'u trombaidibh mu'n cuairt dhuit; ach tog suas do cheanu, agus chì thu Dia le freiceadan de dh' aingleau, 'ainglean naomha, a' deanamh caithream chum do ghabhail a steach gu glòir. O ! na bi fo dhìmisneach air sou gach tarcuis agus masladh ris am faod thu còmhlachadh air do thuras gu neamh; oir bi-sa cinnteach, nach c a mhàin gu'n glòraich Dia t' anam agus do chorp air neamh, ach a cheart cho cinnteach ni c do chuimhne glòrmhor air thalamh. O ! na mosgladh aou smuain thrioblaideach ad chridhc mu thimchioll do bhean agus do leanabanan, bithidh do Dhia-sa na Dhia agus na chuibhrionn dhuinnce, bithidh c na fhearposda dha do bhantraich, agus na athair dha do chlànn; bithidh gràs do Dhia-sa leoир-fhoghainteach air ar son-ne. A nise, fhir mo ghràidh, tha mi 'g iarraidh mo chòir ort-sa thoirt thairis gu toileach agus gu saor do m' Athair féin, agus dha t' Athair-sa, aig am bheil a chòir agus an Carrann is mò annad-sa. Ged a dhealaich daoine o cheile sinn ré tamull, gidheadh bheir ar Dia tròcaireach sin cuideachd a rithist, far am meal sinn comunn a cheile gu siorruidh, gun dealachadh gu bràth tuille; cluinneam uat cia mar a tha Dia a' cumail suas do spioraid, agus blaiseam air na sòlasaibh a tha nan cùl-taice dhuit-sa, chum 's gu 'm bi iad

mar charrag mharmoir gu mo chridhe neartachadh.
Cha 'n urrainn mi tuille a sgriobhadh.

Slàn leat, slàn leat, ànn sachd mo chridhe, gus
an còmhluch sinn far nach guidh sinn slàn le
chcile gu siorruidh, gus an àm sin, fagam thu
ann an làmhaibh Athair truacanta, agus deanam-
aid a chuid is fearr gus an gabh sinn fois maille
riut-sa air neamh.

MAIRI LOVE.

LITIR III.

BHO MR. C. LOVE CHUM A MHNA.

A chaomhag mo ghràidh,

Tha mi niş a' dol o phriosan gu lùchaint,
chriochnaich mi m' obair, tha mi nis a' dol a dh'
fhaotuinn mo dhuais, tha mi a' dol do neamh,
far am bheil dithis dhe m' chlànn, agus 'ga d'
fhagail-s' air an talamh, far am bheil triuir dhc
m' leanabanan : Cha 'n 'eil feum aig an dithis so
a th' air neamh air mo churam-sa, ach tha feum
aig an triuir a th 'air an talamh air do churam-
sa ; tha e toirt sòlas dhomh a bhi smuaincachadh,
gu bheil dithis dhe m' chlann ann an uchd
Abrahaim, agus gu'm bi triuir dhiu ann an caid-
readh a lcithid a mhathair theo-chridheach agus
dhiadhaidh. Tha fhios agam gur bean thu a
tha dc spiorad tursach, gidheadh biodh misneach
agad, ged tha do dhoilghios mòr air son t-fhear-
posda bhi dol a mach as an t-saoghal, gidheadh
bidh t-iodhnadh ni's lugha ann an toirt do lein-
ibh a dh' ionnsuidh an t-saoghail, bidh tu ad
mhathair aoibhneach, ged bhios tu ad bhàntrach
dhubhach ; tha iomadh tràcair aig Dia an tasgaidh
air do shion : Cha bhi urnuigh t-fhear-posda tha
gu bhi air a chuir gu bàs air a càll air do shon.

Gu mo naire labhram e cha d' rinn mi riabh urnuigh cho dùrachdach air do shon 'nuair a bha mi aig saorsainn, 'sa rinn mi 'sa phriosan. Cha'n urrainn mi mòran a sgriobhadh, ach tha beagan do chomhairlean cleachdail agam ri'm fagail agad, cadhon.

1, Cum fo cisdeachd ministreileachd fhallain, shoisgeulach, a rànnsaicheas an cridhe. Oh ! tha mòran luchd meallaith air dol a mach chum an t-saoghail, ach 's aithne do chaoraich Chriosd a ghuth, agus cha lean iad guth coigrich. Feith air ministeir air bith a tha teagasc slighe Dhé ann am firinn, agus lean comhairle Sholaimh, xix 27.

2, Tog suas do chlànn ann an eolas agus ann an teagasc an Tighearna. 'S còir do na mhathair a bhi teagasc na cloinne as lathair an athair, Gnath. xxxi. 1, "Na briathra a theagaisg a mhathair dha," agus theagaisgeadh Timoteus le a shean-mhathair, 2 Tim. i. 5.

3, Dean urnuigh gach latha ann do theaghlaich, chum gu'm bi thu ann an aireamh nan teaghlaichean a tha gairm air Dia.

4, Saothraich air son spiorad mhacanta agus chiùin, ni a tha ro luachmhor ann an sealladh Dhé, 1 Pead. iii. 4.

5, Na amhairec air na comhfhurtachdan a tha dh' easbhuidh ort, ach air na tròcairean a tha thu a' sealbhachadh, gu ma fearr leat amhairec ris a chrioch a bh' aig Dia ann do chuir fo àmhghar, na ri tomhas agus ri meud t-àmhghair.

6, Saothraich chum do dhcarbhachd air son neimh a dheanamh cinnteach, 'nuair a bheir Dia uat comhfhurtachd an t-saoghail, chum 's mar a bhios t' fhlangasa pait, gu'm bi do chomhfhurtachd ni's ro phailte tre Chriosd, 2 Cor. i. 5.

Ged a tha e maith a bhi fo amharus naomh mu chealgaireachd a chridhe, gidhcadh is olc dhuit a bhi 'g àrach eagalan agus teagamhan mu threibh dhireas do ghràsan: ma bha dearbh-bheachd riabh agamsa mu ghràs neach eile, tha dearbh-bheachd agam gu bheil gràs annadsa, mar a thuirt Peadar mu Shiluanus, tha mi dearbhta gur e so fior ghràs Dé anns am bheil sibh 'nar seasamh. i. Pcad. v. 12.

7, O, a ghaoil mo chridhe! c'arson a tha thu ann an teagamh, thus aig an robh do chridhe treibh dhircach, aig au robh do shiubhal naomh, &c. Chuirinn m' anam féin air son t-anma-sa, an diugh, tha leithid sin a dhochas agam aunad.

8, 'Nuair a mhothaicheas tu do chridhe neochuramach, an-dana agus àrdanach, an sin amhaire air do thruaillidheachd ni's mò na air do ghràsa; an sin seall air do ghràsaibh as eugais t' aumhuinneachdan.

9, Meoraich air cumhnanta nan gràs, agus air toilltineas Criod, agus cha'n urrainn thu bhi fo thrioblaid: tha gnothaich agad ri leithid a chumhnant 'sa ghabhas ris an rùn air son na h-oibre, ris an toil air son a ghniomhe, ri treibh-dhireas air son iomlaineachd, ri fireantachd neach eile, eadhon, ri fireantachd Iosa Criod, mar gu'm bi ar fireantachd féin a mhàin i. O, mo ghaol! gabh thusa fois ann an gràdh Dhé, ann an uchd Criod.

10, Sluig suas do thoil féin ann an toil Dhé, is copan searbh a tha sinn a' dol a dh' òl, ach is e an copan a chuir ar 'n Athair ann ar làmhaibh. Air do Phol a bhi gu fulang aig Ierusalem: 'se thcireadh na Crioduidhean, Toil an Tighearna gu'n robh deanta. Oh! abair thus' an ui ccudna

'nuair a thcid mise gu Tòm-an-tùir, Toil an Tighearna gu'n robh deanta.

11, Dean gairdeachas nam aoibhncas. Tha bròn neo-mheasarra a' dheanamh air mo shon-sa, ag dearbhadh, nach 'eil aon chuid farmad agad ri mo shonas no 'ga chuir an teagamh. 'Se aoibhncas an Tighearna mo neart, Oh ! biodh c mar sin dhuit-sa mar an ceudna, a Bhcan mo ghaoil, slàn leat, cha ghoir mi mo bhean dhiot ni's mò, cha'n fhaic mi t-aghaidh ni's mò, gidhcadh cha'n 'eil mi fo mhòr thrioblaid ; oir a nise tha mi a' dol a choinneachadh fir-na-bainnsc, an Tighearn Iosa ris am bi mi air mo posadh gu siorruidh.

Na diult posadh, 'nuair a chuireas Dia taigse chothromach ad rathad, ach bi cinnteach gu'm pòs thu anns an Tighearna, agus aon a bhios do deagh ghné, chum nach cràdh e thu, agus a h-aon aig am bi crannchuir sochrach anns an t-saoghal.

Slàn leat a bhcan mo ghaoil, agus a ritist tha mi 'g ràdh slàn leat, gu'n robh an Tighearn Iosa maille ri do spiorad, gu'n ro Cruithear neimh agus na talmhainn na fhcar-posda dhuit-sa, agus gu'n robh Athair ar Tighearn Iosa Criod na Athair dha do chlànn.—Ni is e urnuigh,

Do charaid a tha gu bhi air a chuir gu bàs,
gidhcadh ro ionmhuinn gus a bhàs,

CHRISTOPHER LOVE.

Bho Thur Lunnaidh 22 là dhe'n
Ochdamh mios 1651, là mo ghlòrachaidh.

DILEAB NAM PEACACH D'AN SLIOCHD.

"Pheacaich ar n-aithrichean, agus cha'n 'eil iad ann, agus ghiulan sinn an cu-ceartan," &c. TUIR. v. 7.

Is earrann ainmeil de'n sgriobtuir an leabhar so; a bh' air a ghnàthachadh gu tric agus air an robh mòr mheas aig na h-Iudhaich; bha e air a-léubh-adh aon uair 'sa bhliadhna anns na h-uile dhe'n sinagogan: Gidheadh cha labhair mi ach a mhàin mu'n chaibdeal so. Anns am bheil gearan:—
1, Air son a mhaslaidh a thugadh air an ainm, rann 1. 2, Air son gu'n chàill iad an oigh-reachdan, r. 2. 3, Air son gu'n chàill iad an càirdean a bh' ann an dlù dhàimh dhoibh leis a chlaidheamh agus leis a phlàigh, r. 3. 4, Air son na goirte, r. 4. 5, Air son na tràilleachd agus na cùing fo'n robh iad do'n naimhdibh, r. 5. 6, Gu'n d' rinneadh peanas orra air son peacaidhean an aithrichean, r. 7.

1, Air a mhuinntir féin a chuir an gniomh e; "Pheacaich ar 'n aithrichean, agus cha'n 'eil iad ann." 2, Thug e peanas air an sliochd, "agus ghiulan sinn an eu-ceartan."

'Sc am pcacadh a tha spùinncadh dhaoine de bhith anns an t-saoghal so; 'se am peacadh màrbhaiche mòr a chinne-daoine, tha e a' cur as do ghinealach an deigh ginealaich o aghaidh an talmhainn; air do pheacadh a theachd a steach do'n t-saoghal tha e fuadach dhaoinc a mach as an t-saoghal, Rom. v. 12. "Thainig peacadh a steach do'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre'u pheacadh; mar sin mar an ceudna thainig bàs air na h-uile dhaoinibh, do bhrigh gu'n do pheacaich ad uile."

Tha e co'chordadh ri ecartas Dé clann no

sliochd a pheanasachadh air son peacadh a chnir-cadh an gniomh le'n aithrichibh, Ecsod. xx. 5
 " Is Dia endmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a chloinn air an treas, agus air a chcathramh ginealach." Agus caib. xxxiv. 7.
 " A' leantuinn aingidheachd nan aithrichcam air a chloinn," &c. Dcent. v. 9; Ier. xxxii. 18.
 " Diolaidh tu aingidheachd nan aithrichean air uchd na cloinne."

Faodaidh Dia le àrd-chumhachd créntair air bith a phenasachadh, cadhon a mlinnintir is fearr, agns gidheadh gn'n a bhi mi-chothromach an neach a chrnthaich gach crétair faodaidh crétair air bith a sgrios; faodaidh e an ni is àil leis a dheanamh ri chuid féin: a nis an ni nach 'eil a' mi-chordadh ri àrd-uachdarachd cha'n 'cil e an aghaidh a cheartais, Esec. xviii. 2, 3, 4
 " Ciod is ciall dnibh, (arsa Dia) gu bheil sibh a gnàthachadh an t-sean fhocail so a thaobh dùthcha Israel, ag ràdh, Dh' ith na h-aithrichean dearca scarbha, agus tha déisinn air fiaclaibh na cloinne Mar is bedò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh cha bhi aobhar agaibh an scan-fhocal so a ghnàthachadh ni's mò ann an Israel. Feuch is leam sa na h-uile anama; mar is leam anam an athar is amhluidh is leam anam a' mhic: an t-anam chiontaicheas gheibh e sin bàs."

Ged tha àrd-chumhachd aig Dia chum crétair air bith a pheanasachadh, eadhon an neach i naomha, gidheadh cha'n 'eil e ag gnàthachadh chnmhachd so ann am peanasachadh neach air bith, ach iadsan anns am bheil aona chnid peacadh gin no gniomh ri fhaotuinn, a tha toilltinn phcanais sin.

Tha Dia mar is trice a' peanasachadh na cloinne sinn air son peacanna an aithrichean, a tha leam

tuinn eisimplecir peacanna an aithrichcean, Salm xlix. 13. "Is c so au slighe, eadhon an amaid-eachd : gidheadh gabhaidh an sliochd tlachd 'nan cainnt," ciod a tha leantuinn ? nithear peanas orra le cheile, rann 14. "Mar chaoraich cuirear iad san uaigh : ithidh am bàs iad," &c. Amhuil ann an Dan. v. 21, 22. Dh' innis Daniel an toiseach do Bhelsasair mu 'athair, a chionn gu'n do thogadh suas a chridhe, gu'n chuireadh sios o 'chathair rioghail e, agus gu'n d' fhogradh e o chloinn nan daoine gu còmhnuidh leis na h-asal-aibh fiadhaich, agus gu bhi air a bhiadhadh le féur mar dhaimh, gus an d' aithnich e gu'm b'e an Dia a's àirdc bha riaghladh—"Agus thusa a mhac, O Bhelsasair, (ars' esan) cha d' islich thu do chridhe, ged bha fios agad air so uile; ach thog thu suas thu féin," &c. Ciod a tha lean-tuinn ? rann 28. "Roinneadh do rioghachd, agus thugadh i do na Medich agus do na Persich." Mata xxiii. 31—36. Tha Criod ag inuseadh do na sgriobhaich agus do na Phairisich : "A ta sibh 'nur fianuisibh (ars' esan) 'n ur n-aghaidh féin gur sibh clann na muinntir a mharbh na faidhean, mar sin lionaibh suas tomhas bhurn-aithriche. Feuch cuiream-sa do 'ur ionnsuidh faidheau, agus cuid dhiubh marbhaidh agus ceus-aidh sibh, agus cuid dhiubh sgiùrsaidh sibh. Chum gu'n tig oirbh gach uilc fhuil fhìrcanta a dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil fhìreanta, gu fuil Shachariais, mhic Bharachiais, a mharbh sibh eadar an teampull agus an altair." Ier. vii. 18. Tha a' chlann a' tional connaidh agus na h-aithrichcean a' fadadh an teine, agus ua mnai a' fuineadh taoise, a dhcanamh bhreacag do bhan-righinn neimh, gu campar a chur ormsa. Air an aobhar sin, mar so deir an Tighearn," &c.

Faodaidh Dia 'na cheart bhrcitheanas (agus air uairibh tha e deanamh sin) clann no sliochd a phcanasachadh air son peacadh an aithrichean, anns nach robh roinn no co'pairt air bith aca-san a thaobh a ghuiomhe, gidheadh co'pairtcachadh dhe'n pheanas. Mar a thachair do chlann Achain, Iosh. vii.; clann Chorah, Dhatain agus Abiraim, &c., agus a chlaun a bh' ann an Sodom; gu'n teagamh chaithd mòrau naoidheanan a' losgadh ann an Sodom le teine, agus a bhàthadh anns an t-seann saoghal, nach robh comasach air droch cisimpleirean, au aithrichean a leautuinn, Aireamh xiv. "Giulainidh 'ur clann 'ur striopachais, air seacharan 'san fhàsach dà fhichead bliadhna, gus an caithear 'ur colannan." 1 Righ. xiv. 10. "Feuch (arsa Dia) gearraidh mi as o Icroboam csan a ni uisge ri balla; agus bheir mi air falbh aolach gus an teirig c."

Faodaidh Dia clanu a plcauasachadh air son phcacanua an sinnseara cadhon iomadh bliadhna mu'n d' rugadh iad, Mata xxiii. 35, mar a dh' ainmich mi roimhc. 2 Righ xxi. 11, 12. "A chionn gu'n d' rinn Manaseh righ Iudah ua graineileachda so, agus gn'n d' rinn e gu h-aing-idh, &c., uime sin mar so tha 'n Tighearu ag ràdh, Feuch, tha mi tabhairt uile air Ierusalem agus Iudah, a bheir air gach neach a chluinncas c, gu'm bi gaoir na dhà chluais." Mar an ceudna ann au Ier. xv. 4. "Agus fuadaichidh mi iad feadh uile rioghachdan an domhain, air son Mhanaseh righ Iudah, air son nan nithe sin a rinn c ann au Icrusalem." Bha cuig bliadhna deug agus dà fhichead agus sca miosan, cedar an t-àni 'san do chuir Manasch am peaeadh an gnionmh, agus an do choilionadh am bagradh so le'n toirt am braighdeanas. 1 Sam. 2, 3. "Agus

thubhairt Samuel ri Saul, Mar so tha Tighcarna nan Sluagh, ag ràdh, Is cuimhne leam ciod a rinn na h-Amalecich air na h-Israelich, 'nuair a thainig iad a nios as an Eiphit: a nis falbh, agus buail na h-Amalecich, agus sgrios gu tur gach ni a th' aca, agus na caomhain iad; ach marbh araon fear agus bean, leanabh agus clochran," &c. Rinneadh am peanas so air son peacadh a ehuir-eadh an gniomh leis na h-Amalecich ceithir cheud bliadhna roimhe sin, Ecsod. xvii. 8, fada mu'n d' rugadh na h-Amalecich a bha Saul gu mharbh-adh.

Faodaidh sinn fulang air son peacadh a ehuir-eadb an gniomh tri no ceithir a ghinealaichean romhainn, mar chithear anns an dara àithnc. Tha Dia air uairibh a peanasachadh sliochd eadhon air son aingidheachd aithrichean diadhaidh; mar a rinneadh peanas leis a bhàs air an leanabh dhiolaiu air son pheacaidhean Dhaibhidh 'athair. Mar an ceudna rinncadh peanas air Rehoboam, air son phcacaidhean Sholaimh 'athair, rinn deich tréubhan ecannaire na aghaidh. Cha'n 'eil so a' tachairt an còmhnuidh agus do na h-uile neach, ach air uairibh agus do chuid a mhuianntir, mar a thuirt neach àraig. Cha dean Dia peanas gu bràth le peanas siorruidh air son peacaidhean dhaoine eile.

Tha so a' cronachadh gearan ar cridheachan an aghaidh Dhé, mar gu'm biodh e mi-cheart ann an so a dheanamh, Esec. xviii. 2, 3, 4, rinn iad gearan an aghaidh Dhé gu'n robh iadsan neochiontach, ach a mhàin gu'n robh an aithrichean ciontach, gidheadh gu'n d' rinneadh peanas orrasan.

Comhairle do aithrichibh. 1. Amharcamaid air ar-n-ais am bheil Dia a' deanamh peanas

oirnn air son pheacaidhean ar 'n aithrichcean, a chionn nach d' irioslaicheadh sinn air son na fola chaidh a dhoirteadh 'sa gheur-leanmhuinn ri linn Ban-righ Mairi; agus air son aonta thoirt do dheas-ghnathaibh peaeaeh 'nuair a thainig Righ Seumas an toiseach gus an righ-chaithir, ni air son an do dhùnadhbh beoil trì cheud ministeir.

Gu h-àraid amhaircibh romhaibh, nach dean sibh ni sam bith a bheir peanas air 'ur slioehd: tha sinn ni's ro ullamh gu gloinneachan-seallaidh a chleahdadhbh chum peacaidhean muinntir eilc fhàieinn, na sgàthanan gu amhare air ar peacaidhean féin; thugaibh an aire ciod a ni sibh, bithidh ginealaiehan ri teachd 'ga ehaoidh ma bhriseas sibh cumhnant ri Dia; ma's e 's gu'n toir sibh ar 'n aonta do aon ni am bliadhna, agus do ni a tha ealg dhireach an aghaidh sin an ath bhliadhna, naeh faigh 'ur peacaidhean a mae, aona chuid sibh féin no 'ur sliochd? gheibh gu cinnteach. Mal. iii. 12. "Goiridh na h-uile chinnieh beannaihte sibh," ach goiridh na h-uile chinnich sibhse mallaiehte, a mhuinntir nach d' rugadh fathast mallaiehidh iad sibh ma ni sibh ni sam bith ann ar ginealaeh a bheir peanas orra: thoir an aire ann an tasgaidh suas saoibhreas fa chomhair do ehlann naeh taisg thu suas ionmhas de chorruich fa'n comhair. Tha Ursin a' toirt fainear gu'm b'c peacaidhean agus aimrideaehd nam Protestanach fo'n t-soisgeul ri linn Righ Eideart, a b' aobhar do'n gheur-leanmhuinn ri linn Ban-righ Mairi. Thoir an aire naeh dean thu ni sam bith a bheir truaighe air do shliochd.

Ceist. Cionnas a tha e ri fhàieinn gu bheil c a reir eeartas Dé elann a pheanasachadh air son peeadh an aithrichean?

Freag. Cha'n urrainn Dia bhi mi-cheart ann

neach sam bith, a pheanasachadh a chionn gu bheil àrd-uachdararanachd aige os ccann nan uile chréutairean. Esec. xviii. 2, 3, 4. "Ciod is ciall dhuibh (arsa Dia) gu bhcil sibh a' gnàthachadh an t-sean fhocail so, Dh' ith na h-aithrichcean dearcan searbha, &c. Mar is beo mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha bhi aobhar agaibh an sean fhocal so a ghnàthachadh ni's mò. Feuch is leam-sa na h-uile anama; mar is leam anam an athair, is amhluidh is leam anam a' mhic." Faodaidh e an ni is àill lcis a dheanamh ri chuid féin, an ni a tha a réir àrd-uachdararanachd, cha'n 'eil e an aghaidh a cheartais.

Mar is tricc, a chlann a th' air am peanasachadh air son pheacaidhean an aithrichcean tha iad a' leantuinn an cleachdaidhean peacach; a nis tha é ro cheart, ma's e 's gu'n lcan sinn an eisimpleir pheacach, gu'm biodh sinn air ar pheanasachadh air son am peacaidhean cho maith is air son ar peacaidhean féin, Salm xlix. 13. Mata xxiii. 31—36. Ier. vii. 18. Mar dh 'ainmicheadh roimhc.

Ged uach biodh clann a' co'pairteachadh na a' leantuinn pheacaidhean an aithrichcean, gidheadh tha peacaidhean uaduir aig cloinn a tha toilltinn peauas o Dhia.

Is earrann de 'n aithrichcean a chlann; mar a ta c ceart do dhuinc an druim a sgiùrsadh air son an ni a ghoid an làmh, aon bhàll a pheanasachadh air son peacadh a rinneadh le bàll eile, mar sin is ceart do Dhia an leanabh a pheanasachadh neach is e carrann de 'athair, air son an ni a th' an t-athair a' deanamh.

Tha clann iomadh uair nan aobhar peacachaidh do'n aithrichibh, their iad, Ciod a ni mi air son mo bhean agus mò chlann, &c., air do chloinn a

bhi nan aobhar peacachaidh, mar sin is ceart a dh' fhaodas iad a bhi air am pheanasachadh. Is ceart a mhìn-phròn Iosiah an nathair umha, ged chuireadh suas i le Maois air àithne Dhé, Air. xxi. 8, 'nuair a thainig i gu bhi na meadhan iodhal aoraidh, 2 Righ xviii. 4. Nach 'eil Dia ceart? &c.

Measaidh sinn ceart e do dhaonibh clann a pheanasachadh air son lochdan an aithrichean: mar ann an còr dhaoine an ni ceannaire no réubalachd, bheirear am maoin do'n righ, agus a chlann aig nach robh làmh air bith ann an ceannairec an aithreachean caillidh iad an oighreachd, agus bheircar gu bochdainn iad, tha fuil an leinibh air a truailleadh; agus am bi ni's lugha chumhachd aig Dia na aig daoinibh?

Ged cheadaicheadh Dia do chlann a bhi beò, agus am fagail dhoibh fein, pheacaicheadh iad mar a pheacaich an aithrichean, Dan. ii. 15. Bha na sionnaich bhcaga nach do mhill croinnfhiona, agus nach do marbh uan, gu bhi air am marbhadh a chionn gu'n deanadh iad e.

Troimh throcair Dhé tha nithe maith air an co' pairteachadh ri clann o'n aithrichibh, mu'm bheil iad a deanamh aona chuid maith no ole; faodaidh an Dia mòr ann an ceartas a thoirt orra gu'n co' pairtich iad de pheanas mu'n dean iad aona chuid maith no olc. Tha Diadharan a' cur eadhar-dhealachadh anns an doigh 'sam faod duine bhi ciontach de pheacaidhean dream eile, agus mar sin a bhi air a pheanasachadh air an son. 1, Faodaidh c bhi ciontach le co' chuideachadh leo, mar 'nuair a ta ncach a tha cur an gniomh peacadh air a sheoladh no air a chòmhnhadh leamsa gu sin a dheanamh; amhuil Daibhidh ann an cùis Uriah. 2, Faodaidh e bhi ciontach

chuirear na mic gu bàs air son nan aithrichè; ach cuirear gach duine gu bàs air son a pheacaidh féin." À réir lagh ar rioghachd fhéin, ma's e 's gu'm bi bean thròm beò-thorrach, cha chuirear gu bàs i gns an aiscadar i, &c. Bha Eòin, rìgh Shasninn, 'san encoir a chionn Pàdruig Wakefield a chuir gu bàs air son ceannaire, gidheadh chuir e gu bàs na h-nilc de chloinn, ged nach robh làmh air bith ac' ann, air eagal gn'n éireadh neach tuille dhe 'shliochd 'na dhéigh.

Leithsgceul 2. Esec. xviii. 2, 3. "Ciod is ciall duibh, gu bheil sibh a' gnàthachadh an t-sean-fhocail so a thaobh dùthcha Israeil, ag ràdh, Dh'ith na h-aithrichean dearcan searbha, agus tha déisinn air fiaclaibh na cloinne? Mar is beò misc, tha an Tighcarn Dia ag ràdh, cha bhi aobhar agaibh an scan-fhocal so a ghnàthachadh ni's mò ann an Israel." Agus rann 19, 20—"Gidheadh tha sibhse ag ràdh, C'arson? nach 'eil am mac a' giùlan aingidhcachd an athar? An uair a rinn am mac an nì sin a tha dligheach agus ceart, a ghléidh e mo reachdan-sa uile, agus a rinn e iad, mairidh c gu cinnteach beò. An t-anam a chiontaichcas, gheibh esan bàs: cha ghiùlain am mac aingidheachd an athar, ni mo 'ghiùlaineas an t-athair aingidheachd a' mhic: bithidh fir-cantachd an fhìrein air féin, agus aingidheachd an aingidh air féin."

Freag. Tha Sanchi ag ràdh, nach 'cil so an aghaidh fìrinn choitchionn, a th'air a labhairt ann an iomadh àite, ach a mhàin gu bheil an Tighearn a' cur an aghaidh a' ghnàth-fhocail sin mar ràdh peacach, a bh'air a labhairt, 1. Ann an urathad gearan an aghaidh Dhé. 2. Gu mearachdach, mar gu'm biodh iad neo-chiontach, an uair nach robh.

Aig a' chuid is faidc, eha'n 'eil an sgriobtuir so a' cumail a mach ach so: ma's e 's gu'm faic clann, agus gu'n toir iad faincar, aingidheachd an athair, agus nach dean iad an samhuil, cha pheanasaichear iad air son peacadh an aithrichcean, Esec. xviii. 14, 15, 16, 17. "Agus feuch, ma ghineas esan mac a chì na h-uile lochdan a rinn 'athar, agus gu'n toir e fainear, agus nach dean e an Icithide, cha'n fhaigh esan bàs air son aingidh-cachd 'athar; mairidh e gu cinnteach beò." Cha'n 'eil e a' gabhail a steach clann, no daoine 'thàinig gu aois, a tha leantuinn peacadh an aithrichcean, arsa Percins.

Tha Calbhin ag ràdh, nach 'eil e ach a mhàin a' ciallachadh nach cuircar leanabh gu bàs air son peacadh 'athar; ach 'nuair a tha e 'càrnadh suas agus a' cuir ri peacadh 'athar, faodaidh e 'bhi gu ccart air a pheanasachadh air son a peacadh féin agus peacadh 'athar.

Leithsgeul 3. Icr. xxxi. 29, 30. "Anns na làithibh sin, cha'n abair iad ni's inò, Dh'ith na li-aithrichcean meas searbh, agus tha déisinn air fiaclaibh na cloinne: ach għċibh gach aon bàs 'na aingidheachd féin; gach aon a dh'itheas an caorann searbh, air 'fħiaclaibh-san bithidh deis-inn."

Freag. Is c sin ri ràdh, gun bhi 'cleachdadħ a' għnàth-fhocail ann an rathad gearan ann a bhi smuaineachadh olc mu Dhia, no air modh mear-achdach a bhi 'gam meas féin neochiontach, agus Dia mi-chcart. Tha Gliocairean a' toirt fainear 'nuair a dh'itheas duine dearcan searbh, agus air do'n neach a bhios 'na sheasamh làimh ris a ghrcann a chuireas iad air fhaicinn, gu'n cuir c déisinn air fħiaclaibh.

• A réir na beachd a bh'aca-san, bha'n gnàth-

le bhi na aobhar peacachaidh; mar sin pheanasaiheadh Daibhidh a chionn gu'n d' thug c air naimhdibh an Tighearn mòr-thàir a dheanamh air. Fhnair an leanabh bàs. 3, Faodaidh e bhi ciontach le bhi eas-umhail do dh' uachdarachd; mar so tha mninntir neo-chiontach, mar a ta clann òg aig co' páirteachadh de bhreitheanasa aimsireil an aithrichean, a thaoblì an dàimh agns an co' cheangal a th 'aca rin 'san t-snideachadh sin, &c. Mar, thachair do chlann Achain.

Thugaibh fainear an dàimh 'sam bheil Dia d'a eaglais, agns chì sibh aobhar air gn'm faod e clann'a pheanasachadh air son an aithrichean: Tha Dia mar fhear-posda, 'san eaglais mar a cheile; ma ni a cheile striopachas, faodaidh e i féin agus a clann a chnir a mach air an dorus, Hosea ii. 2, 4. "Tagraibh ri 'ur màthair, tagraibh: oir cha'n i mo bhean-sa, ni mò is mise a fear-sa: cnireadh i air falbh nime sin a striopachais as a sealladh, agns a h-adhaltrais o h-nchd; air eagal gu'n rnisg mise i lomnochd—Agus nach gabb mi truas d'a cloinn oir is clann striopachais iad.

Rabhadh, 1. Tha so fior a thaobb nachdaranan mar aithrichean nadnrrach, 2 Eachd. xxviii. 19. "Oir rinn an Tighearn Indah iosal air son Ahais righ Israel," (is e sin) Indah, bha fathast air a ghairm righ Israel a chionn gn'n do lean e an eisimpleir. Mar an ceudna ann an, 2 Sam. xxiv. Pheacaich Daibhidh anns an t-sluagh aireamh, gidheadh dh' fhniling an sluagh, bhàsaich deich agns trì fishead mìle fear dhin leis a phlaigh.

Tha e fior cha'n e mhàin a thaobb ar 'n-aithrichean nadurrach a ghin sinn, ach mar an cendna a thaobb ar sinsearachd, aona chuid ar scanair-

ean no ar sinn-seanairean, 2 Rìgh xxi. 11, 12. Chaidh peacadh Mhanaseh a dhìoladh air Iehoia-cinn, 'iar-ogha; b'e Amon a mhac, agns Iosiah 'ogha; b'e Iehoahas 'iar-ogha, agns b'e Iehoiacinn mac Iosiah, a thugadh air falbh am braighdeanas. Mar sin dhìol Dia fnil Iesrecl air tigh Ichu, Hos. i. 4. Rìghich Iehn seachd-bliadhna-deug; agus Iehoahas a mhac, sia-bliadhna-deug; agus Icro-boam a mhac, bliadhna agns dà-fhichead; agus ann an làithibh Shachariah, dnbh-ogha Iehn, dhìoladh an fhuil so; mharbhadh e le Salum: mar sin, b'esan am fear mu dheireadh dc shliochd Iehn, 2 Rìgh xv. 9, 10.

Tha e fìor cha'n c mhàin a thaobh aithrichcan, ach a thaobh mhàthraighean mar an ceudna: faodaidh Dia a' chlann a pheanasachadh air son peacaidhean am màthraighean, Salm cix. 14. "Air chuimhne biodh aingidhcachd 'aithriche aig an Tighearn; agus na dubhar as peacadh a mhàthar;" is e sin ri ràdh, biodh peacaidhean a mhàthar air an cnr as a leth cho math ri pcacaidhibh 'athar.

Leithsgeul 1. Dent. xxiv. 16. "Cha chuircar na h-aithriche gu bàs air son na cloinnc, ni mò a chnirear a' chlann gu bàs air son nan aithriche: cnircar gach duine gn bàs air son a pheacaidh féin."

- *Freag.* Tha'n sgriobtuir so a' cnir crìoch roimh chnmhachd a' bhreithcamh; cha'n fhaod c an t-athair a chnir gn bàs air son na cloinnc, no an leanabh air son an athar; ach tha na h-nile ùglidarras o Dhia: tha so soilleir o 2 Rìgh xiv. 6. "Ach mic nam mortair cha do mharbh e; mar tha e sgrìobhta ann an leabhar lagha Mhaois, anns an d' àithn an Tighearn, ag ràdh, Cha chnirear na h-aithriche gn bàs air son nam mac, agus cha

bith eile, air Grotius a bhi de'n Bharail, ged tha Dia a' peauasachadh dhaoine air son am peacaidhean féin, gidheadh nach 'eil Dia a' leantuinn peacaidhean nan aithricheau air a' chloinn, ach a mhàin air son iodhal-aoraidh. 'Sann air son a' pheacaidh so gu h-àraidh a tha daoine a' gabhail an leithsgcul féin, gu'm feum iad géilleadh do dh'aoradh mearachdach, air sgàth am mnathan agus an clann: uime sin, tha Dia a' bagradh air a' chloin. Tha'n ùine air a chomharrachadh gus a' cheathramh ginealach, do bhrìgh gu bheil daoine bed gus an treas ginealach fhaicinn, Gen. l. 23. Tha na h-Iùdhaich ag ràdh gur ùnnsa dlie'n laogh òir, bagraidhean au dara àithne.

2. Peacadh an adhaltrannais, Air. xiv. 32, 33. "Ach air 'ur son-sa dheth, tuitidh 'ur colannan anns an fhàsach so dà-fhichead bliadhna, agus giùlainidh iad 'ur strìopachais." Faodaidh so bhi gabhail a steach strìopachais cuirp cho math ri strìopachas spioradal. "Rinn iad strìopachas le nigheanaibh Mhoreib (Air. xxv. 1, 9), agus bhàsaich sa' phlàigh ecithir-mile-thar-fhichead." B'e neo-ghlaine Dhaibhidh a b'aobhar do bhàs a leinibh, 2 Sam. xii. Deut. xxiii. 2—"Cha téid fear diolain a steach do chomhchruiuneach an Tighearn, eadhon gu ruig an deicheadh ginealach." Cha'n e gu'n robh iad air an dùnad a mach o'n co-thionalaibh naomha, ach a mhàin air an cumail o dhrèuchd air bith a bhi aca. Ged robh iad air an tiomchioll-ghearradh, gidheadh cha bhiodh iad air an gabhail a steach gu làn chocomunn, gu bhi 'mealtuinn na h-uile sochair a bha gach saor-dhuine ann an Israel a' mealtuinn; nì bha gu nochdad a cia cho gràincil 'sa bha peacadh an adhaltrannais. Seadh, cha'n fhaodadh clann an fhir dhìolain dol a steach gu ruig

an deichcamh gincalach, Isa. lxv. 3, Gnàth. vi. 26.

3. Peacadh briscadh coimhcheangal, 2 Sam. xxi. 3. An déigh do chloinn Israeil coimhcheangal a dheanamh ris na Gibeonaich, agus mionnachadh dhoibh, mharbh Saul iad; nì air son an do chrochadh seachdnar d'a mhic-san, fad' an déigh bàis Shauil.

4. Peacadh géurleanmuinn pobull Dé. Tha mallachd Dhé a' leantuinn teaghlaichcan agus sliochd luchd-géur-leanmuinn, Mata xxiii. 31—46. "Mar sin, a ta sibh 'nur fianuisibh 'nur n-aghaidh féin, gur sibh clann na muinntir a mharbh na faidhean. Mar sin, lionaibh-sa suas tomhas 'ur n-aithriche. Feuch, cuircam-sa do 'ur n-ionnsuidh faidhean; agus cuid dhiubh marbhaidh agus géur-leanaidh sibh. Chum gu'n tig oirbh gach uile fhuil fhìrcanta a dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil." Air. xx. 20, 21—"Mar so, dhiùlt Edom do Israel comas dol troimh a chrìch." Agus tha Daibhidh, anns an Salm cxxxvii. 7, ag ùrnuigh mallachd a theachd air an sliochd—"Cuimhnich, a Thighcarna, clann Edoim, ann an là Ierusalcim," &c. Mar an ceudna ann an Gen. xxvii. 45.

5. Peacadh dòrtadh fola, 1 Rìgh xxi. 21. Rinn an fhuil a dhòirt Ahab biadh mhadradh d'a shliochd. "Cuiridh mi as do d' shliochd, agus gèarraidh mi air falbh o Ahab esan a ni uisge ri balla," Jcr. xv. 4.

6. Peacadh an fhòirneirt, a bhi faotuinn àiteau-còmhnuidh agus scilbhean dhaoine le ainneart agus ceilg, Hab. ii. 9, 10. Gnàth. xx. 21—"Faodar oighreachd fhaotuinn gu luath an toiseach; ach cha bhi a crìch beannaichte." Mar an ceudna ann an Gnàth. xiii. 11—"Lughdaich-

focal so gu sguir; ach cha robh aú ni féin gu sguir, mar a ta Ieremiah a' cur an céill an déigh sin, Icr. xxxii. 18—"Diolaidh tu aingidheachd nan aithrichean ann au uchd an cloinne 'nau déigh." Icr. xxiii. 34—"Agus am fàidh, agus an sagart, agus an sluagh, a their, Focal cudthromach an Tighearna, bheir eadhon mise pcanas air an duine sin, agus air a thcaghach."

Leithsgeul 4. Galat. vi. 5. "Giùlaiuidh gach neach 'eallach féin." Scasaidh gach soitheach air a mhàs féin.

Freag. Cha'n 'cìl a' chainnt so a' dùnad a mach muinntir eile, mar a chìthean anns an dara rann—"Giùlainibh eallacha a chéilc." Air tùs, fcumaidh gach duine cunntas a thoirt uime féin; gidhcadh, cha'n 'eil muinntir eile air an dùnad a mach; cha'u fhaod sinn a ràdh mar a thubhairt Cain, "Am misc fcar-gleidhidh mo bhrathar?" Rom. xiv. 12—"Air an aobhar sin, bheir gach aon againn cunntas uime fcin do Dhia." Mar an ccudna ann au 1 Cor. xi. 28—"Ccasnaichcadh duinc e féin, agus mar sin itheadh c do'n arau so, agus òladh e do'n chupan so." Cha'n 'eil a' chainnt sin a' dùnad muinntir eile a mach; oir nam biodh, dh'fhaodadh an seirbhiscach a ràdh, Feumaidh na h-uile duinc e féin a cheasnachadh; ciod mu'n ruig thu a leas misc a cheasnachadh? Dh'fhaodadh an leanabh an nì ccudna a ràdh ri 'athar.

Tha sinn gu cunntas a thoirt, Eabh. xiii. 17. "Bithibh ùmhail do 'ur cinn-iùil, agus thugaibh géill doibh; oir tha iad ri fairec air bhur n-anam-aibh, mar muinntir d'an ćigin cunntas a thoirt uatha; chum gu'n dean iad c le gàirdeachas, agus cha'n c lc doilgheas. Escc. xxxiii. 7, 8, 9—"Mar sin thusa, a mhic an duinc, chuir mi thu mar

fhear-faire chum tighe Israel: 'nuair a their mise ris an aingidh, O dhuinc aingidh, gheibh thu gu dcimhin bàs; mur labhair thusa chum an t-aingidh a thoirmeasg o 'shlighe, gheibh an duine aingidh sin bàs 'na aingidheachd: ach air do làimh iarr-aidh misc 'fhuil. Gidheadh, ma bheir thusa rabhadh do'n aingidh mu thimchioll a shlighe, gu pilleadh uaipe: mar pill c o 'shlighe, gheibh c bàs 'na aingidheachd; ach thèaruinn thusa t-anam."

Leithsgeul 5. Cha'n 'eil naomhachd nan aithrichean air a meas do'n chlann, agus am bi an aingidheachd air a meas doibh?

Freag. Mar nach urrainn naomhachd athar leanabh a shaoradh, mar sin cha chomasach do phcacadh athar leanabh a dhamnad. Tha Dia a' dcanamh math do chlann air son naomhachd an aithrichean: faodaidh Dia, ann an ceartas, cron a dheanamh dhoibh air son peacaidhean an aithrichean. Faodaidh mi a ràdh mar a thubhairt Daibhidh, "nach 'eil fathast neach air bith do thigh Shauil, a chum gu'n nochd mi dha caoimhneas air son Ionatain?" Mar an ceudna ann an 1 Rìgh xi. 34—"Gidheadh (arsa Dia) cha toir mi'n rioghachd uile as làimh Sholaimh, ach ni mi e 'na uachdaran rè uile làithcan a bheatha, air sgàth Dhaibhidh m' òglaich." Gen. xlix. 26—"Thug beannachda t'athar barrachd air beannachdaibh mo shinnscara." Salm cxii. 2—"Beanaichear gincalach nam fìrcan."

Ceist. Ciod iad na peacaidhean sin a th'air an ainmeachadh 'san Sgriobtuir air son an ro-chomharraichte an d'rinn Dia peanas air sliochd?

Freag. 1. Peacadh an iodhal-aoraidh: uime sin, thug na bagraidhean a tha ceangailte ris an dara àithne, nach 'eil ccangailte ri àithne sam

ear saoibhreas an diomhanais." — Tha neach àraidh a' toirt fainear, gu'm b' iad treubh Ghaid, Reubein, agus leth treubh Mhanaseh, a' ghabh sealbh cho cabhagach 'san fhearrann air an taobh an ear do Iordan, a mharbhadh an toiscach le Hasael righ Shiria, 2 Righ. x. 33. Gnath. xxi. 6. "Ionmhasan fhaotainn le teangaidh blreugaich, is diomhanas c air a luasgadh a null agus a nall aig an droing a dh' iarras am bàs." Air a luasgadh o athair gu mac, &c. Ier. xvii. 11. "Mar a' chearc a ni gur air uighean, agus nach toir a mach eoin, (tha) esan a gheibh beartas, ach nach ann le còir; ann am meadhon a làithcan dealaichidh e ris; agus 'na chrich dheireannach bithidh c 'na amadan." Tha mòran ann an tasgaidh suas saoibhreis d' an cloinn a' tasgaidh suas ionmhas de chorruich dhoibh.

7. A bhi dceanamh tarcais air uachdaranaichd agus air ministrealachd, Air xvi. 32, 41, 49. "Dh' fhosgail an talamh a bheul, agus shluig e suas na daoin' uile a bhuin do Chorah,—agus rinn comhchruiinneach chloinn Israeil uile gearan an aghaidh Mhaois agus an aghaidh Aaroin air a shon,—agus bhàsaich sa' phlàigh ceithir mìle deug agus seachd ceud, a thuilleadh orra-san a bhàsaich an aobhar Chorah," sliochd nan daoine sin a dh' eirich suas an aghaidh uachdaranaichd agus ministrealachd.

8. A leithid a dhaoine 'sa tha gabhail orra féin gur c ath-leasachadh agus math a mhòr shluagh a th' air an aire, 'nuair is e mhàin am buannachd uaigheach féin a tha nam beachd. Mar thachair do Iehu, Hos. i. 4. Bhagair Dia gu'n dioladh c fuil Iesreeil air tigh Iehu.

Feum. Chum comhfhurtachd do phobull Dé.
1. Ged pheanasaithe sibh 'san t-saoghal air son

peacadh ar 'n aithrichean, gidheadh cha chomasach 'ur damnadh gu siorruidh air son am peacadhean. Saorar thu tre fhireantachd neach eile; tha thu air do pheanasachd air son peacadh Adhaimh, gidheadh saorar thu air sgàth fìreantachd Chriosd.

Cha'n 'eil a mhallachd gu siorruidh, tha ùine shuidhichte air a cuir róimpe, agus an sin stadaidh i; cha'n 'eil i ach gus an treas agus an ceathramh ginealach: mar sin stad Iosia a mhallaichd ionnas nach tainig i 'na laithibh-san.

Cha'n 'cile na h-uilc peanas aoua chuid air son ar peachaidhean féin, no air son peacaidean ar 'n aithrichean; tha cuid a pheasanan ann air son dearbhaidh, mar bha àmgharan Ioib, no chum 's gu'm foillsicheadh Dia 'àrd-uachdarachd agus a chumhachd os ceann a chréntair. Bha i na barail chumant am measg cuid gur ann air son peacaidh a bha ua h-uile peanas, aona chuid air son am peacaidean féin no air son pcacaidhean am párrantan, Eoin ix. 2, 3. "Dh' fheoraich deisciobuil Chriosd deth, A Mhaighstir co a pheacach an duine so no 'phàrrantan, gu'n d' rugadh dàll e?" ach cha b'ann air son aona chuid dhiu, mar a chi sibh 'san treas rànn.

Fcum 1. Do chlann. 2. Do phàrranta. 3. Do ua h-uile.

1. Do chlann. Thugaibh an aire nach leig sibh le peacadh ruith ann 'ur fuil, na leanaibh peacadh 'ur 'n aithrichean; dh' fhuathaich Esau Iacob, Gin. xxvii. 45. Agus dh' fhuathaich na h-Edomaich sliochd Esau, na h-uile de shliochd Iacoib, Salm cxxxvii. 7. "Cuimhnich, a Tighearna, clann Edoim, ann an là Ierusaleim, a thubhairt, Leagaibh, leagaibh sios i gu ruig a bunait." Tha sinn a léubhadh anu an Air.

xx. 21, gu'n do dhiult iad do Israel comas dol troimh an crìch. Tha Dia a' gearan air cloinn air son a bhi leantuinn peacaidhean an aithrichcan, Ier. vii. 18. "Tha a chlann a' tional coinnaidh agus na h-aithrichean a' fadaidh an teine chum tabhartas a thoirt do dhiathaibh cile," agus ann an Hos. iv. 12, 13. "Tha mo shluagsa ag iarraidh comhairle air an crannaibh,—oir thug spiorad an striopachais orra dol air seacharan, agus chaидh iad le striopachas air falbh o'n Dia: air mullaichibh nan sliabh tha iad ag iobradh,—air an aobhar. sin tha 'ur nighcana ri striopachas, agus 'ur mnathan ri adhaltrannas."

Amhaircibh air mar bhreithcanas cràitceach a bhi air 'ur peanasachadh air son aingidheachd 'ur n-aithrichean, Iob xxi. 19. "Taisgidh Dia suas 'euceart-san d'a chloinn: dìolaidh c dha, agus bithidh fios aig air." Salm cix. 14. "Air chuimhne biodh aingidheachd 'aithriche aig an Tighearn; agus na dubhar as peacadh a mhàthair."

Dcanainn caoidh air son aingidheachd 'ur párantan, Salm lxxix. 8. "Na cuimhnich thusa 'nar 'n-aghaidh ar n-eucearta roimhe so," is e sin ri ràdh, eucearta ar n-aithrichean, Nchcm. i. 6. "Pheacaich araon misc agus tigh m' athar maille ri ar 'n aithrichibh." Lebhit. xxvi. 39, 40, 41. "Ann an euceartaibh an aithriche seargaidh iad as maille riu," &c. Tha Daniel aig aideachadh, Dan. ix. 16. "Air son ar lochdan, agus air son aingidheachd ar n-aithrichean, gu bheil Icrusalem na masladh."

Beonnaich an Tighearna gu'n tainig thu o dheagh phàranta, Gin. xl ix. 26. "Thug beannachda t' athar (ars' Iacob ri Ioseph) barrachd air beannachdaibh mo shinnseara, gu ruig fòir-iomall.

nan sliabh siorruidh: bithidh iad air eeann Josciph."—Salm cxii. 2. "Beannaichcar gincaleh nam firean."

Beannaich Dia gu'n do chuir thu stad air peacaidhean do phàrantan, mar a rinn Iosiah, agus mic Chorah, ged nach robh ann-san ach droch dhuine, gidheadh bha iadsan gu math.

Beannaich Dia ged thainig thu o leasraidi phàrantan aindiadhaidh, gidheadh cha tug iad mallachd shiorruidh ortsa, Air. xxvi. 11—"Gidheadh, cha do bhàsaich clann Chorah." Ged bha Corah aingidh, bha 'mhic gu math; gheibh thu iomradh tric orra ann an tiodalan roinn de nà Salm. 1 Eachd ix. 19. Aeh dh' fhuiling shiochd Dhatain agus Abiraim maille riù féin.

Nà leanaibh peacaidhcan 'ur n-aithrichcan, Icr. vii. 18. 'Nuair a phos cloinn Israel mnai do Asdod, "Labhair a chlann cainnt Asdod," ag atharrais air an aithrichibh, Neh. xiii. 24. "Mar so tha iad a' lionadh suas tomhas an aithrichc, Mata xxiii. 32.

Thugaibh an aire nach bi sibh aingidh, ma thàinig sibh o leasraidi pàrantan diadhaidh: tha so ag antromaeadh 'ur peacadh, agus masladh 'ur-sinnsireachd. Tha e ri thoirt fainear (Breith. xviii. 30) gu'n do chuir cloinn Dhàin suas dealbh snaidhte, agus gu'n robh Ionatan, mac Ghersoim, mhic Mhanaseih, 'nan sagartaibh do'n dealbh. A nise, b'e Ionatan mac Ghersoim, agus b'e Gersoim mac Mhaoris, Ecsod. ii. 22, 1 Eachd. xxiii. 15. Thugaibh fainear, cha b'àill leis na h-Iùdh-aich ogha Mhaoris a ghairm dheth, do bhrìdh gu'n do mheas iad gu'm biodh c 'na mhasladh do Mhaoris a lcithid do dh'ogha aingidh agus iodhal-aorach a bhi aige; ach ghairm iad ogha Mha-

nasciù deth, a chionn gu'n do lean c esan 'na iodhal-aoradh; a réir 's mar a chì sibh ann an Gnàth. x. 1—"Is e mac amaidcach dubhachas a mhàthair;" agus ann an Gnàth. xxiv. 15—"Cuiridh an leanabh a dh'fhagair dha féin näire air a mhàthair." Cha'n c mhàin gu bheil an leithide sin a' damnadh an anama féin, ach 'nan dubhachas-cridhe d'am párantan. Tha e air a ràdh gu'n robh peacaidhean Esau 'nam briseadh-cridhe do Isaac agus do Rebekah, Gin. xxvi. 35, agus xxvii. 46. Tha eisimpleir dc'n ghnè chludna againn ann an 2 Eachd. xxviii. 19—"Rinn an Tighearn Iùdah iosal air son Ahais, rìgh Isracil." B'c rìgh Iùdah; gidheadh, ghairmcadh rìgh Isracil deth, do bhrìgh gu'n do lean c rìghrean aingidh Isracil 'nan aingidhcachd. Thàinig c bho Ionatan, mac Udsiah, mhic Amasiah; agus bhiodh c 'na mhasladh d'a aithrichibh gu'm biodh neach cho sgainnealach agus cho ro-aingidh air a ghintinn leo-san, ris an rìgh Ahas so.

Tha e 'na mhasladh do chloinn a tha aingidh, ma's e 's gu'n d'thàinig iad o phàrantaibh diadh-aidh, 2 Eachd. xxxvi. 5, 12; Esec. xviii. 10, 13; Icr. xxii. 15, 16. Thàinig Nadab agus Abihu bho Aaron, agus Hophni agus Phinehas bho Eli, &c.

2. Do phàrantaibh. Na d'caanaibh nì sam bith a dh'fhaodas Dia a bhrosnachadh chum 'ur clann a phcanasachadh. Mar 'eil suim agaibh dheth 'ur n-anama féin, gidheadh, air sgàth 'ur cloinne, sguiribh de pheacadh. Thugaibh an airc nach fàg sibh mallachd as 'ur déigh air sliochd 'ur leasradh, agus air toradh 'ur bròn. Faodaidh iomadh clann a dhùrachd, gu'm b'fheàrr leo bhi 'nan sliochd dhràgoين, 'nan ginealach nathraich-ean-nimhe, na bhi air an gineadh o phàrantan a

dh'fhàg mallaehd aea mar oighreahd. B'uamhasaeh an dìleab a dh'fhàg Ioab d'a ehlann, 2 Sam. iii. 29—"Na bitheadh a dhìth air tigh Ioaib neaeh air am bi silteach, no 'bhitheas 'na lobhair, no d'an éigin subhal le bata, no 'thuiteas air elaidheamh, no air am bi easbhuidh arain." Mar sin tha párantan aingidh a' fàgail do ehuid dhe'n eloinn am mionnan, do ehuid am briseadh-Sabaid, do ehuid an adhaltrannais, agus do ehuid am fòirneirt agus an anaeeartais. Cuireadh so, ma tà, baeadh ort; agus abair, cha dean mi eueoir aon ehuid do m'anam féin, no do anama mo shlioehd. 'Nuair a ta iad a' tasgaidh suas saoibhreas, tha iad a' tasgaidh suas eorruieh air son àn eloinn: bithidh iad 'nan oighreahan air 'ur peaeabh echo math is air 'ur fearann. Dh'fhàg Gehasi talann airgid 'na dhéigh d'a shlioehd, aeh dh'fhàg e an luibhre maille ris, 2 Rìgh v. 27.

Ma rinn sibh nì sam bith a dh'fhaodas Diá a bhrosnaehadh gu ecart 'nur n-aghaidh, Oh gabhaibh aithreahas air a shon gu h-ealamh! Leis a sin a dheanamh, faodaidh sibh stad a chuir air, gun 'ur slioehd a bhi air am peanasachadh.

Bitheadh eràdh oirbh air son so, gu bheil peeadh echo math ri peanas aig 'ur elann mar dhileab uaibh. Mar biodh peeadh aea, eha bhiodh iad air am peanasachadh.

Is àmhghar e, agus bu ehòir do phàrantaibh amhaire air mar àmhghar, gu bheil iad beò gu'n clann fhaieinn 'gan leantuinn 'san ole, aeh eha'n ann sa' mhàth. Cha do mhair Neoeles beò gus a' bhuaidh mhòr a fhuair a mhae Themistoeles fhaieinn, no Miltiades gus a' eathach a choisinn as mhae fhaieinn, no Santippus gu 'mhae Pericles a chluinntiun a' searmonaehadh; eha chuala Ariston riagh teagasg agus deasbaireahd a mhic

Plàto; ach tha daoine bedò (arsa Plùtarch) gn'n clann fhaicinn a' toirt truaighe orra féin le clinich, le rnidhtearachd, le òl, le strìopachas, agns lc'n leithidibh sin a dhroch-ghníomharan.

Is mòr an sòlas do phàrantaibh 'nnair a tha iad a' caitheamh am beatha air dhòigh 's nach bi a h-aon de'n sliochd ni's miosa air an son, Air. xxvii. 3. Thnbhairt nigheana Shelophehad, "Dh'éug ar n-athair anns an fhàsach, agns cha robh c ann an cnideachd na mninntir a chruinnich iad féin r'a chéile an aghaidh an Tighcarn ann an cuideachd Chòrah, ach dh'éng e 'na pheacaidh féin; agus cha robh mic sam bith aige. C'arson a chaillcar ainm ar n-athar o mhcasg a theaghlaich?" Is c sin ri ràdh, Cha d'éug c ann an ccannaire lc Còrah, chnm mallachd a thoirt oirnne; ach dh'éng c 'na pheacaidhean naigneach féin, nì a dh'fhàg e bnailteach do'n bhàs mar a tana h-uile dhaoine; ach (arsa neach àraidh) cha do chnir e peacaidhean air bith an gníomh air son an do pheanasaicheadh a shliochd.

Tha pàrantan ri'n coireachadh ann a bhi 'g iarraidh saoibhreas a thasgaidh snas d'an clann, 'nuair is ann lc ana-ceartas agus fòirneart a tha iad 'ga dhecanamh, Hab. ii. 11, 12. "Oir glaodhaidh a chlach a' mach as a' bhalla; agns frèagraidh an t-sail as an fhiodh i. Is an aoibhinn dha-san a thogas baile lc fuil, agns a dhaingnicheas caithir le aingidheachd." 1 Righ. xiv. 10. Shaoil lc Ieroboam bunait de mhòrachd a leigeadh d'a shliochd, ach 's ana a thug e leirsgrios orra, "Gearraidh mi as (arsa Dia) o Ieroboam csan a ni nisge ri balla." Tha iad a' dcanamh ni's miosa na 'mhnnintir sin a th' air an ainmeachadh ann an Lebhit. xviii. 21. A leig lc'n sliochd dol troimh 'n teine do Mholch, agns


tha sin a' léubhadh anns an dara rann de'n fhiveadhamh caibidil, Gu'n robh na pàrantan a a bha deanamh sin gu bhi air an cuir gu bàs; bha Manaseh ciontach de'n pheacadh so, 2 Righ. xxi. 6. Eesod. iv. 26. "Is fear-posda fuileachdach (arsa Siporah) thu dhomhsa :" mar sin faodaidh iadsan a ràdh, b' athar fuileachdach thu dhuinne.

Faodaidh pàrantan diadhaidh sòlas a ghabhail, ged tha droch chloinn aca, mar bh' aig Eli agus aig Aaron; gidheadh faodaidh dròch phàrantan a bhi aig deagh chlann, 1 Righ. xiv. 13. Mar fhuaradh ann an Abiah mac Ieroboam ni math a thaobh an Tighearna. Gin. xii. 1. Thainig Abraham o phàrantan iodhal-aorach. 2 Eachd. xxviii. 27. B'e Heseciah mac Ahais. B' fheardiain, mac striopaich, Iephtah a chuir cathan an Tighearna, Breith. xi. 1; Eabh. xi. 32.


3. Do na h-uile. Bithidh deàrbhta gu bheil so fìor, agus fìrinnichibh Dia, agus dìtibh sibh féin, gur sliochd pheacach sibh o phàrantan peacach—gu bheil Dia ccart anns na h-uile nì a thugadh oirbh.

Fìrinnichibh ceartas Dé ann 'ur smuaintibh, ann a bhi peanasachadh sliochd air son peacadh Adhaimh. Ma's e 's gu bheil clann air am peanasachadh air son peacaidhean am pàrantan, nach 'eil ach 'nam muinntir fholaichte, cia ni's mhò mhòr air son peacadh Adhaimh, a sheas mar cheann fhollaiseach air son agus as leth a' chinndaoine gu léir.

A' CRIOCH.



McLean
paless
blunus
Nain





Done for the
class

